3 1761 08319907 5

Digitized by the Internet Archive
in 2026 with funding from
University of Toronto

https://archive.org/details/dorlachlaoidhean0000unse

LAMH-SGRIOBHAINN MHIC RATH.

'S e Ghàidhlig bhi saodmhor
Iuchair saorsa nan Gaidheal.

"DORLACH LAOIDHEAN

do sgrìobhadh le

DONNCHADH MAC RATH, 1688"

anns an dà leabharan a tha aig an am so
an leabhar-lann Oilthigh Ghlascho;
agus iad an so
air an litreacheadh an dà chuid a réir gnàths
Dhonnchaidh agus gnàths coitcheann
an latha 'n diugh,

LE

CALUM MAC PHÀRLAIN

DUN-DE:
CALUM S. MAC LEOID,
BLACKNESS ROAD 183.



PB
1632
D67

A HANDFUL OF LAYS

WRITTEN BY

DUNCAN MAC RAE, 1688,

in two booklets presently lying
in the Library of the
University of Glasgow;
revealed here according to Duncan's own spelling
and the standard spelling
of the present day,

BY

MALCOLM MAC FARLANE

DUNDEE:
MALCOLM C. MACLEOD,
183 BLACKNESS ROAD.

MILNE, TANNAHILL, AGUS METHVEN,
CLO-BHUAILTEARAN,
SRAID A' MHUILINN,
BAILE PHEAIRT.

AN ROIMH-RADH.

THA an leabhar so a' foillseachadh an clò lamh-sgrìobhainn àraidh a tha air a tasgadh an leabhar-lann Oilthigh Ghlascho. Chaidh a tiomnadh do 'n Oilthigh le Iain Ceannaideach a bha 'na mhinistear Soisgeulach an Catacol an Arainn. B' e Uilleam Skene an t-eachdraiche a thug dhàsan i. Cha robh i aig an eachdraiche anns a' bhliadhna 1862 nuair a bha e a' sgrìobhadh roimh-radh Leabhar Deadhan Lios-móir. B'iad ceileadairean an Ollaimh iomraitich Mac-an-tòisich Mac Aoidh a thug do 'n eachdraiche i. Roimhe sin cha robh i air sgeul gus an ruigear 1807. Anns an leabhar d' an goirear " Dàin Oisein " a thàinig am mach anns a' bhliadhna sin, thugadh iomradh oirre mar a leanas : " Mr. Mathison of Feernaig, Ross-shire, has a paper MS. written in the Roman character. The orthography is very bad, like the Dean of Lismore's poetry ; it is dated 1688, and consists of Songs and Hymns by different persons, some by Bishop Carswell, Bishop of the Isles." 'S ann bhuaidhe sin a dh' éirich gur e " Fernaig MS." is ainm do'n lamh-sgrìobhainn. Ach ré nan ceud bliadhna a bha eadar linn na sgrìobhainn agus 1807 cha robh sgeul oirre idir.

Is bàrdachd gu léir a' chainnt a tha air a tasgadh innte. Tha i air a sgrìobhadh an dà leabharan de dhuilleagan paipeir. Tha gach fear de na leabharain seachd òirleach air fad, trì òirleach air leud agus ceathramh de òirlich air tiughad. Tha tri fichead duilleag 's a ceithir annta le chéile, agus aon deug is lethtaobh gun sgrìobhadh orra. Tha, mar sin, de sgrìobhadh ceud lethtaobh 's a cóig anns an iomlan. As an dara fear de na leabharain chaidh trì duilleagan a shracadh agus duilleag leathann da-fhillte a chur 'nan àite; agus á àite eile anns an leabharan cheudna chaidh tri duilleagan air an robh sgrìobhadh a ghearradh agus té eile a shracadh. Eadar na duilleagan tha dà mhìr de phaipear air am bheil sgrìobhadh, gun iad a bhi air an ceangal ri càch ; agus tha mìr no dhà eile air an cur thairis air roinn nach do thaitinn ris an ùghdar air dhaibh bhi sgrìobhte.

Ged is meanbh litrichean na lamh-sgrìobhainn, faodar a ràdh—'gam meas thar cheann—nach ro-dhoirbh r'an aithneachadh iad, ged is tric doleughte iad far an d' rinn an t-ùghdar atharrachadh. Tha cuid de'n sgrìobhainn air fàs doilleir fo bhuaidh soluis is laimhseachaidh, agus far an deachaidh glaogh a chur fo mhìrean ; agus tha àireamh bheag de na litrichean air dol as buileach. Dh'atharraicheadh codaichean de'n sgrìobhainn le lionn sgrìobhaidh glas-ghorm ; agus air lethtaobh, a réir coltais, dhòirteadh lionn dearg a chuir as do fhacal.

Tuigear bho cheann-sgrìobhadh a' cheud leabharain gu'n do thòisich an " Sgrìobhair " air cur sìos anns a' bhliadhna 1688, agus gu'm b'e Donnchadh Mac Rath a b' ainm dha. Is soilleir gur i an aon làmh a sgrìobh an t-iomlan ; eadhon an seachdamh dàn thar an dà fhichead, a tha air a sgrìobhadh le litrichean a tha na's gairbhe na càch. Cha 'n eil dearbh-fhios ann fathast air có b'e an Donnchadh sin. Ma's ceart beachd Dhòmhnaill Mhic Fhionghain, nach maireann, Ollamh na Gaidhlig ré aimsir an Oilthigh Dhuin-éideann,

bha dà Dhonnchadh Mac Rath beò ri linn na lamh-sgrìobhainn, air am faodteadh a sloinneadh. Ach bho na bha aon diubh 'na fhear-cogaidh iomraiteach, cha'n ion-mheaste gu'm b'esan a chruinnich a' bhàrdachd a tha anns na leabharain air am bheilear a' luaidh. Bha an Donnchadh eile iomraiteach 'na linn féin air cheann fòghluim is ealain, an dà chuid an litreachas agus an céird. Bha e iomraiteach, eadhon, an déidh a linn féin 'na chèarn dùthchais. Bu shloinneadh dha: Donnchadh nam pìos, Mac Alasdair Ionbhair-ìonaid (a bha 'na fhear-gnothaich aig Triath Chloinn Choinnich d'am bu chomh-ainm Sìothphort), Mhic Fhearchair (Ministear Ghèarrloch), Mhic Gille-chrìosd (Fear-coimhid Caisteal Eilein Donnain). Cha'n eil àm breith no àm bàis an Donnchaidh so cinnteach; ach tha fios gu'm bu bheò e eadar 1640 agus 1693. Bha piuthar dha air a pòsadh air Eòin Mór Mac Mhathain, Fearnaig: bha an lamh-sgrìobhainn air feadh aimsir 'san teaghlach sin. Bu bhean aig Donnchadh Seònaid, nighean Mhic Gille-Chaluim Ràarsaidh: tha dàn le Mac Gille-chaluim anns an lamh-sgrìobhainn. Bha sinn-seanair aig Donnchadh, air taobh a mhàthar, d'am b' ainm "Fear na pàirce," d'am bu shloinneadh Mac Cullaich: rinn Fear na pàirce sè cinn de na dàin. Bha dithis de bhràithean Dhonnchaidh nam pìos, Iain is Dòmhnall, 'nam ministeirean 'san eaglais: chaidh aon de na dàin a dheanamh le Pears-eaglais. Air bonn an teisteis sin is ion a chreidsinn gu'm b'e Donnchadh nam pìos a sgrìobh na leabharain air am bheilear a' luaidh. Ach, ged a tha sin mar sin, is ion a thoirt fa 'n ear gu'n robh, a réir iomraidh, bàrd d'am b' ainm "Donnchadh" air teaghlach Chonchra, mar an ceudna.

Beagan ùine roimh an bhliadhna 1880 sgrìobh an t-Ollamh Dòmhnall Mac Fhionghain roimh-ràite na tha anns an lamh-sgrìobhainn a réir litreachadh Dhonnchaidh agus a réir an litreachaidh choitchinn; ach cha deachaidh an clò de 'n chuid mu dheireadh ach cuibhrionn beag a tha air a fhoillseachadh anns an iomradh a thug an t-Ollamh ceudna air an lamh-sgrìobhainn an Leabhar xi. de Ghnìomharran a' Chomuinn Ghàidhlig an Ionbhar-nis.

Bha na leabharain air feadh aimsir air iasad aig Alasdair Camshron a bha 'na mhinistear soisgeulach am Brodhaig an Arainn; agus dh' ath-sgrìobh esan mu dhà mhìle is ceithir ceud (2400) sreath. Sgrìobh e cuid bheag de sin anns an litreachadh choitcheann. Sgrìobh Alasdair Mac Bheathain a' chuid eile—mu mhìle is ochd ceud (1800) sreath—a réir litreachadh Dhonnchaidh, le còmhnadh bho Iain Mac Gille-bhàin agus Alasdair Dòmhnallach, Ionbhar-nis; agus dh'fhoillsicheadh obair an dà ollamh anns an leabhar d'an goirear "Reliquiae Celticae," Cuid ii. 1894.

Anns a' bhliadhna 1899 chuir Seòras Mac Eanruig leabharan air dòigh d'an ainm "Leabhar nan Gleann" anns am bheil mu dhà mhile (2000) sreath de'n lamh-sgrìobhainn air am foillseachadh anns an litreachadh choitcheann; agus iad air an stéidheachadh air an obair a chaidh a thaisbeanadh an "Reliquiae Celticae." Is iad so na dàin a dh' ath-litrich Seòras: i. agus x. agus na tha eatorra; xii. agus xxi. agus na tha eatorra; xxiii., xxiv.; xxvi., xxvii.; xxx., xlix., l., lii. agus liii. Mar chuideachadh do Sheòras chaidh cuid de lethtaobhan na lamh-sgrìobhainn a sholus-dealbhadh; agus tha samhlaidhean diubh so air paipear anns an Leabhar-lann Mhistealach an Glascho. Tha dealbh-aithris air sè cinn de lethtaobhan na lamh-sgrìobhainn anns an leabhar so, a thugadh diùbhsan a rinneadh a chum feum Sheòrais.

Anns a' bhliadhna 1910 thòisich mi féin air ath-litreachadh na lamh-sgrìobhainn ; agus gach dàn mar a chrìochnaich mi chuir mi dh' ionnsaigh a' mhìosachain d'an goirear " The Celtic Monthly " e. Air dhomh a thabhairt fa'n ear gu'n deachaidh an obair leam agus gu'n do thoilich i feadhainn eòlach a bha a' cur ùigh innte, chuir mi romham 'sa bhliadhna 1913 crìoch bhuileach a thabhairt air ath-litreachadh na làmh-sgrìobhainn. Air dhomh cead fhaotainn bho luchd-coimhid leabhar-lann Oilthigh Ghlascho chaidh agam air na leabharain a leughadh bho cheann gu ceann, agus an riochdachadh a tha an " Reliquiae Celticae " a leasachadh far am bheil feum air. An sin chuir mi 'san litreachadh choitcheann an t-iomlan le còmhnadh bho gach obair a b' fhiach a rinneadh leothasan a chaidh ainmeachadh. Cha 'n fhaodar a ràdh gu'm bheil gach litir is facal dearbh, no gu'n téid an tur-dhearbhadh am feasd, ach faodar a thagradh gu'n cuidich an oidhirp so luach na lamh-sgrìobhainn a mheas gu cothromach, agus gu'm bi i 'na meadhon aig luchd-teagaisg a chum barrachd eòlais a mhùnadh d'am fòghlumaichean air fàs agus crìonadh na Cànain Ghàidhlig. Agus a chum an t-slighe a réiteachadh rompasan aig am bheil sùil ri buannachd a dh'fhaotainn as an lamh-sgrìobhainn, thug mi, trìd a' chànain choimhich, iomradh agus beachdan air Aibideil is Dualchainnt Dhonnchaidh ; agus chaidh oigheam a thoirt air facail neo-choitcheann nach tuigeadh cuid mhór de na leughadairean an ciall gun chòmhnadh.

Cha 'n e mo bheachd gu'n leudaicheadh no gu'n àrdaicheadh eadar-theangachadh air a' bhàrdachd so eòlas air a' Ghàidhlig do neach air bith ; ach cha 'n fhaodar àicheadh nach biodh eadar-theangachadh eagnaidh air cuid de na dàin a chum feum do luchd-oilein, agus, gu h-àraidh, a dh' eachdraichean bho'n taobh am muigh, nach eil, ach tearc, r'am faotainn ro-eòlach air cànain, air sloinneadh, air mèinn, air beachdachadh, air àbhaistean no air oilean nan Gaidheal a bh'ann o chian.

Is beachd leam, cuideachd, gu'm bu thlachdmhoire leis an leughadair Ghaidhealach na dàin a dh' fhaotainn air an ath-sgrìobhadh a rèir na dòighe is gnàthach anns na linntean deireannach so, a roghainn air an t-seann dòigh a bha àbhaisteach an Albainn ri linn Dhonnchaidh Mhic Rath—dòigh air nach eil mise no neach eile ro-chinnteach, agus a dh' fhaodadh, air a cheann sin, a bhi air a foillseachadh gu mearachdach : bhiodh an obair sin neo-urrasach co-dhiùbh. Iadsan leis am miann oidhirp a thoirt air na dàin a dh' eadar-theangachadh, no air na dàin a litreachadh mar a mheasas iad freagarrach do 'n t-seachdamh linn deug, gheibh iad anns an leabhar so obair Dhonnchaidh air a taisbeanadh leis an fhaicill is fèarr a tha agam, agus a réir an t-seòil is fèarr is aithne dhomh gu eòlas tarbhach agus taitneach a bhuileachadh orrasan aig am bheil a' Chànain Ghàidhlig air an ùigh.

Ceithir bliadhna an déidh a' chuid shuas de'n roimh-ràdh so a bhi sgrìobhte thàinig am mach anns an ochdamh leabhar ar fhichead (xxviii.) de Ghnìomharran a' Chomuinn Ghàidhlig an Ionbhar-nis beachd-oidhirp air lamh-sgrìobhainn Dhonnchaidh Mhic Rath, le Iain Friseal a bha aig an àm 'na Oide-fòghluim air na Cànainean Ceilteach an Oilthigh Abair-eadhain. Bho nach eil teisteas cinnteach an leabharain Dhonnchaidh gu'n cuala e riamh dàn Eireannach air a liubhairt a réir na dòighe-labhairt Eireannaich, no gu'm b' aithne dha reachd no riaghailt mu " mheadarachd " nan dàn, is aobhar-ìonghnaidh gu'm bu mhór le Iain seòl nan Eireannach air sgrìobhadh nam facal, no air

cumadh nan rann. Cha 'n i an dòigh is fèarr air an fhìrinn a thabhairt am follais far nach léirsinneach air a' cheud shealladh i : beachd a thogail air stéidh nach deimhinn ; agus cha b'e an ro-ghliocas a thug air Iain cuid de obair Dhonnchaidh a cheartachadh far nach eil i mearachdach.

Is ann de ghnè eile obair Uilleim Iain Mhic Bhaltair, Oide-fòghluim nan Cànain Ceilteach an Oilthigh Dhuin-éideann, mar a tha i air a foillseachadh anns "An Deo-Gréine" agus anns an leabhar-sgoile d'an gairear " Bàrdachd Ghàidhlig." Bliadhna no dhà air ais thug esan làmh air ath-litreachadh dhàn á leabharain Mhic Rath, agus dh' fhoillsich e iad so: xxxi., xxxiii., xxxv., xxxvi., xxxvii., xxxviii., xxxix. ; xlii., xlvi. Ma choimeasar toradh oibre-san ri toradh m' oibre-sa bheirear fa 'n ear gur beag am mùthadh a tha eatorra, ged is gann a tha aon rann aige-san a' còrdadh gu buileach ris an roinn cheudna agamsa.

Ged is luachmhor an solus a leig an t-Ollamh Mac Bhaltair air nì is neach mar dh' éirich iad anns na dàin roimh-ràite, agus nach bu mhisde sinn tuilleadh dheth, is e mo bheachd-sa nach bu dìobhail mhór e na'n leigeamaid seachad, seal, an t-sean " mheadarachd." Tha a' bhuannachd is àirde, tha mi a' meas, r'a cosnadh le rannsachadh na daimhe a tha eadar a' Ghàidhlig thuathaich agus a luchd-labhairt, air an dàrna làimh, agus deasaich na h-Eireann agus an dualchainnt a chleachd iad, air an làimh eile.

Ged nach fhaod e bhi gu'm bheil an obair a bhuilich mise air soilleireachadh lamh-sgrìobhainn Mhic Rath, no an obair a stéidhich mi air sin, aon chuid foirfe no coimhlionta, 's e nothaist a theireadh gur beag 's gur diù i. Cha'n eil innte ach tòiseachadh. Ach is dà thrian tòiseachadh. Coimhlionadh nis neacheiginn an treas trian.

CLAR-AMAIS NAN DAN.

IUL-RADH. Air an làimh chlì innisear leis na nuimhir-litrichean Ròmanach eagar-nuimhir nan dàn fa leth. Air an làimh dheis innisear leis na litrichean Arabach na lethtaobhan air am faighear iad anns an leabhar so.

Is iad so a leanas gèarr-chomharraidhean na h-earrainn so: R.C. = "Reliquiae Celticae"; L.G. = "Leabhar nan Gleann," leis an Ollamh Mac Eanruig; B.G. = "Bàrdachd na Gàidhlig," leis an Ollamh Mac Bhaltair; agus D.G. = "An Deo-Gréine," Mìosachan a' Chomuinn Ghaidhealaich.

Tha na dàin air an eagrachadh fo ainm nan ùghdar, agus air an comharrachadh le sreath-toisich nan ceud rann.

GILLE-BRIGHDE.

I. Crosanachd—Truagh cor Chloinn Adhaimh, R.C. 4; L.G. 223 3

FEAR NA PAIRCE.

II. Crosanachd—Beannaich, Dhé, mo leabhar, R.C. 6; L.G. 198 7
IV. Taghaim an rìgh fìrinneach, Dia, ... R.C. 10; L.G. 206 15
V. An saoghal air am bheil mi, ... R.C. 12; L.G. 208 19
VI. Gnè òrain—Iosa molaim: an crann-toraidh, R.C. 12; L.G. 209 19
VIII. Ag éirigh dhòmhsa 's a' luighe, ... R.C. 15; L.G. 202 27
IX. Sgrid an anmain—Ta cogadh oidhche agus là, R.C. 16; L.G. 203 29

EOIN CARSUAL.

III. Cholunn, chugad am bàs, ... R.C. 9; L.G. 214 13
VII. Tha seachd saighdean air mo thì, ... R.C. 14; L.G. 215 23

ALASDAIR MONRO.

X. Laoidh—O, Dhé neimh, d' an léir freumh, R.C. 19; L.G. 226 35
XI. Laoidh—Ionghnadh oibreachadh a' Choimhbhith, R.C. 21 39

SIR EOIN STIUBHARD.

XII. Laoidh—Dallaidh sannt sluagh an domhain, R.C. 23; L.G. 218 41
XIII. Laoidh—Creud fa'n d' thàrlamar an tùrsa, R.C. 24; L.G. 220 45

AN SGRIOBHAIR.

XIV. Laoidh an àm mulaid—A shaoghail, is diombuan do mhùirn, R.C. 25; L.G. 236 47
XVI. Laoidh—Glòir is moladh dhuit, a Dhé, R.C. 30; L.G. 240 53
XVII. Laoidh—Rìgh na cruinne ta gun chrìch, R.C. 32; L.G. 238 57
XVIII. Laoidh, fo mhulad a' pheacaidh—Ochadòin! Rìgh nan gràs, R.C. 34; L.G. 242 59
XX. Laoidh—Is corrach do chor, a shaoghail, R.C. 37; L.G. 244 63
XXI. Laoidh—air tuiteam Adhaimh á Eden—Fonn le Moladh dhuit-s', a Dhé, ... R.C. 38; L.G. 246 65

XXIII. Laoidh—air la bhreitheanais—Smuainmar an là fa dheòidh, R.C. 46 ; L.G. 252 85
XXIV. Gnè chumha an àm a mhnàth bhi 'n éiginn—Rìgh nan easbal, dean seasamh gu làidir leinn, ... R.C. 51 ; L.G. 256 91
XXVI. Laoidh aithridh—Och, ochòin, a Dhé, R C. 58 ; L G. 260 105
XXVII. Crosanachd de ghnè chomh-luadair eadar a' choluinn 's an t-anam—Chualas guth air mhaduinn, R.C. 62 ; L.G. 264 111
XLIX. Roinn—an àm an d' fhògradh Rìgh Seumas a seachd á Sasuinn, Anno 1688—Gur feallta, carail an saoghal, R.C. 91 ; L.G. 269 171
L. Gnè òrain—'san àm cheudna, Anno ...88—Ta 'n saoghal-s' carail, ... R.C. 93 ; L.G. 271 175

Mac Eachainn Mhic Fhearchair.

XV. Pàirt de chomhairle—Fhir d' am b'àill comhairle bhuam, R.C. 27 ; L.G. 291 51

Donnchadh Mor.

XXII. Breisleach—'S e Dia do chruthaich grian-bhrugh néimh, R.C. 42 77

Alasdair Mac Uisdein.

XXV. Crosanachd—Mo chomraich ort, a Rìgh, ... R.C. 54 99

Murchadh Mac Mhic Mhurchaidh.

XXVIII. Crosanachd—'san àm 'na reiceadh Righ Tearlach. Anno 1648—Olc an t-aobhar uabhair, ... R.C. 67 119
XXIX. Roinn—'san àm an d' fhògradh an dàrla Righ Tearlach—Is deas duinn cobhair Mhic Dhè, ... R.C. 68 123
XXX. Dàn—an àm cràdhad bhi 'na cheann—Tuirseach mise, Mhic mo Dhé, ... R.C. 69 ; L.G. 290 125
XXXI. Oran—To the tune of " Over the mountains,"—Is dìomhain ar dlùth-chiabh air tuiteam chun làir, R.C. 70 ; B.G. 220 127
XXXII. Dàn—Tùs gliocais, eagal Dé, ... R.C. 71 129
XLII. Dàn—'S mairg do thréig an t-aighear buan R.C. 83 ; D.G. xiii. 166 153

Alasdair Mac Mhurchaidh.

XXXIII. Ta cogadh oirnn do ghnàth, ... R,C. 72 ; B.G. 233 131
XXXIV. B' eibhinn mo shuain an raoir, ... R.C. 73 133
XXXIX. Roinn—'na shean aois—Is tùrsach duine ri port, R.C. 78 ; B.G. 230 143
XLIV. Treòraich m' aigneadh, a Dhé, ... R.C. 84 157

Donnchadh Mac Riridh.

XXXV. Roinn—air leabaidh a bhàis—Thàinig fàth bròin air ar crìdh, R.C. 74 ; D.G. xvi. 152 137
XXXVI. Ceithir roinn—an là a d' eug se—Beir mise leat, a Mhic Dhé, R.C. 75 ; B.G. 236 139
XXXVII. Cùig roinn—air bàs Mhic Mhic Coinnich—Treun am mac a thug ar leòn ... ... R.C. 76 ; D.G. xvi. 75 139

XXXVIII. Roinn—'na shean aois—Is fada ta mis' an déidh chàich, R.C. 77 ; B.G. 234 141

EOIN MAC COINNICH.

XL. Marbhroinn—air bàs Choinnich, a Mhic. Anno 16... An creach is truime na gach creach, ... R.C. 81 149

XLV. Marbhroinn—air bàs Eòin na Comraidh. 168... Mo chridhe-s' a ta fo chràdh'd, ... R.C. 85 157

GILLE-CALUM GARBH MAC GILLE-CHALUIM.

XLVI. Cùig roinn—A shaoghail, is diombuan do mhùirn, R.C. 89 ; B.G. 236 167

OISEAN MAC FINN.

XLVII. Roinn—Seisear sinne, saor ar sliochd, ... R.C. 89 167

PEARS-EAGLAIS.

LV. Oran—Anno 1692—An Cill-duthaich mo thàmh, cha laigh dhom sàmh, ... R.C. 114 225

A CERTAIN HARPER.
(Ma's flor).

LVIII. A song—on Gille-mhichael Mac Donald—Séid na builg sin, 'ille, dhom, ... R.C. 127 253

GILLE-MHICHAEL MAC DHOMHNAILL.
(Ma's flor).

LIX. Answer to the foresaid lines—Séid na builg sin, 'ille, dhom, R.C. 132 263

UGHDAIREAN NEO-AINMICHTE.

XIX. Na deich fàithntean—Creid dìreach an Dia nan dùl, R.C. 36 ; L.G. 222 63

XLI. Ceathramh òrain no rann—Mo ghràdh-s' an ceann-fine, R.C. 83 153

XLIII. Ceathramh òrain—M' uil éibhneas is m' aighear, R.C. 84 155

XLVIII. A prophecy, before the situation of Inverness—Straid-bhaile salach an sionn, ... R.C. 90 171

LI. Gnè òrain—air fògradh Righ Seumas a seachd—Mi 'm leabaidh air m' aon taobh, ... R.C. 98 189

LII. Soraidh dh' ionnsaigh nan uaislean a bha ann an Là Raoin-Ruaraidh—Ceud soraidh do na h-uaislean, R.C. 101 ; L.G. 278 195

LIII. Oran—Aug. 21, 169... Bho 'n tim-san an uiridh, R.C. 106 ; L.G. 284 207

LIV. Oran—air fògradh Righ Seumas a seachd. Anno 1692.—Ta mulad cinnteach trom air m' inntinn, ... R.C. 109 213

LVI. Cumha Eòin Bhreatuinn—Jock Britain's Complaint, Irished. July, 1693.—Tùrsa mo mheanmainn, tùrsa is ainm dhom. R.C. 117 233

LVII. The true Protestant's Complaint—Irished. Anno 1693. Nach faic sibh, a dhaoine, ... R.C. 120 239

CLAR-AMAIS CUID AN FHOGHLUIM.

APPENDIX.

MAC RAE'S ALPHABET.—1. THE SYSTEM, p. 277 **Accented Syllables**: Low Vowels, 280; High Vowels, 281; Diphthongs and Triphthongs, 282. **Unaccented Syllables**: Short Vowels, 283; **Consonants**: Back Linguals, 284; Front Linguals, 285; Labials, 286. **Specialties and Eccentricities,** 287. 2. THE GENESIS, p. 287.

THE DIALECT OF THE TEXT, p. 290.—1. **Its Relationship to Irish Gaelic,** 291. 2. **Special Usages which the Text has in common with general and other Local Practice,** 296. 3. **Cases of Agreement with Special Northern Usages,** 296. 4. **Some Usages peculiar to the Text,** 297. 3. **Loss of the Nasal before Consonants,** 298.

NOTES ON THE TEXT AND MEANINGS OF UNFAMILIAR WORDS, p. 299. **Poems**: I., p. 299; X., 303; XX., 307; XXX., 312; XL., 314; L., 316.

NOTES ON THE POEMS.—I., p. 324; followed by a **Translation of a Latin Poem** made by Bonaventure O Heoghusa, from a Brussels MS; **for comparison.** II., p. 325. III., VII., p. 326, followed by a **Variant from the Dean of Lismore's Book.** XII., p. 237. XV., XVIII., XIX., XXI., XXII., p. 328, followed by a **Variant from the Ratisbon MS.** XXIII., XXXI., XXXII., p. 332. XL., XLVI, XLVII., XLVIII., XLIX., LI., LII., LIII., p. 333. LIV., LVI., p. 334, followed by **Poems from The Turner Collection,** revealed at pp. 396-406 inclusive, of Reliquiae Celticae, Vol. II., believed by the Editor of this work to be **those abstracted from the Fernaig MS.** LVII., LVIII., LIX.. LXI., LXIII., LXVI., p. 345.

NA DÀIN.

Doirligh Loijn
di Skrijwig lea Donochig Mack rah
1688

Krossanighk Illivreed

1. Troū korr chlaind Ahū
Aiwghlick kaird i chowlain
Doimbhoin doy ī deoreire
Gloir ghoiwhoin donan

2. Naiwnis shea fa ī tūirse
Toighk voighk ni beas
Heid i shail shin, saigh
Mirr gheiw ra curr keah

3. Ni vell oūint ach lassir
No loottir er loick eyhri
No broūighk hoñijn heūli
Err tūirleamb vo hōrni

4. Troū troū da tij vaillis
Moill breig is begg torrhi
Bla doimbhoin ī dohijn
Greah yoimboih no yehij

5. Mairg di yeoūh ī gloirs
Gair ī vairris ī veahir
Bij ead koon fa kowhir
Pijn no dehi ghliwhir

Kea nish nairt Hambson
No sijhir Irkle laitshea
Nairt chonchullin chlaitghyle
Ke Ector no Achile

Dorlach Laoidhean
do Sgriobhadh le Donnchadh Mac Rath, 1688

I.

Crosanachd* Ghille-Bhrìghde.

1. Truagh cor chloinn Adhaimh ;
   Aimhghlic ceàrd a' chomhlainn* ;
   Diombuan doibh an deagh-riaradh,*
   Glòir dhìomhain an domhnain.*

2. An-aoibhneas, 's e fàth an tùrsa ;
   Tòic bhochd na beatha-s'* ;
   Theid an seal sin seach
   Mar ghaothaibh ri cur ceathach.

3. Ni'm bheil unnt'* ach lasair,
   No litir air lic-eighre,
   No brùchd shoininn shiùbhlaich
   Air tùirleum bho thòirne.*

4. Truagh, truagh do'n tì mhealas
   Mil bréig is beag toradh ;
   Blàth diombuan an domhain,
   Gnè dhiombuaidh 'na dheaghaidh.

5. Mairg do gheibh an glòir-s' ;
   Gèarr a mhaireas a' mheadhair ;
   Bidh iad caoin fa'n* comhair ;
   Pian 'nan déidh dhlioghmhar.*

6. Cé* nis neart Shamsoin,
   No saothair Iorcuil leatsa* ?
   Neart Choin-chullainn chreat-ghil* ?
   Cé Ector no Aicheall ?

Kea aile absolon
Oinlighk aristotle
Taing hrein tull kisir
Vo well freiwe gig foighkle

Kea Cūighkt Hesar
No shein Allexander
Kea ī kairn chlagh koidhi
Rah ni nairmb na nairdyūill

Kea foist vel Solwe
Sooyh da negni noimblain
Na Ri vaghk saijh soghraij
Jonath i beair oombra

Chollin i chollin
Chi kailg ī tijvill
Bijg oirt mirr oūijn
Di chrigh voighk viwill

Veah vijst cheyrū
Chrain loūh er loū yheil
Vla gheig er granig
Creid is fa da toūhirr

Ghair go bi boost chirkragh
Kroomb di chraiw gi ro loūmb
Brugh kreaū is kūigg
Veah chroiwe ī chollin

Ghair go bi beil korkir
No chreaū oūire deis dūhi
Meoir oimchill ni treihi
Fa roin err oin chūmmig

Vo oimbig go aighcher
Nait ni roisk reghlan
Di lijs shaidi sighail
No leibbi eg doole gheir

7. Cé àille Absoloin ?
Innleachd Aristotuil ?
Teanga threun Tuil Ciosair,*
Bho 'm bheil freumh gach focail ?

8. Cé cumhachd Shésair* ?
No seun Alexander ?
Cé an càrn-chlach Coimh-dhé
Rath nan* arm no'n àrd-dhuil* ?

9. Cé fòst* am bheil Solamh,
Saoi d' an eagnadh an iomlain'* ?
No a rìgh-mhac saith* soghraidh
Ionat a b' fhèarr iomradh ?

10. A cholunn, a cholunn,
Chì cealg an t-saoghail,*
Biodh ort mar uamhann
Do chrìoch bhochd bhaoghail.

11. A' bheath-bhiast* chiar-dhubh,
Crann luadh* air luadhaill,*
A' bhlàth-gheug air grànadh,
Creud is fàth d' an tuara* ?

12. Gèarr gu'm* bi biast chìocrach*
Criomadh do chnàmh gu ro-lom,
Am brugh creatha is cuinge,
A bheath-chraobh,* a cholunn.

13. Gèarr gu'm bi 'm beul corcur
'Na chreath fhuar an déis dubhaidh ;
Meòir iomchaol* na troighe
Far aon air aon chumadh.

14. Bho iomadh* gu aicear* ;
An àit' nan rosg réidh-ghlan
Do lith-s'* seudach, sìochail
'Na leabaidh aig daoil-dhear.*

Ach sho krigh di chomboin
Ris chrūini chailgigh
Vo ta ea er ti di chnodi
Go di chlij chij lea chairdi

Ach mirr eihir voysin oulight
Agas aignig sichaigh
Graij kodkint gin chighla
Irr foir chaind gir feertroūh

Krussanighka di reinnig lea Fferr ni Pairke

Beanni Dhe mi leoūhir
Ansin vadhijn
Mi haijg ga churr err veihir
And keimb laig

Ni keimb laig ghuin vi lainvyn
Er i tlij
Ta aggin yhijn irr nanmin
Vo Ri neoph

Vo ri neoph ta ni breahrin
Err i dearkig
Chūirris i keile dūijn ī ryild
Shijn da klaikig

Klaikir lijn lewig leowhir
Mugh is anmigh
Cūr oūrni vyck Dhe er ehird
Zhijn ir nāmijn

Zhijn ir nanmijn ī ta shoiller
Di hijle Ahū
Levig si neisnighk i toysghell
Cur ri kravig

15. Ach so crìoch do chomain
Ris a' chruinne chealgaich ;
Bho ta e air tì do chnòdaidh,
'Ga do chlaoidh choidhch' le chàirde.

16. Ach mur fhaighear bhuaidh-san ùmhlachd
Agus aigneadh sìochach,
Is gràdh coitcheann gun chaochladh,
Ur foir-cheann* gur fìor-truagh.

II.

Crosanachd* do rinneadh le Fear na Pàirce.

1. Beannaich, Dhé, mo leabhar
Anns an mhaduinn ;
Mo theanga* cuir air mheadhair
Ann an ceum lag.

2. Ni ceum lag dhuinn bhi leanmhuinn
Air an t-slighe
Ta againn a dhìon ar n-anman
Bho Rìgh nimhe.*

3. Bho Rìgh nimhe ta na briathran
Air an dearcadh,*
Chuireas an céill duinn an riaghailt
Sin d'a cleachdadh.

4. Cleachdar leinn leubhadh 'n leabhair
Much is anmuch* ;
Cur ùrnuigh Mhic Dhé air aghart
A dhìon ar n-anman.

5. A dhìon ar n-anman a ta soilleir
Do shìol Adhaimh ;
An leubhadh 's an éisneachd* an t-soisgeil
A' cur ri cràbhadh.

Cur ri kravig bjig ghigh dūin
Er gigh slij
Gheiwe ea gigh ūlli mah hijrris
Vo ri neoph

Vo ri neoph ta gigh hūilli
Mah ra chostnū
Hug mijd gigh ūrrim is onnor
Gois er hoissigh

Er tuis rein Dhe sivill ūill
Rair i hoill
Chūir ea hihijr fo smaghk yhūin
Koir i vollig

Koir vi mollig yhe gigh oin la
Si vi ga lainwijn
Di reind i dhūin lea viroild
Di ghuist talwin

Di ghuist talwijn reind Dhe dūin,
Ea na onir
Hug aistn as hiwe is ea no chodll
Reind zheh Eowe

Di reind ea Eva gha mir chūiddichig
Si tiwill
Va eaid fa roin neiph gin tūittim
Er i kijwe chaiwle

Kijwchawle reind Dhe tahir
Pharose būnni
Deynichig deish no chahir
Mir aine duhin

Murr shin chuir Dhe Eo is ahū
No Garden ainigh
Hug ain ghai mir ī baile leish
Eaid vi quynich

LETHBHREAC NA LAMH-SGRÌOBHAINN

(Feuch lethtaobh 8).

6. A' cur ri càbhadh biodh gach duine
Air gach slighe ;
Is gheibh e gach uile math a shireas
Bho Rìgh nimhe.

7. Bho Rìgh nimhe ta gach uile
Math r'a chostnadh* ;
Thug mid* gach urram is onoir
Dhò-s'* air thoiseach.

8. Air tùs rinn Dia an saoghal uile
Réir a thoile ;
Chuir e shaothair fo smachd dhuine :
Is còir a mholadh.

9. Is còir bhi moladh Dhé gach aon la,
'S a bhi 'ga leanmhuinn,
Do rinn an duin' le mhìorailt*
De *dhust* talmhainn.

10. De *dhust* talmhainn rinn Dia an duine :
E 'na aonar ;
Thug aisteann* as a thaobh, is e 'na chodal,
Rinn dheth Eubha.

11. Do rinn e Eubha dha mar chuideachadh
'San t-saoghal ;
Bha iad far aon naomh gun tuiteam
Air an coimh-cheangal.*

12. Coimh-cheangal rinn Dia an t-athair
Am Pàrras bunaidh
A dhaingneachadh dithis* 'na chathair
Mar an duthan.*

13. Mar sin chuir Dia Eubh is Adhamh
'Na *gharden* aoibhneach ;
Thug àithne dhaibh mar a b' àill leis
Iad bhi cuimhneach.

Chynighe ī taversher kailgigh
Eaid vi sī Garden
Dainig ma kohir gi meailt
Mur sho hairlig

Lawhir rūi as chreiwe
Rightū narhigh
Eahi ni vys
Ko chūightigh ri Dhe ni karrigh
Bii shijs

Hug Ewe laiūh ansin chreiwe
Di vūn di uile
Chah ahū lhe er i korle
Ghoi bi phūhir

Ghoi bi phuhir brijstnig ain
Zhe gin essi
Lea kaihi nūile gi dain
Nach roūh kreist

Doissig reind Dhe tahir
Err i tivill
Vrostnig gigh naigh hijl ahū
Ta bivill

Ta shin i bivill vo peaghk
Nir keid ahir
Vreest er phain yhe ī flahis
Ea no chahir

Cahir angli yhe i Pharos
Ni nūill aiwnis
Ni feidhir lea naigh narhi
Mir ha chaiwnis

Ta chaiwnis gna aroile
Doirtig seywrish
Oirn shijle Eo agas Ahū
is shijn dywhir

14. Chuimhnich an t-Abharsair cealgach
Iad bhi 'sa *gharden* ;
Dàinig m' an comhair gu meallta :
Mar so thàrladh :

15. Labhair riu as a' chraoibh an riochdaibh nathrach
" Ithibh* 'na mheas-sa* ;
Comh-chumhachdach ri Dia na cathrach
Bithidh sibhse."

16. Thug Eubh làmh anns a' chraoibh ;
Do bhuin dith ubhall ;
Chaidh Adhamh leatha air a comhairle :
Dhoibh bu phuthar !

17. Dhoibh bu phuthar bristneadh* àithne
Dhé gun easbhuidh
Le caitheadh* an ubhaill gu dàna
Nach robh cneasda.

18. Fosadh* rinn Dia an t-athair
Air an t-saoghal,
A bhrostnadh gach neach shìol Adhaimh
A ta 'm baoghal.

19. Ta sinn am baoghal bho pheacadh
Nar* ceud athar
A bhrist air fàithn Dhé am flaitheas,
'S e 'na chathair.

20. Cathair aingil Dhé am Pàrras
Nan uil' aoibhneas ;
Ni feudar le neach an àireamh
Mar tha choibhneas.

21. Ta choibhneas-gnàth àithreil*
A' dòrtadh saibhris
Oirnn, siol Eubh agus Adhaimh,
Is sinn daibhir.

Ta shijn dywhir yhi creddi
No ir cri
Gin ir meihir vi freghir
Da ir dlij

Dlij gigh naigh ansin tivill
Di hoile Auhu
Vi gūi vick Dhe da soirig
Vo gigh gavig

Ri ni pais sijn as gigh caise
Da ir dijn vo ir maillig
Ti chrūighe sijn si channighe
Ainmb bi bainight
Beainni Dhe et&

Oin di reiñig lea Mr Ioin Cassūell Espie Earghaell

Chollin huggid i bais
Tuig fein gi bhell ū noūchais
Daile chosvell is caise duit
ha bais ansin nūrsin aggid

Creidd nach faddī voytt i teig
Bis chollin er di cheiwad
Cha vair ī sivills ach shaill
Hivig ghuitsin ni dliwhir

Oimighkt di chois lūis di lawh
Creidd ni keidfa ra kighla
Smynnighe er ghuill ni deark
Maill er hoimbni is er heisnighk

22. Ta sinn daibhir dhìth creidimh
'Na* ar cridhe,
Gun ar meamhair bhi freagar*
Do ar dlighe.

23. Dlighidh gach neach anns an t-saoghal
De shìol Adhaimh
Bhi guidheadh Mhic Dhé d'an saoradh
Bho gach gàbhadh.

24. Rìgh na pàis, sìn, anns gach càs
Do ar dìon bho ar mealladh ;
An Tì chruthaich sinn 's a cheannaich,
Ainm biodh beannaicht'.
Beannaich, Dhé, etc.

III.

Aon do rinneadh le Mr. Eòin Carsual,* Easbuig* Earra-Ghaidheal.

1. A cholunn, chugad* am bàs !
Tuig féin gu'm bheil thu 'n uamh-chàs ;
Dall 's cosmhuil is càs duit ;
Tha 'm bàs anns an ursainn agad.

2. Creid nach fada bhuait an t-eug ;
Bi-sa, cholunn, air do choimhead* ;
Cha mhair an saoghal-s' ach seal ;
A thaobhadh, dhuit-san* ni dlioghmhar.

3. Imeachd do chos, lùths do làmh,
Creid na ceudfaith r' an caochladh ;
Smaoinich air dhoille nan dearc,*
Mall air h-imnidh is air h-éisneachd.

Vo is egin duit dūll i fadd
Ffeigh di yhew is feigh rohid
Ffeigh fūhid is fosdi cheijnd
Feigh gigh tijwe ma^{d} hoimbchill

Ffeigh i torrig hjig i magh
Assids chollin chijntigh
Di chora doiwhoin ra treish
Er feih i dohin dijmbis

Ffeigh ni figliwe feigh i roisk
Ni glyk nach gaiph teigisk
Vo ta ea er eaghijn duit i dain
Creidd i skeil vo skahain

Ffeigh rijst rovairg tijmb
Pijn ī nanmin ī noūh Iffrin
Nach ell furtigh vo nolk aind
Ortsin chontroght i chollin
Chollin huggid et&

Oin eil di reiñig lea ferr ni Paijrk

Tehim ri foirrinigh Dhe
Dilish do mi hreyle gi bi
Lea ūlighkt mi chūirp da ghūi
Lūbigg lea mi chri ni

Tri greah ghijn herr i tivill
Don ī dlijherr misk i tloūyh
Err i kaiwhill boūin ra dhuire
Ni feihirr ūlighkt mar roij

Keid herr di trūir mirr choūyle
Gin eolis er vah di chi
Cha gaiph ea teiggisk vo oin nagh
Gin egle aijwlis di ni

4. Bho is éiginn duit dol am fad,
Feuch a'd* dhéibh* is feuch romhad ;
Feuch fodhad is fos do cheann ;
Feuch gach taobh m' ad thimcheall.

5. Feuch an toradh thig am mach
Asad-s', a cholunn chiontach ;
Do chòmhradh dìomhain ré treis
Air feadh an domhain an dìmeas.

6. Feuch na fiaclaibh* ; feuch an rosg ;
Ni glic nach gabh teagasg ;
Bho ta e air fheuchainn duit an dàn,
Creid an sgeul bho sgàthan.

7. Feuch rithist—ro-mhairg an tim—
Pian an anmain an uaimh Ifrinn,
Nach eil furtachd* bho'n olc ann :
Ortsan a' chontrachd,* a cholunn.
A cholunn, chugad, etc., etc.

IV.

Aon eile do rinneadh le Fear na Pàirce.

1. Taghaim* an rìgh fìrinneach, Dia ;
Dìlis* do mo thriall* gu'm bì ;
Le ùmhlachd mo chuirp d'a ghuidh,
Lùbadh le mo chrìdh nì.

2. Tri gnè dhaoine th' air an t-saoghal ;
Don', an-dlighear miosg* an t-slòigh ;
Air an ceangal buan r'an dùire :
Ni 'm faighear ùmhlachd mar reò.*

3. An ceud fhear* de'n triùir mar chuala,
Gun eòlas air mhath do chì ;
Cha ghabh e teagasg bho aon neach
Gun eagal aimhleas d'a nì.

Dairle fherr ghuih gi tuigsigh
Da vel kyle is glikis moir
Bij huigs dull do err ghairmid
Cha nairdi naigh ea viis fa choir

Tres fherr di trūir nach krijst
Ffoosrigh er i choir si naimb
Ghoobrichis lea nairt i neghoir
Gin chairt ni maghk Dhe chaile

Ach shin aggiw truir ha don
Er i tivill chorrigh haind
Mairg ni loirg er ī lainvijne
Si noird ghaiwni ta no kaind

Mairg di ni oūhphir si tivill
Si teig da vūyhig gigh lo
Gheh gigh shain skigh oig ni dhoon
bhijn ea vi quijnigh leoh

Kuynich i teig ort mir ailligh
Kuynich ī ti chainnich ū dihre
Noūyr ī skarris ruit i tannimb
Si tallu cha deijd lait moohne

Zhūin no dain dhe di tivill
Bisi quynigh er di cheile
Mir i ta dhe eydhor no ghoillig
Mairgg naigh vaillis ea fein

Vaims oig nish taimb shann
Niir faghkis shid ra mi rea
Ffherr kairt dull ī zhi no looighk
Gin oighk oittijn vo vaghk dhe

Ach gin vi aggin ach kouyrt ghaire
Er ī tivill dearph mir chi
Vi ghūih vick dhe mi reih
No mūih tehimb ī Ri
Teihimb Ri etc &

4. An dàrla* fear dhiubh gu tuigseach
D'am bheil ciall is gliocas mòr,
Bidh a thuigse dol dò air dhearmad :
Cha'n fheàirrde neach e bhios fa chòir.

5. An treas fear de'n triùir nach cniosda,*
Fiosrach air a' chòir 'san àm,
Dh' oibricheas le neart an eucoir :
Gu'n ceartn(aich)eadh* Mac Dhé a chall.

6. Ach sin agaibh triùir tha dona
Air an t-saoghal chorrach th'ann ;
Mairg ni lorg air an leanmhuinn,
'S an òrd* dheamhnaidh ta 'nan ceann.

7. Mairg do ni uabhar 'san t-saoghal,
'S an t-eug d'a mhaoidheadh gach lò ;
Dhe gach sean 's gach òg 'na dhaoine,
'S éibhinn* e bhi cuimhneach leò.

8. Cuimhnich an t-eug ort mar eallach ;
Cuimhnich an Ti cheannaich thu daor ;
Nuair a sgaras riut an t-anam,
'San talamh cha téid* leat maoin.

9. Dhuine, na dean dia de 'n t-saoghal ;
Bi-sa cuimhneach air do chéill ;
Mar a ta Dia eudmhor 'na ghealladh,
Mairg neach mheallas e fèin.

10. Bhaim-s' òg ; nis taim sean ;
Nior facas siod ri mo ré :
Fear ceart dol a dhìth, no shliochd,
Gun iochd fhaotainn bho Mhac Dhé.

11. Ach gun bhi againn ach cuairt ghèarr
Air an t-saoghal dearbh mar chì,
Bhi guidheadh Mhic Dhé mo rogha :
'Nam ùigh taghaim an Rìgh.
Taghaim Rìgh, etc.

Oin di reinig lea Ffherr ni Pairke

Sivill er ī vel mi
Ghair mi rea vick Dhe gin dūll
Vo ta saigharan ī meoile
Meighine and di roid mi churr

Sly ī toiskle zaighk Christ
Da astle gi fhire ī hug
Zhijne i nanmin da gigh ti
Chreddis ī ri doyh nach tūig

Tūigig gigh oin naigh si tivill
Bivill di yūillin maghk Dhe
Lea leih Ewine ri kraind harnig
Fo pinck Philoit chesig ea

She zuillin gigh pijne
Ghoirt ūill gi foirh yhijn i tloij
Da ghui leijne krijst i bhi
Lea ir crie fest da loūy

Gin vi ghurni lea creiddi
Negle Dhe ta mir ī bivill
Bij ni naidiwe da ir leoine
Taversher neoil si sivill
Sivill er i vel etc&

Di ghrea orain di reignig lea Ffherr ni Pairke

Isei moillim ī kraind torhi
Ta ga ūrran fein gigh la
Er gigh dūin ver gha honor
Vijs gi shoiller kijntigh gho

V.

Aon do rinneadh le Fear na Pàirce.

1. An saoghal air am bheil mi,
   Gèarr mo ré, Mhic Dhé, gun dul* ;
   Bho ta seachran a'm fhèoil,
   Meachainn* ann do ròd mo chur.

2. Sligh' an t-soisgeil a dheachd Crìosd,
   D'a astail* gu fìor a thug,
   A dhìon an anman do gach tì
   A chreideas an rìgh, 's dòigh nach tuig.

3. Tuigeadh gach aon neach 'san t-saoghal
   Am baoghal do dh'* fhuilinn Mac Dhé
   Le leth éibhinn ri crann a thàirngneadh :
   Fo bhinn* Phìlait cheusadh e.

4. 'S e dh' fhuilinn gach pian ;
   Dhoirt fhuil gu fìor a dhìon an t-sluaigh ;
   D'a ghuidh, leinne 's cniosd a bhi ;
   Le 'r cridhe 'm feasd d'a* luadh.

5. Gun bhi 'g ùrnuigh le creideamh,
   An eagal Dhé, tàmar* am baoghal ;
   Bidh na nàimhdibh do ar leòn :
   An t-abharsair, an fheòil 's an saoghal.
   An saoghal air am bheil, etc.

VI.

De ghnè òrain a rinneadh le Fear na Pàirce.

1. Iosa molaim : an crann toraidh
   Ta 'ga fhuran féin gach lò
   Air gach duine bheir dha onoir
   Bhios gu soilleir cinnteach dhò.

Chorp lea ainsighk hūg mir rains
Ise zhijnei namni lesh
Zhiffrine choij, chrūinighe ni sloūy
Va ūilli fa leoin mijlt treish

Chraigh i teihis di bine hreigs
Di hoole Eve is Ahū er huise
Ffo pijnk Philoid yūllin pinnig
Da ir doine vo Iffrin ī nouise

Treis la derighe phai ir nerig
Bijg gigh treid gi smūitigh troūmb
Ewhir broistni ghaij ra choistnū
Vi ghoistni quijnigh ra loine

Er laiwe yeish ahir soūise no chahir
Hij gi flaoile foirrinigh
Hyg gi nairtvoir noūise hovird kairttish
Er gigh naigh gi moiroildigh

Lea foūymb trūppaid hig gigh oin naigh
Ni bi oin naigh vouh si noūire
Verr dhe kairt orh gin nessi
Ead i teaghk go neyrrighk voūin

Hreid teih ūilli er i laiwe yeish kūrri
Ri da ūrran er i loūh
Noird angliwe bij da lainvijne
Go chahir aiūni chyh bhi voūyn

Sloūh croist er i laiwe hoiskle
Gin neher leiskle bij gi troūyh
Leigfihr soiise ead deihi treigsi
Di teih eidighe chij bhivoūine

Mir va ghlutton deihi tūittimb
Gheirri fūrtighe i naind tijmb
Bij ni sloūyri gheirri foūirhi
Nouire nach troūh lea dhe i dhile

2. A chorp le annsachd thug mar *ransom**
Iosa, dhìon an anman leis ;
Dh' ifrinn chòidh*, chruinnich na slòigh
Bha uile fo leòn millte treis.

3. Chreach an t-aos d'am b'ion a thréigs'*
De shìol Eubh is Adhaimh air thùs ;
Fo bhinn Phìlait dh'fhuilinn pianadh
Do ar dìon bho Ifrinn an-uais.*

4. An treas là d'éirich, phàigh ar n-éiric ;
Biodh gach treud gu smuainteach, trom ;
Aobhar brostnaidh dhaibh r' a chostnadh,
Bhi 'g ostnadh cuimhneach r'a leòn.

5. Air làimh dheis athar, suas 'na chathair,
Shuidh gu flathail, fìrinneach ;
Thig gu neartmhor nuas thoirt ceartais
Air gach neach gu mìorailteach.

6. Le fuaim trùmpaid* thig gach aon neach ;
Ni 'm bi aon neach bhuaidh 'san uair ;
Bheir Dia ceart orra gun easbhuidh,*
Iad a' teachd gu'n oighreachd bhuain.

7. A threud tagh'* uile air a làimh dheis cuiridh
An rìgh d' a fhuran air a shluagh ;
An òrd ainglibh bidh d' a leanmhuinn
Gu chathair aimhnich* choidhch'* bhith-bhuain.

8. Sluagh crosda air a làimh thoisgeil,
Gun fhear-leisgeil, bidh gu truagh ;
Leigfear* sìos iad, an déidh an tréigs,
Do 'n tigh éiteach caoidh bhith-bhuain.

9. Mar bha 'n glutan an déidh tuiteam
'G iarraidh furtach an an-tim,
Bidh na* sluaghraidh 'g iarraidh fuaraidh
Nuair nach truagh le Dia an dìol.

La nach deisnig leo ni phahi
Leih no aijt, da chur i keil
Ni bi dhijne aghk no furtigh
Deihi tuittimb vo vaighk dhe

Naiph failse tairki ir mailli
Da ir tarrijn heih gin dhyne
Ffeihi oirn mir leoin ghlūit
Gigh ouire hūittis shine no lijne

Kairris vrni agas arrhi
Nir barrand vhi i dhe
Sli yijrrigh, gho ir dhyne
Gho ri dijlish bijg ir treyle

Evijne, aihirigh ir gleijg
Soūise no chahir la heid shijne
Lahīs būnni ta ghūind ūilli
Si kraind torhi fois ir kijnd

Moillī zhoon lea breig yhirighe
Faid vo noorhine eistfhir lijn
Moillig Ise ri ni paise
Meid i grais treigfi shyn

Meid ir peacki gna da klaickig
Moir i nessi yhūynd gin skijs
Smo ni graissin, no mir ta shyn
Vi gigh tra shoore ghuih Ise
Ise moillimb etc&

Oin eil di reinig lea Mr Ioin Cassūel

Ha seaghk seydhin er mi hi
Gigh sayhid dhuih da mi loitt
Ochoin fa gherrain gigh la
Gi gaif shead ta aind mi chorp

10. An là nach d' éisneadh leò na fàidhean,
Lagh no àithnt' d' an cur an céill,
Ni 'm bi dìon aca no furtach
An déidh tuiteam bho Mhac Dhé.

11. An nàmh fallsa tairg' ar meallaidh
Do ar tarruinn d'a thigh gun dìon ;
Feitheamh oirnn mar leóghann gluit
Gach uair a thuiteas sinn 'na lìon.

12. Caithris, ùrnuigh agus aithridh*
Nar barant bhi, a Dhia ;
An slighe dhìreach gu ar dìon ;
Gu'n Rìgh dhìlis biodh ar triall.

13. Eibhinn, aighearach ar gleaghadh*
Suas 'na chathair an là théid sinn
A fhlaitheas bunaidh ta dhuinn uile,
'S an crann toraidh fos ar cinn.

14. Moladh dhaoine le bréig dhìrich
Fad bho'n fhìrinn éisdfear leinn* ;
Moladh Iosa, Rìgh na pàise,
Air* meud a ghràis, tréigfidh sinn.

15. Meud ar peacaidh ghnàth d'an cleachdadh—
Mòr an easbhuidh dhuinn—gun sgìos ;
'S mò 'na ghràdh-san na mar tà sinn
Bhi gach tràth a' sìor-ghuidh Ios'.
Iosa molaim, etc.

VII.

Aon eile do rinneadh le Mr. Eòin Carsual.

1. Tha seachd saighdean air mo thì ;
Gach saighead diubh d' am* lot ;
Ochòin ! Fàth gearain gach là :
Gu'n ghabh siad tàmh ann mo chorp.

Hoin dhuih ī teihids heijr
Bea da koainmb ī chroosh
Minig di vaijle ī mi phoit
Gose ni hainig foise deh moose

Dairle seijhid gir ea sainth
Mairg da dhorijn ghūin
Cha neidim skarrih rish rea
Ach deidh cre er mi vūyn

Treis seyhid ghlaighk chuirh
Doombis ha curi reūmb gi holk
Mailli ri mannim ī chraih
Cha slain ī ghaig shin mi chorp

Kairhū seyhid i ta
Naltū mi chraūh'i steih
Cha leigg ī leisk mi da dhoin
Err oin slij choir si bhi

Keūghū seyhid i tūile
Fairmid is trūh rish ni chi
Ni shoid shin da duggis kyn
Oūint shin nir feihimb brhi

Seissū seyhid gi gairg
Nairg hig eiddhir mi is kaigh
Christī chask ni hurchir zhoomb
Is Dhe da mi zhoon i gna

Saighkū seyhid ī feherr moir
Mairg er ī beherr toir ni nairmb
Cha tijlg ead naigh nagh di voūyl
Ni mo vouyl naigh nagh di vairph

Gaiphimb paidhir di vaighk dhe
Is creid ni Nasple gi beaghk
Christ eidhir mi is ghoin ni nairmb
Lea qūeig salm shaijh no sheighk
Ha 7 sheydhin etc&

2. A h-aon diubh an t-saighead-s' shiar*—
Beith* d'an comh-ainm a' chraos--
Minic do mheall i mi 'm pòit
Dhòmhs' ni thàinig fos* deth 'm aois.

3. An dàrla saighead, gur e 'n sannt—
Mairg d'an do rinn guin—
Cha'n fhaodaim sgaradh ris réidh
Ach* an téid cré air mo mhuin.

4. Treas saighead a' ghlaic-chuir* :
Diomas tha cur rium gu h-olc ;
Maille ri m' anam a chràdh :
Cha slàn a dh'fhàg sin mo chorp.

5. An ceathramh saighead a ta
An altaibh mo chnàmh a stigh :
Cha leig an leisg mi d'a deòin
Air aon slighe chòir 'sa bith.*

6. An cùigeamh saighead, an t-sùil :
Farmad is tnù ris na chì ;
Na seòid sin d'an dugas cion,
Unnta sin nior faighim brìgh.

7. An seiseamh saighead, gu garg,
An fhearg thig eadar mi is càch :
Crìosd a chasg na h-urchair dhiom,
Is Dia d'am dhìon a ghnàth !

8. An seachdamh saighead, am fear mòr ;
Mairg air am beir tòir nan arm ;
Cha tilg iad neach nach do bhuail ;
Ni mò bhuail neach nach do mharbh.

9. Gabhaim paidir do mhac Dhé,
Is creud nan asbal* gu beachd :
Crìosd eadar mi is gon nan arm !
Le cùig sailm, sia no seachd.

Tha seachd saighdean etc.

Oin foist di reinig lea Ffeherr ni Pairke

1. Gheiri ghoise sī ly
Bihimb gigh tra shijre ghuih ī ri
Cha lea hoil er chraind da ir kendigh
Dul no chain ni maillir mi

2. Lea lain aijrlaid bihimb ī treyle
Lahonis mi vijne gigh noūire
Sivil bregigh chūr er chūile
Mi roūin dull si tli ī voyn

3. Slij ni fijrriñ ir nairt
Soiskle dirigh reaghk vick dhe
Ga bea vinigheig ea kairt
Foorrindigh vihig slyghk no zhew

4. Deihi vijnighchise hovird lyn^{d}
Bihi Ise mar rijn si naimb
Loiño^{r} ī viimbhir vo oighk
Mir zaile Dhe loighk abraham

5. Bennight di vihis gigh ti
Chreiddis Ise sī chi ea
Mallight gigh naigh sī roūmb
Chūirris ī chūil ri maghk Dhe

6. Dail gigh naigh nach gaiph ī reyind
Ffaire ri heyig er vrhe zho
Dull lahis dhe ni noird angli
Si chahir eywijn bihi ni sloij

8. Ni noinind kor da tloūyh hreikth
Si teihe edighe legfhire eaid
Ziffrijn ouire bi tintij lasrigh
Da pijn feist gin dull eig

VIII.

Aon fòst do rinneadh le Fear na Pàirce.

1. Ag éirigh dhòmhs' 's a' luighe
Bithim gach tràth sìor-ghuidh an Rìgh
Chaidh le thoil air chrann do ar ceannach :
Dol 'na cheann ni meallar mi.

2. Le làn èarlaid* bithim a' triall
A fhlaitheanas ; mo mhiann gach 'n uair*
An saoghal breugach chur air chùl ;
Mo rùn dol 'san t-slighe bhuain.

3. Slighe na fìrinn : ar neart ;
An soisgeul dìreach : reachd Mhic Dhé ;
Ce b'e mhìnicheadh e ceart,
Fìreantach bhitheadh an sliochd 'na dhéibh.

4. An déidh a mhìneachadh 's a thobhairt leinn,
Bidh Iosa mar ruinn 'san àm ;
Lìonmhor a bhìomar bho iochd,*
Mar gheall Dia shliochd Abrahàim.

5. Beannaicht' do bhitheas gach tì
Chreideas Iosa 's a chì e ;
Mallaicht' gach neach 's a rùm
Chuireas a chùl ri Mac Dhé.

6. Dall gach neach nach gabh an roghainn
Is fèarr ri thaghadh air bhreith dhò :
Dol a fhlaitheas Dhé nan òrd aingeal,
'Sa chathair éibhinn am bi na slòigh.

7. Ni 'n ionann cor d' an t-sluagh thréigt' ;
'San tigh éiteach* leigfear iad :
Dh' ifrinn fhuair* am bi teintean lasrach
D' am pianadh 'm feasd gun dol eug.

7. Eivijn kor ni dhoon teih
Dul er i nehird gigh noūire
Mar ra Ise ī comin angle
Bihi eaid ayrigh bhivouyn

9. Ri ni paise feigh di ghrasin
Ormsin is mi kais gigh tijmb
Vo ni naijdi ta gam lainvyn
Vo ta imb anvijn shiwe mi zhine

10. Ri ni soylse hovir nairt doise
Wri taiusighk smi er cheli
Go vi quijnigh er di ghuih
Naimb ly ghom si gherhi
Gherhi ghoise etc&

Skrijt ī nanmbin di reinig lea feher ni pairk

Ta coggig eighe agas la
Orimb gna kroy ī kais
Ni skuir ea dhoomb go la meig
Troūmb leoūmb fa cheid no bais

Koggig ī ta er mi hī
Evir egle gigh ti ea
Koire ghoūind achiw gi morh
Karrisigh na sloir ī gnea

Trūir ta coggig gigh lo
Evir broin dhom ī veid
Sivil ī tavershers ī neoil
Er hi mi leoin di vihis ead

Oin dehe truir ī derhim rijwe
Sivill, di vaile ni sloy
Da daillig vo hymb go tijmb
Maillig gigh tih ver ra dhoy

8. Eibhinn cor nan daoine taght',
Dol air an aghart gach 'n uair ;
Mar ri Iosa an comunn aingeal
Bidh iad aighearach bith-bhuan.

9. Rìgh na pàise ! Feuch do ghràsan
Orm-san,* is mi 'n càs gach tìm,
Bho na nàimhdean ta 'gam leanmhuinn ;
Bho taim anfhann, 's sibh mo dhìon.

10. Righ nan sòlas* thobhair neart dòmhsa
Bhrìgh t' annsachd, 's mi air chéilidh,
Gu bhi cuimhneach air do ghuidheadh
An àm luighe dhom 's ag éirigh.
Ag éirigh dhòmhs' etc.

IX.

Sgrid* an anmain do rinneadh le Fear na Pàirce.

1. Ta cogadh oidhche agus là
Orm a ghnàth : cruaidh an càs ;
Ni 'n sguir e dhìom gu là m' éig ;
Is truime leam fa cheud* na 'm bàs.

2. An cogadh a ta air mo thì,
Aobhar eagail gach tì e ;
Is còir dhuinn àicheamh gu mòr ;
Caithriseach na's leòr a ghnè.

3. Triùir ta cogadh gach lò—
Aobhar bròin dhom a mheud—
An saoghal, an t-abharsair 's an fheòil ;
Air thì mo leòin do bhitheas iad.

4. Aon de'n triùir, a deirim ribh,
An saoghal do mheall na slòigh ;
D'an dalladh bho thìm gu tìm,
'S a' mealladh gach tì bheir dha* dòigh.

Ta sivil daillig ī tloy
Hivis ea gi moir gin chairt
Gin ea aggin^{d} ach mir choy
Ni koir ghoūin^{d} leoin lea nairt

Ni foihīn lea dhoūn leoir
Ni foihīn nī smo da vaid
Moin^{d} leo kroūinichig si naimb
Shijr chur no chain^{d} di vihis ead

Ach oor chrūighe ūll nī sloy
Choirighe dhomb na sloir di ni
Dhijn vo tivil mi smi daile
Gigh sijwe bi faile di chi

Darle naiph shea gin vreig
Chollijn ī deid ī saint
Ni smijnd lea mi chollīn chre
Mailis gi leir di vihis and

Chollin ī vel mi steih
Orimb ī vihis ī kroy ī kais
Koighig gigh tijmb si bhi
Da mī rhī lea peckeg bais

Evir dūighchis dhomb fein
Gigh sūighchis heid mi choirp
Lea hailīs vo hijmb go tijmb
Karīr mi fa zhijn sī loighk

Rair ni koūl mairg di nī
Vo is ūllhi ī dūl lea breig
Nouire is mo sis faire ī kor
Go oūhir lea toil gi deid

Ise lanio^{r} ī tloij
Ghūihimb ea vo dhos da mī zhijn
Mi chollin chur fo smaghk
Gin dolli hijghk orm no dhile

5. Ta 'n saoghal dalladh an t-slòigh
A thaobhas e gu mòr, gun cheart ;
Gun e againn ach mar cheò,
Ni 'n còir dhuinn an leòn le neart.

6. Ni 'm foghainn le duin' a leòr ;
Ni 'm foghainn na's mò d'a mheud ;
'S miann leo cruinneachadh 'san àm ;
Sìor chur 'na cheann do bhitheas iad.

7. Ach, fhir a chruthaich uil' na slòigh,
Còirich* dhom na's leòr de nì ;
Dìon bho'n t-saoghal mi, 's mi dall,
Gach saobh am bi feall do chì.

8. An dàrla nàmh, 's e gun bhreug
A' cholunn an téid an sannt ;
Na's miann le mo choluinn chré,
M' aimhleas gu léir do bhitheas ann.

9. A' cholunn am bheil mo stéidh,
Orm a bhitheas i—cruaidh an càs—
A' cothachadh gach tìm 'sam bith ;
D' am ruith le peacadh bàis.

10. Aobhar dubhachais dom féin
Gach subhachas a théid a'm chorp ;
Le h-àilgheas bho thìm gu tìm
Càirear mi fo dhìon 'san t-sloc.*

11. Riar na cuil* is mairg do ni
Bho 's ullamh i dol le bréig ;
Nuair is mò 's is fèarr a cor
Gu uabhar, le toil, gu'n téid.

12. Iosa, slànuighear* an t-slòigh,
Guidhim e bho 'n dò-s'* d' am dhìon ;
'S mo cholunn chur fo smachd,
Gun dolaidh thiochd* orm no dìol.

Treis naiph lain di zheirg
Taversher lea cheilg ī gna
Mir leon^{d} er ī bi glutt
Ghūishi ir sluggig gigh trah

Mūrr shin bihimbs ī kais tain^{d}
Oir choy er chain^{d} ī tloij
Vo ni naidiph ta ga mi rhi
Tesrig is no mha mi ghoij

Toirighk orimb di vihis ead
Er hi mi vailhi gigh la
Gi furrijr is koir dhom bhi
Lea karrish is ūrni gna

Vrni, is arhi ī tloij
Chaiskis dūis ī coggī moir
Lea ghuih Ise gigh noūire
Kisigher gi loūh ī toir

Tohir mahonis dhom smi daile
Go di chahir haile smijn^{d} leūimb dūll
Lea di spirrit dain dohm eūl
Kuirrijn reūh kūil er gigh korr

Smi tannimb ī ta fo ghlaish
Annagle mi nish, o Ri,
Vo ni naiphdi ta ga mī rhi
Smi er krhi freggir mi

Egle mi naiphdi gi leir
Ta ormbs fein di gna
Ahir nhi smūinimb sdū chi
Vois fisrigh shiwe mir ī ta
Ta coggig etc&

13. An treas nàmh làn de dh' fheirg,
An t-abharsair le cheilg a ghnàth,
Mar leòghann air am bi glut
Ag ionnsaigh ar slugadh gach tràth.

14. Mar sin bithim-s' an càs teann ;
Fhir chuaidh air cheann an t-slòigh,
Bho na nàimhdibh ta 'gam ruith
Teasairg* : is neo-mhath mo dhòigh.

15. A' tòrachd orm do bhitheas iad ;
Air thì mo mhealladh gach là ;
Gu furachar is còir dhom bhi,
Le caithris is ùrnuigh ghnàth.

16. *Urnuigh is aithridh an t-slòigh,
A chaisgeas duibh-s' an cogadh mòr ;
Le guidheadh Iosa gach 'n uair
Ciosaichear gu luath an tòir.

17. Tobhair mathanas dom, 's mi dall ;
Gu do chathair thall is miann leam* dol ;
Le d' spiorad dean dom iùl :
'S gu'n* cuirinn riu cùl air gach cor.

18. 'S mi 'n t-anam a ta fo ghlais ;
Anacail* mi nis, O Rìgh,
Bho na nàimhdean ta 'gam ruith,
'S mi air chrith : freagair mì.

19. Eagal mo nàimhdean gu léir
Ta orm-sa* féin do ghnàth,
Athair ni smuainim 's tu chì,
Bho 's fiosrach sibh* mar a tà.
Ta cogadh etc.

Loijh di reinig lea allister Monro feher teiggisk va aind Stranaphir

O zhe neiph da lehir freiph
Gigh treyd haijnt is zaūnhi
Proūind dhom grais ī choim bhi graihine
Chūimb skir faismir dehi.

O ri advimb ta mi pheghki
Skrijph er faid no tijnish
Da tijph is feūh mi chijph ghūlī
Klij ead fuid no teirris

Clijn toil meoil mi vhih is moig
Sivill foist sni deophni
Strhi gi calmb shijr chlij manmb
Chij go dambni sheyrhi

O zhe graijghe ver tryd di grasin
Lea trein laiph di chooriph
Vo veijl laidhir vreggigh hathan
Si veher ghoi pairt dehe di riighk

Nooh si naīrk zhyn di chardīs
Ach ni hrih fearg nī doole
Agas Joseph keylhi er hovird vo eirnhi
Go sloūh veg ī doors

Moose maghk amre a kyle awne
Le mrooh alvarr hoor siwe
Noūis vo nephait glouyse le glechkes
Slouh gheiph er hoorrijn

Dug shiwe phahi kaind tri lahi
As moil ghaphi hoorvoūh
Ffoist Ri Dahi vo Gholayas
Ta reish koir ailish yijld

X.

Laoidh do rinneadh le Alasdair Monro, fear-teagaisg a bha an* Strath-nàmhair.

1. O, Dhé nèimh, d'an léir freumh
Gach treud shiant'* is dheamhnaidh,
Bronn* dom gràs a chum bhi 'g ràdhainn,
Chum 's gu 'm* fàsmar déadhaidh.

2. O,* Righ, aidbhim ta mo pheacan
Sgrìobht' air fad 'nad fhianuis ;
D' an taobh is fiù, mo chaomh dhùilean,*
Claoidh iad fù'd* 'nad dhìorras.

3. Claon toil m' fheòil, mo bhith is m' òig ;
Ta 'n saoghal fòst 's na deamhna
A' strìth gu calma, 's a' sìor chlaoidh m' anama
A choidhch' gu damnadh sìorruidh.*

4. O, Dhé ghràdhaich, bheir trid do ghràsan,
Le treun làimh, do chaoraibh
Bho bheul làidir, bhreugach Shàtain,
'S a bheir dhoibh pàirt de d' rìoghachd.

5. Noah 'san àirc dhìon do chàirdeas,
Ach na thraoigh* fearg na dìle ;
Agus Ioseph ciallaidh air thobhairt bho iarnaidh
Gu sluagh bh' aig (triadh)* an daorsa.

6. Maois Mac Amre, á caol abhna,*
Le mnaoi allmhairr shaor sibh,
Nuas bho 'n Eiphit ghluais le gleucas*
Sluagh a dh' éibh air shaorsainn.*

7. Dug sibh fàidh an ceann tri làithean
As miol* ghàbhaidh shìor-bhuaidh* ;
Fòst Rìgh Dàibhidh bho Gholàigheas*
Tairéis* còrr àilghis dhìoghailt.

Sadragh Mesagh Abednego
Di zailvie breig nach oislig
Zhoin si navijn va gi grainoile
Trūirs narhi toiirijn

Tug Sūsanna lea kleuh robha
Vo hrūh eher a moirroūin
Daniel croih a crō leoijn
Ard ri voir ni kliphirr

Tug Manasses a laiwe assyr
Go taiwe i taighiwe Iserael
Di loighk arhi vo vrūid vabell
Hug vs a laywe Hyrūs

Dhyn mūr sho mi o Ri gloirvoir
Vri di hrokre oimbig
Snagh boijl trahig er ri voūin grais
Ach sdoūile days lynig

O zhe mi teiggisk le foir chreiddi
Bri taing ī kyntighe
Ffaids ī tra trijd di vaighk ghraij
Strad dehe di ghrais no mointin

O ri dhyn mi vo ghriwe breig
Ski teihin treiwe ni foirrin
Ni tus Ise le toil chait
Ni kuirp chywe ī hoirrig

Dain le spijñig trein di spirrit
Zhe mi phillig is meūphoig
Ahnoūighe is ūrighe mi chri ghūli
Ski feihīñ suli soir zheihi

Ga taimb loighti o ri hoghri
Lea bhri toghkle dhyn mi
Lea troir Ise verr mi ghrijws
Gloir da truis is oin Dhe
Zhe neiph etc&

8. Sadrach, Mésach, Abednégo,
Do dhealbhan bréig nach ìsleadh,
Dhìon 'san àmhuinn bha gu gràineil
An triùir-s' an àireamh t' fhìrean.

9. Dug Susanna le cliù ra-mhath
Bho thrùth fhear a mìoruin ;
Daniel còdha á crò leóghann
Ard-righ mhóir, ni'n clìobar.*

10. Dug Manasses á làimh Assair*
Gu tàmh an teachaibh Israel ;
Do shliochd àraidh bho bhruid Bhàbeil
Thug thus' á làimh Shìruis.*

11. Dìon mar so* mi, O, Rìgh ghlòrmhoir,
Bhrìgh Do thròcair ìomadh* ;
'S nach buail tràghadh air an rìgh bhuan-ghràs,
Ach 's dual dà-s' lìonadh.

12. O, Dhé, mi teagaisg le fìor chreideamh,
Bhrìgh t'eanga* chinntich ;
Fad-s' an tràth trid do Mhac gràidh
Strad de d' ghràs 'nam inntinn.

13. O, Rìgh, dìon mi bho ghnìomh bréig,
'S gu'n taghainn treubh nam fìrean ;
Ni tus', Iosa, le d' oill chiat,*
Na cuirp chaomh a shaoradh.

14. Dèan le spionnadh treun do spioraid,
Dhé, mo philleadh is m' ìompadh ;
Ath-nuadhaich 's ùraich mo chridh-dhùilean
'S gu'm faighinn sùilean sìor-dhiadhaidh.

15. Ge taim lochdte, O, Righ shochraidh,*
Le brìgh t' fhocail dìon mi ;
Le treòir Iosa bheir mo ghnìomhsa
Glòir d'an trì-s' is aon dia.
Dhé nèimh etc.

Oin ell di reinig leish ī nūidhir ī chynd

Oinig oibrichig ī Cheymbhi
Di reinig leish ī toissigh tymb
Lijtter ead i leiph gigh dhoon
Cūighkt yhe si chrūin^{d} skryph

Kea ni philli fa byn breyhir
Foyrish foighkle lanighe ea
Meid brhi ī ri si hūigs
Mir ni tijre is vskigh ead

Smor i phairt ga begg ī neolis
Lea oighkle di chrūighe shea
Bhi, kois di hywe toirr is tūijn^{d}
Gin ni as ni vūnig eaid

Gin chuirrig leish sī vroat ī baihird
Ghrijn, Ghalligh is oimbig reijle
Ma hoimbchile firmament lahish
Oimbig aind di vahis skrijph

Zehe gigh tywe di ni vroat oifrig
Dhūin reyn^{d} ī ri si tra
Agas na oipha foist di chrūighe
Skyle i gloir si chrūin^{d} gna

Ach moilli ni tijre fo nailhi
Chrūhider er gigh la
Ach rair nadorighk zhoon peghgigh
Navid ea hywe reaghkt ghaij

Ffa zheoi gigh naigh chaihi tall ū
No chlijhig ī fairke reūh
La duiskir ead fad shail
Lea trūppaid arkangle zhe

XI.

Aon eile do rinneadh leis an ùghdar a cheudna.*

1. Ionghnadh oibreachadh a' Choimh-bhith,
Do rinneadh leis an toiseach tìm ;
Litir iad a leubh gach duin' :
Cumhachd Dhé 'sa chruinne sgrìobht'.

2. Céana* 'm filidh bu bhinn briathar !
Fuaras* focal shlànaich è,
Meud brìgh an rìgh 's a thuigse
Mar na tìrean 's uisgeach iad.

3. 'S mór am feart ge beag an eòlas,*
Le fhocal do chruthaich sè
A' bhith chòs do thaobh tìr is tuinn,
Gun nì as na bhuineadh iad.

4. Gu'n chuireadh leis 'sa bhroit* a b' àirde
A' ghrian, a' ghealach 's iomadh reul ;
Mu thimcheall *firmament* a fhlaithis :
Iomadh ann do bhathas sgrìobht'.

5. Dhe gach taobh de na bhroit ìochdraich*
An duine rinn an Rìgh 'san tràth ;
Agus 'na ìomhaigh fòs do chruthaich :
Sgaoil a ghlòir 'sa chruinne ghnàth.

6. Ach mìola na tìre fo'n àille*
Chruthadar air gach làimh* ;
Ach réir nàdurrachd dhaoine peacach
Nàmhaid e, thaobh reachd, dhaibh.

7. Fa dheòidh gach neach a chaidh an talamh
No chlaoidheadh am fairge riamh,
Là dùisgear iad fad seal
Le trumpaid arc-aingeal Dhia.*

Hyg lea brihi noiph is talvijn^{d}
Di nairt angli oimb keid
Armaild ī ri ūilli hollish
Ghaird is dyvild da hono^{r}s ead

Ach dluhir i treijd heiht haijnt
Go gloir rein^{d} Ise ī kaind
Ni gin chrijghe neyhrighk honnish
Bihi ead gi braigh fūirrigh aind

Hig gigh draijng nach drein^{d} arhi
No oinnish ī mijn^{d} ni^{r} bea
Ghloih ead er ni knoik da falligh
Dhjre dai toilk ī chainnighe eaid

Bihi tallū foih si nargk
Si tahirr no hinn tain^{d}
Mijst ī kais ni pein ī deid eaid
Feist ī bais ni^{r} feyh ead aind

Ach laino^{r} chywe, di vainhi
Treid hoir channighe shywe
Dhyn mish ghraij vo di zūmbig
Krigh i la ro oinig leijn
Oinig oibrichig etc&

Loijgh di reinig
lea Sir Ioin Stewart ni happin

Dailli saijnt slough ī dohin
Neihi zhe sbi diukhir ghoiwe
Kaillidir ī keyle ma ni vreig vellish
Treyl naigh deid go nijnish lhoi

No creid mijd dull eig fa yerrig
Smūinmijd shid ma bi mijd daile
Chuir mijd quid^{h} voir^{h} deheir nūlli
Si teih fa zhoi is būnni haile

8. Thig le britheamh naomh is talmhant,
De neart aingeal, iomadh ceud ;
Armailt an Rìgh uile-sholuis ;
Gèard is diongmhalt d' a onoir-s' iad.

9. Ach dlùthar an treud thaght' shianta*
Gu glòir rinn Iosa, an ceann ;
'S ni gun chrìch an oighreachd shonais,
Bidh iad gu bràth a' fuireach ann.

10. Thig gach dreang* nach d' rinn aithridh
'Na fhianuis : am miann nior b' è ;
Glaodhaidh iad air na cnoic d' am falach ;
Daor daibh' n t-olc a cheannaich iad.

11. Bidh an talamh fodha 's an fhairge
'S an t-adhar 'na theine teann ;
'S misd' an càs na péin an téid iad ;
Am feasd, am bàs nior faigh iad ann.

12. Ach Shlànuigheir chaoimh do bheannaich
An treud shaor a cheannaich sibh,
Dìon mise, ghràidh, bho do dhiombàidh :
Crìoch an là 's ro ìonghnadh leinn.
Ionghnadh oibreachadh etc.

XII.

Laoidh do rinneadh le Sir Eòin Stiùbhard na h-Apunn.

1. Dallaidh sannt sluagh an domhain
An aghaidh Dhé, 's bu diocair* dhoibh ;
Cailleadar an ciall mu na bhréig mhilis :
Triall nach téid gun innis* leò.

2. Na'n creideamaid dol eug fa dheireadh,
Smuaineamaid siod mu'm biodhmaid dall ;
Chuireamaid a' chuid mhór de'r n-ulaidh
'San tigh, fa dheòidh,* is bunadh thall.

Moir i merrhan da ni dhoone
Breig fails da kūr fa choijh
Snach creid lūighk ni sheyd lea soller
Dull eig gin ī konnagh leoyh

Ga kroih siss teinnall taigh
Sheyrvid ea vi kur no chain[d]
Shi noūih zhairvis ī noorrijn
Tuig naigh sheilwe zhilish ī tain[d]

Draiñg el zheirrig gi konnagh
Diñdighk is ailmsighk is oijle
Zheowig ead sho chin[d] ī feil
Neoh vo ri ghrein nī ghloir

Ga zoombig naigh ansin teih shin
Zheoph gigh feher zū oinvi ri
Mel-ead ī neyhrighk gin chonnis
Seywris, is sonnis, is shijh

Egijn dūiph dull er slij Hioin
Pehijn loin ni legfihir lijwe
Mairg eg ī dais ī buire breig
Ghagis gi troūyh treigfi shywe

Da heikvish ha fa ir cowhir
Shailli voywe ko yhū is smijn
Taigh ra pijnnig gi doir dobbroin
Taigh klerhi noird oilvoir chijwe

Taigh ī bi teis gin dhyn tuile
is nighehin neaph da deoile
Taigh el vo is ead is sūilph
Da bi ni keid qūylph keoile

Faid ī daile ni deish vo cheile
Saile is sheyrph is fijn so vlas
Mairg fouire aimb er ī tehig
Gi dugig daile i reyh as

3. 'S mór am mearan do na daoine
Breugan falls' d'an cur fo cheò ;
'S nach creid luchd nan seud le'n solar
Dol eug gun an conach* leò.

4. Ge cruaidh 's is teinneil tach,*
Is seirbhid e bhi cur 'na cheann ;
'S i 'n uaigh a dhearbhas an fhìrinn :
Tuig nach sealbh dhìleas a t'ann.

5. Dreang eile dh' éireadh gu conach,
Daonndachd is almsachd* is èol,*
Gheibheadh iad so a chionn am féile :
Nèamh bho Rìgh gréin na glòir.

6. Gidh* iomadh neach anns an tigh sin,
Gheibh gach fear dhiubh inmhe rìgh ;
Gu'm meal iad an oighreachd gun chonas
An saibhreas is sonas is sìth.

7. 'S éiginn duibh dol air slighe Shioin ;
Peighinn lòin* ni leigfear leibh* ;
'S mairg aig an d' fhàs am burr-bréig*
Dh' fhàgas gu truagh, tréigte* sibh.

8. Dà h-eugmhais tha fa 'r comhair—
Seallaibh bhuaibh, co-dhiùbh, is smaoin—
Teach r' am pianadh gu daor do-bròn ;
Teach cléire an òird eòlmhoir, chaoimh.

9. Teach am bi teas gun dìon tuilleadh
Is nimheachan* neimh d' an deòl* ;
Teach eile, bho is iad is suilbh,
D' am bi na ceud cuilbh-ceòil.*

10. Fad an dàil na* dithis bho chéile :
Saill is seirbhe 's fìon so-bhlasd ;
'S mairg fuair àm* air an taghadh :
Gu'n dugadh dall a roghadh as.

Mir hreoir herbhir vo choorriwe
Maighktoor is ea faid ī feyhle
Nouire ī verhijr kairt ni nanmyn
Glaickhi ni daiphni ni daijle

Ach achonighe reinnish oin v^{c} muir
Naigh di zūilt dhoon fo di rosk maijl
Nouire skarris shyn vo ni choll n
Gin ir nānimb zhull daile
Dailli Saijnt etc&

Oin eil di reiñig leish

Creid fa dairlimir tūirsse
Sni haind fo huilsh bla breig
Gin ī sivill ach no skaile vailli
Mir nailhi ghalli no ghrein

Mir i daijlt ri la qūijne
No snaighk is dluhi vijs ghail
Torhi ni duil er ī chrain^{d}
Ni maijr dhoon sheūind ach shail

Roise is kuirh no lijlli.
Plūmis no shirri dearg
Gir ghair ī vijs ead fo woyh
Shuid mejhir ī tloyh gi derph

Saiphrig ga moir ī hess
Ffeihphir heid as gi louh
Krijnhi gigh lūse ī meyh ghorm glas
Mir shjn heid solas ī tloijh

Ach is evijne leish gigh naigh ī daile
Eihin go aillis i kūirp
Lheir zhūyn, mar ī daile
Naigh ell duil er krain nach tuitt

11. Mar threabhair a thearbar bho chaoraibh,
Mac-tìre* is e fad am foill,
Nuair a bheirear ceart nan* anman
Glacaidh na deamhna na doill.

12. Ach achanaich rinneas,* aon Mhic Muire,
Nach do dhiùlt duine fo do rosg mall :
Nuair sgaras sinn bho na choluinn
Gun ar n-anam a dhol dall.
Dallaidh sannt etc.

XIII.

Aon eile do rinneadh leis.

1. Creud* fa 'n d'tharlamar an tùrsa ?
'S ni h-ann fo shùil-sa* blàth bréig ;
Gun an saoghal ach 'na sgàil mheallaich,
Mar neulan geala na gréin.

2. Mar an dealt ri là ciùin
No 'n sneachd is dlùithe bhios geal ;
Toradh nan duill' air a' chrann :
Ni 'm mair daoine sionn* ach seal.

3. An ròs is cùmhra, no 'n lili,
Am plumas no 'n siridh dearg,
Gur gèarr a bhios iad fo bhuaidh :
Siod meadhair an t-sluaigh gu dearbh.

4. An samhradh, ge mór a theas,
'S am foghmhar,* theid as gu luath ;
Crìonaidh gach lus tha 'm magh gorm-ghlas :
Mar sin theid sòlas an t-sluaigh.

5. Ach 's éibhinn leis gach neach an dàil
Fhaighinn gu àilgheas a' chuirp ;
'S léir dhuinn mar an dall
Nach eil duill' air crann nach tuit.

Ni dais er i tallū soūis
Di zhoon no chrain no voirh
Di zoin nhi nach krijn fa zoijh
Mi skeil broijn vi ga loyh

Ewir tūirsh is ewhir broijn
Gin tuigks vihi di ghloir zhe
Gin smūyntjn vi er ir krij
O ri ni ri coūphir mi

Di vi trūir da meūisi gi taijnd
Sivill, si saynt, sī neoil
Zhe dhyn sī mīsh vo trūir
Sī ri ni duil no legg leoh

Zhe dhyns mish vo truir
Di vi er vijn^{d} faijl is breig
Agas koūhir mi di gna
Nairttich mi ghraij is mi chreid
Creid fa daijrlimir

Loijh di reiñig leish ī skriwpher ī naimb mūlloid

Hivill is doimbhoin di vūirn
Mairg ni tūirn nagh fijgh
Ga^{d} vi mir dhuih ri keoil
Ghaīr vijg broin da churr shijs

Chūnnis cha naid vo noūire
Kūijrm is keoil, is soyrkis glan
Tijwe steih ghaischer i koūyrt
Chūnnis shin slouyh ri ghall

Mairg di ni būn sī tivill
Vo is bivilligh ea gigh nouire
Tij bi vijn leen dhuih aggin
Shuid si vaddijn er vreh voyn^{d}

6. Ni 'n d' fhàs air an talamh suas
De dhaoin no chroinn no bhuar,
De dh' aon nì nach crìon fa dheòidh :
Mo sgeul bròin a bhi 'ga luadh !

7. Aobhar tuirse, is aobhar bròin,
Gun tuigse bhi de ghlòir Dhé ;
Gun smuaintinn bhi air ar* crìch* :
O, Rìgh nan rìgh, cobhair mì* !

8. Do bhi* triùir d'am ionnsaigh gu teann :
An saoghal 's an sannt 's an fheòil ;
Dhé, dìon-sa mise bho'n triùir ;
'S a Rìgh nan dùl, na leig leò.

9. Dhé, dìon-sa mis' bho 'n triùir*
Do bhi air mhiann feall is bréig,
Agus cobhair mi do ghnàth ;
Neartaich mo ghràdh 's mo chreud.
Creud fa 'n d' thàrlamar.

XIV.

Laoidh do rinneadh leis an sgrìobhair an àm mulaid.

1. A shaoghail, is diombuan do mhùirn ;
'S mairg ni tùrn nach fiach ;
Ged bhiodhmar* an diugh ri ceòl,
Gèarr bhiodh bròn d'a chur sìos.

2. Chunnas—cha'n fhada bho'n uair—
Cuirm is ceòl is suairceas glan ;
An taobh a stigh dh' fheasgar an cuairt
Chunnas an sin sluagh ri gal.

3. 'S mairg do ni bun 'san t-saoghal,
Bho is baoghalach e gach 'n uair ;
An tì bu mhiann leinn an diugh againn,
Siod* 'sa mhaduinn air bhreith bhuainn.

Ach vndids vick mi zhe
Mi vūnnijn gi leir gi kūirr
Da gigh annimb gir dū is leiph
Chreiddis vndid fein is tuill

Ffoir ormbs vick mi zhe
Na qūūrrir leait mi er ghaile
Vo ta sivills no leamb
Tesrig mish zhe vo chaise

Tesrigs mish vo chaise
Tivills ta lain di chuir
Mir heisrig ū klain Iserael
Vo Aro vahig si wūirr

Koūil sywe ni rūg er Dahi
Nouire huitt ea ī gavig peaghki
Absoloin i vaighk ī baijld
Breh aijt voyh, beaghkoile

Ach aiphrik chūise fa zherrig
Nehrig ghasas vi faijle
Ga bi voir leish aijld ghrūyg
Chrogh ī ea ri ouire si cheijle

Nach faijck shywe sho kor i tivill
Maigk gaphel biwhile er ahir
Ga di zhaint chuise lea sivig
Tuig nach soirrid ea la vrehe

Zhoon bihi no ir naihr
Ffeher er feher gheirrhi biphijl
Ach mairg naigh ni aijrrish
Vo is moir i karrighe i sivill
Hivill is dhoimōin

4. Ach unnad-s', a Mhic mo Dhé,
Mo mhuinghinn gu léir gu'n cuir ;
Do gach anam gur tu* is léigh*
A chreideas unnad féin is t' fhuil.

5. Fòir orm-s', a Mhic mo Dhé ;
Na cuirear leat mi air dhàil ;
Bho ta 'n saoghal-s' 'na leum,
Teasraig mise, Dhé, bho chàs.

6. Teasraig-s' mise bho chàs
An t-saoghail-s' ta làn de chuir,
Mar theasraig Thu Clann Israel
Bho Fhàro* bhàthadh 'sa mhuir.

7. An cuala sibh na rug air Dàbhaidh,*
Nuair thuit e'n gàbhadh peacaidh :
Absolom, a mhac a b'àillte,
A' breith àit' bhuaidh gu beachdail.

8. Ach amhraic* a' chùis fa dheireadh :
An éiric dhà-san* bhi 'm foill,
Ge bu mhór leis àillt a ghruaig,
Chroch i e, ri uair, 'sa choill.

9. Nach faic sibh 'n so cor an t-saoghail ;
Mac gabhail baoghail air athair ;
Ged a dheant' a' chùis le saobhadh,
Tuig nach saoirid e là bhreatha.*

10. Dhaoine, bithibh 'na ur n-aire ;
Fear air fear ag iarraidh baoghail ;
Ach 's mairg neach ni 'aithris,
Bho is mór an caraich* an saoghal.
Shaoghail, is diombuan.*

Pairt di choijrle Vijck Eaghin vyck earchir dī Vaighk Intosich ī ghaylt

Oirr da baijl koirle voūymb
Hophir laijt foymb gi minn
Feagh nach di sig er di veihel
Gloir ī zairnig ghuit fein kinn

Biig tosnigh ri rahit ī rūitt
Ma hairlis duit vi teih i noile
Gir meennig hanih vo dooph
Gloir ī bair ī steih gi moir

Naimb koyrle bi gi moone
Na dophir ī ach gi maijle
For ī bi ū bi gi beaghk
No bi aighk vois is haijle

No bi mir hrais di vaijne
No leann tailish fein ī roin
Na kūir er ī nanphinn nayrt
Chynd tairph lea kayrt chlijnn

Bi feihidigh trhi i nairgg
No kah kailg er yhūin ī boighk
Ffeher konnish no biig di reair
No daijn tehimb da feyhire loighk

Bi gi mohor bi gi mah—
Ma ghaiphild rah no bi gin reimb
Hohir di choirle ma saigh
Err gigh naigh vijs no eimb

Err ī tivill no daijn saijntt
Tūig nagh bi ū aind ach oūire
Snagh ell dehe taimbshir ī vois
Ach tūyhta ni bois ma koūyrt

XV.

Pàirt de chomhairle Mhic Eachainn Mhic Fhearchair do Mhac-an-tòisich, a dhalta.

1. Fhir d'am b'àill comhairle bhuam,
   Thobhair* leat a fuaim gu mion ;
   Feuch nach d' ìnnseadh air do bheul
   Glòir a dhèarnadh* dhuit féin cion.

2. Bi tosnach* ri ràitean ruit,
   Ma thàrlas duit bhi 'n tigh an òil ;
   Gur minic thàinig* bho 'n dibh
   Glòir a b' fheàrr a stigh gu mòr.

3. An àm comhairle bi gu mìn ;
   Na tobhair* i ach gu mall ;
   Far* am bi thu bi gu beachd ;
   Na bi aca bhos is thall.

4. Na bi mar theasd* do bhann ;
   Na lean t' àilgheas féin air aon ;
   Na cuir air an anfhann neart,
   Chionn tairbhe, le ceart-chlaon.

5. Bi foighideach tre an fhearg ;
   Na caith cealg air dhuine bochd ;
   Fear conais, na biodh a'd réir ;
   Na dean teum d'am faighear lochd.

6. Bi gu mothar* ; bi gu math ;
   Mu ghabhailt* rath na* bi gun réim* ;
   Thobhair do chomhairle ma seach
   Air gach neach a bhios 'na fheum.

7. Air an t-saoghal na dean sannt ;
   Tuig nach bi thu ann ach uair,
   'S nach eil de t'aimsir a bhos
   Ach tionndadh na bois mu'n cuairt.*

Voorighk leg ma saigh
Tuig nach būingig ī naigh aih
Ga ghuirressi er di veijnd
bi furrichir ma raire chaighe

Gigh conirt da tairl ū fa choir
Ffo ūile ghoij bi ma saigh
No bi gi hoymladigh dhijn
Chyn sgi bihi dū rair gigh naigh

Ma hairlis duit vi cūirt ghlijck
Gi legphir zhūit vi mar roih
Bijs furrichir ma rair
ains gigh oin ni is moin leo

Troddan chain taillighe no dain
No amble duih ga bea ni
Na dophir naskijn ma saigh
As i treish gi dijg di hi

Er di charrid no ghaiph aimb
No laijn ea gi tayn no lejmb
Oin ni zhūimbōllis dū chaigh
Oinnoile shūid gi braigh no daijn

Na bi rohvoir sna bi begg
Ri phah zhoon no kah di chūid
Looghe veanmighe na dain troad
Na oab mas heigin duit.

Oin eil di reinig leish ī Skrijpherr

Gloir is moillig ghuit Zhe
Eywijn dūijn gir dū is ri
Er neoph, er tallū ī voss
Gir stoil choiss duitt gigh toor

8. A' mhìodhaireachd leig ma seach ;
Tuig nach buinig* i neach àgh ;
Giodh uireasbhach air do mhiann,
Bi furachar mu riar chàich.

9. Gach cunnart d'an tàrl thu fa chòir,
Fo uile dhòigh bi ma seach ;
Na bi gu h-iomlaideach* dian,
Chionn's gu'm bi tu'n riar gach neach.

10. Ma thàrlas duit bhi 'n cùirt ghlic,
'S gun leigfear dhuit bhi mar reò,*
Bi-sa furachar mu riar
Anns gach aon nì is miann leò.

11. Trodan cheann-teallaich na dean ;
Na amail* diubh ce b'e nì ;
Na tobhair an ascaoin ma seach :
As an treis gu'n tig* do shìth.

12. Air do charaid na gabh àm* ;
Na lean e gu teann 'na leum ;
Aon ni dhi-molas tu chàch,
Ionail* siod gu bràth* na déan.

13. Na bi ro-mhór, 's na bi beag ;
Ri fath-dhaoine* na caith do chuid ;
Ri laoich mheanmnach na dean trod,
Na ob ma 's h-éiginn duit.

XVI.

Aon eile do rinneadh leis an sgrìobhair.

1. Glòir is moladh dhuit, a Dhé ;
'S éibhinn duinn gur tu is rìgh
Air nèamh 's air talamh a bhos
'S gur stòl chos duit gach tìr.

Shoyller ghūin Cūighkt Zhe
Er shūill ni grein ma kouyrt
Nouire hoillichis mi ri
Oimbichie oirn teiss is foūighk

Muirr ga farshiñ ī krijgh
agas ga loijn ea gi braish
Sanid di chūighti mi ri
Pijllig go krijghe fijn er aish

Lijnoʳ ūisk dull no kaind
as gigh glain, ha ma koūirt
Ga zheijh cha voh mūirr i duih
No keid la cha struh si choūyn

Oijmbig ghre eisk ha si vūirr
Chrūich kūighkt mi ri
Greh is lijnoʳ ta zhui
Ghreh yehe mo ha dull zhi

Leir rūis er tallu ī vois
Behigh kehir choissigh er toor
Sloinnoʳ no choor i vain
Ga zhūmih laiph herr i tij

Nach faiksiwe sho grasi dhe
Ea frestle dūis gigh ni
Ni smo is lehid grais pein
Er i veid da deijd i zhi

Ach hug mijd beūchidis da ri
Choirrighe ghūin ni na sloir
Vo ta chūightis skrijph
Shoyller aind ī krijghu dohoin

Is dainmyd arhi gi tainn
Agas gaiphmyd ī taimb no leam
Nach sjhichir lyn shyn daile
Nach haind er bail hig ī teig

2. Is soilleir* dhuinn cumhachd Dhé
Air siubhal* na gréin mu'n cuairt ;
An uair a thoilicheas mo rìgh
Imichidh oirnn teas is fuachd.

3. A' mhuir,* ge farsuinn a crìoch,
Agus gu'n lìon i* gu bras,
'S aithnicht'* do chumhachd mo Rìgh
A pilleadh g'a crìch fìn* air ais.

4. Is lìonmhor uisge dol 'na ceann
As gach gleann tha mu'n cuairt* ;
Gidh eadh, cha mhò a' mhuir an diugh
Na 'n ceud là chaidh struth 'sa chuan.

5. 'S iomadh gnè éisg a tha 'sa mhuir
A chruthaich cumhachd mo Rìgh ;
A' ghnè is lìonmhoire ta dhiùbh,
A' ghnè dhe 'm mù* tha dol a dhìth.

6. Is léir dhuibh-s* air talamh a bhos
Beathaich ceithir-chosach air tìr ;
'S lìonmhor na caoraich a mhàin
Gidh iomadh làmh a th'air an tì.

7. Nach faic sibh 'n so gràsan Dé :
E freasdal duibh 's gach nì ;
Ni's mò is lughaid a ghràs péin*
Air a' mheud d' an téid e dhìth.

8. Ach thugmaid buidheachas* do'n Righ
A chòirich dhuinn nì na's leòr ;
Bho ta chumhachd-san sgrìobht'
Gu soilleir ann an crìochaibh domhain.*

9. Is deanmaid aithridh gu teann ;
Agus gabhmaid an t-àm 'na leum,
Nach suidhichear* leinn, 's sinn dall,
Nach h-ann air ball a thig an t-eug.

Ghuihmjid eish gigh oin trah
Lea spirritt grai da ir shoile
Ffor ī shyn shine da gi leir
Moillig zhuitts zhe is gloir
Gloir is moillig et&

Oin foijst di reinig leish

Ri ni gurijn ta gin chrijghe
Dain mi quynigh ort gigh trah
No leig er haighran mi
Er slijh ta boihi ba

Shoile mish si tlihi chairt
Ri ni phairt ta fos ir kijnᵈ
a lehe oin Ise di vaighk
Mah gigh peaghk reinnig leoūim

Mah ghom gigh peaghk gi leir
Di reinig leoūimb fein gna
Agas soirs mi vo loghk
Vo is foosrigh ū noghk mir taim

Ta imbs noghk gi troūh
Ta imbs trouyli mi chorp
Ta mi chrijs fo leoin
Ta peaghk bais er mi loatt

Ach oor zūllin bais ri krainᵈ
Lea pijnti tainᵈ is caimb vrehe
Dhyns ī mish vick mi zhe
Kūirs gi trein as mi lehe

Krūhighe vnnimbs kri noūh
Oor chai si noūy gin loghk
Vo is fijsrigh ū mir ī ta
Krij knawe na mi chorp

10. Guidheamaid es'* gach aon tràth,
Le a spiorad gràidh d'ar seòl'*
Far an seinn sinn dà gu léir :
Moladh Dhuit-s'* a Dhé, is glòir.
Glòir is moladh etc.

XVII.

Aon fòst do rinneadh leis.

1. Rìgh na cruinne* ta gun chrìch,
Dean mi cuimhneach ort gach tràth ;
Na leig air sheachran mi
Air sligh' ta baothaidh, bàth.

2. Seòl mise 'san t-slighe cheirt,
Rìgh nam feart ta fos ar cionn ;
A leth aoin, Iosa, do mhac
Math gach peacadh rinneadh liom.

3. Math dhom gach peac' gu léir
Do rinneadh liom féin a ghnàth,
Agus saor-sa mi bho lochd,
Bho is fiosrach Thu 'n nochd mar tàim.

4. Taim-s' an nochd gu truagh ;
Taim-s' truaillidh a'm* chorp ;
Ta mo chridhe-sa fo leòn ;
Ta peacadh bàis air mo lot.

5. Ach fhir a dh'fhuilinn bàs ri crann,
Le piantan teann is cam bhreith,
Dìon-sa mise, Mhic mo Dhé ;
Cuir-s' gu treun as mo leth.

6. Cruthaich unnam-s' cridhe nuadh,
Fhir chaidh 'san uaigh gun lochd,
Bho is fiosrach thu mar a tà
An cridhe cnàmh 'nam chorp.

Deoni ghom arhi gi trah
No legs lahir mi zhi
Vo is dūs tobbhir gigh grais
Ffoūinnig as gigh kais mi ri
Ri ni krūyn[d] etc&

Oin eil di reinig leish fo vūlloid ī pheaghki

Ochadoin Ri ni grais
Aiphrig ormbs smi kais kroyh
Mi pheaghki ta er mi chraijh
Mir haghk ī bais orm[b] chon oūhi

Meid ī taijck hairlig orm[b]
Ghaig shayd mi gin cholg gin vrhi
Ach vo is dus ri ni phaijrt
Iiddrimighe mi haighk ī rijst

Iidrimighe mi haighk gi loūh
No leg mi aind royhar daile
Oir is trijk aid shuid da mi leoin
Taversher, neoil, sī saijnt

Ni peaghki di reinis leoih
Evhir broin domb aid gin chrijghe
Ach ghūijm er ri ni gloir
Furtigh is foir e lehe Ise

Smaighkich ī taversher trein
Kaisk dhijmb fein i toills ī meoil
Saijnt bregigh oimain gigh tiūph
Qurrijn ruih kuil ra mi veo

Mi chovrtigh gin dull eig
Aindsin phein daig ead mi
Mairlaid vihi gigh nouire
Si ghaillig voūyn shin hug Ise

7. Deònaich dhom aithridh gu tràth ;
Na leig-s' an làthair mo dhìth ;
Bho is Tusa tobar gach gràis,
A bhuaineadh* as gach càs mi, Rìgh.
Rìgh na cruinne etc.

XVIII.

Aon eile do rinneadh leis fo mhulad a' pheacaidh.

1. Ochadòin ! A Rìgh nan gràs,
Amhraic orm-s', 's mi 'n càs cruaidh ;
Mo pheacadh ta air mo chràdh ;
Mar shac am bàs orm chun uaigh.*

2. Meud an t-saic a thàrladh orm,
Dh' fhàg siad mi gun cholg, gun bhrìgh ;
Ach bho is Tusa rìgh nam feart,
Aotromaich mo shac a rìst.

3. Aotromaich mo shac gu luath ;
Na leig mi ann an ruathar dall ;
Oir is tric iad siod d'am leòn :
An t-abharsair, an fheòil 's an sannt.

4. Na peacaidh do rinneas leò,
'S aobhar bròin dom iad gun chrìch ;
Ach guidhim air Rìgh na glòir
" Furtaich is fòir a leth Ios'."

5. Smachdaich an t-abharsair treun,
Caisg dhiom féin an toil-s' a'm fheòil ;
Sannt breugach, iomain gach taobh* :
Chuirinn riu cùl ri m' bheò.

6. Mi cuartaich gun dol eug
Anns an phéin an d' fhàg iad mi ;
M' èarlaid bhi gach 'n uair
'Sa ghealladh bhuan sin a thug Ios'.

Ghailli shin di hug mi ri
Ghoijrt ūile gi foijr er ī chrain
Cha chūirrir ea leish ī zhi
Er gigh tihi chreiddish aind

Creiddimbs aind ī maighk mi zhe
Slanior ni leiph sni faind
Ni ta zessi er mi chreid
Meidighe fein is kūirr no chaind

Meidighe mi chreddi ī gna
Meidighe grasin aind mi chri
Meidighe marhri gigh oin la
Meid mi graijh fois keijnd gigh ni

Meidighe zhe mi graijh
Ri ni phahi graijghe mi
Tesrigs mi as gigh kais
Wri vais di ghuillin Ise

Ise vo is dus maghk mi zhe
Qūiddighe mi, no leg mi zhi
Di chuiddichig hormb mir eamb
Chaijn ni treiph no treigs mi

Doirt orims vo neoph ī noūis
Lea ūilli loūise tūilli grais
Ghagis marhri gi boūyn
Go mi hoūisglig as gigh kais

Lea di spirrit dain domb eūle
Go kahir chuirē ni keoil
Gi quirrin shin er chuil
Meiphir tuirse is moghadoin
Ochadoin ri etc&

7. An gealladh sin do thug mo Rìgh ;
Dhóirt fhuil gu fìor air a' chrann ;
Cha chuirear e leis a dhìth
Air gach tì a chreideas ann.

8. Creidim-s' ann am Mac mo Dhé :
Slànuighear nan léigh* 's nam fann ;
An ni ta dh' easbhuidh air mo chreud,
Meudaich féin is cuir 'na cheann.

9. Meudaich mo chreideamh a ghnàth ;
Meudaich gràsan ann mo chrìdh ;
Meudaich m' aithridh gach aon là ;
Meud* mo ghràdh fos cionn gach nì.

10. Meudaich, Dhé, mo ghràdh ;
Rìgh nam fàidhean, gràdhaich mi ;
Teasraig-s' mi as gach càs,
Bhrìgh a' bhàis do dh' fhuilinn Ios'.

11. Iosa, bho is Tusa mac mo Dhé,
Cuidich mi ; na leig mi 'dhìth ;
Do chuideachadh a th'orm mar fheum ;
A cheann nan treubh, na tréig-sa mi.

12. Dóirt orm-s' bho neamh a nuas,
Le uile luaths, tuilleadh gràis
Dh' fhàgas m' aithridh gu buan
Gu mo thuasgladh* as gach càs.

13. Le do spiorad dean dom iùl
Gu cathair chùmhr' nan ceòl ;
Gu'n cuirinn an sin air chùl
M' aobhar tùrsa 's m' ochadòin.
Ochadòin ! A Rìgh etc.

Ni .x. Phatij
aind ī meetterrighk dain

Creid dirigh ī dhe ni Dūile
Kuir er chuil oūle di ghailph
Na dohir ainmb ri nī ri
Ma gaiphir ū sī grijwe ī ghail

Donigh ri neiph ni noil
No di chri qūeyvad soor
Di Vahir is Tahir gigh noūire
Hovir hōr dai vouytt faroin

Marphig no mairl no tijwe
Eyldris no smūijn di charr
Na troig fynish ach gi fihir
Shin ī raid go krighe ghlain

No dain saijnt er voir no er veg
Ffraywe ī nūilk di choir no leg
Shin deich Phain di zhe zuitt
Tuig gir fihir ead agas creid
Creid dirigh etc&

Oin eil foist di reinig leish

Corrigh di chor i hivill
Lain di charrū bavihill
Sivill nach boūyn bla
Hivig ghūin ni dlifhir

Gaijr ī choūyrt ga seyphir lijn
Ffair ī tewhir aijñysh haggin
Gloir is būyh da ti hūg
La saind voyis ī tanijg

XIX.

Na deich fàithntean ann am meadarachd* dàin.

1. Creid dìreach an Dia nan dùl ;
   Cuir air chùl ùmhladh do dhealbh ;
   Na tobhair ainm Rìgh nan rìgh,
   Mu'n gabhar thu 'sa ghnìomh, an geall.

2. Dòmhnach Rìgh nèimh nan ial
   'Na do chridhe coimhead* saor ;
   Do mhàthair is t' athair gach 'n uair,
   Thobhair onoir daibh bhuait far aon.

3. Marbhadh no mèirle na taobh ;
   Adhaltras na smuain a'd char ;
   Na trog* fianuis ach gu fìor ;
   Sin an rath'd gu crìch ghlain.

4. Na dèan sannt air mhór no air bheag ;
   Freumh an uilc a'd chòir na leig ;
   Sin deich fàithntean* Dhé dhuit :
   Tuig* gur fìor iad agus creid.
   Creid dìreach etc.

XX.

Aon eile fòst do rinneadh leis.

1. Is corrach do chor, a shaoghail ;
   Làn de charaibh baoghail ;
   An saoghal nach buan bladh* :
   A thaobhadh, dhuinn ni dlioghmhar.

2. Gèarr a chuairt, ge saibhir leinn ;
   'S fèarr an t-aobhar aoibhnis th' againn ;
   Glòir is buidhe* do 'n tì a thug
   An là : 's ann bhuaidh-s' a dàinig.*

Mairg di graij i sivill shaill
Bla fo viphill edoile
Mi chrijn chollin mayles
Maile da manimb seyphris

Bi heyphris vo zhe ni duile
Kyle agas resoūin
Gi creidfijgh bi coir zūin[d]
Vi soor-ghuih zhe i tahir

Ach ni aūli shūid mir ī ta
Naymbshir ī duih ī korah
Nouire ī lephir skrijtt gigh foorh
Ni bi feher glyck mar ī seypher

Bihimb gin charrid gin trijgh
Bihimb aighk ī meher koigri
Ni bhijn mi gloir sni creid
Vo phile er moir is er mairgid

Ni vel shoih nach fūillin leoin
No dairnih dhoon dobroin
Ni ni krūin is ī buoir
Treigi shin ūilli noin nouire

Dairnmir arhri zhuit ī zhe
Rair di hoile ī ta toighkle
Oir is keimb biphill i taigh
Treig mijd ī sivills ea corrigh
Corrigh di chorr etc&

Oin di reinig leish ī skripher er tuittimb ahu a Eden

Ffoūhind lea moillig zhuits zhe
Ri di chrūighe goc ni
Zailvig leait dhoon vo hois
Di loyrighe ī talvij voon

3. 'S mairg do ghràdhaich an saoghal seal ;
Blàth fo bhaoghal : eudail ;
Mo chrìon cholunn : m' aimhleas ;
Mealladh do m' anam : saibhreas.

4. Bu shaibhreas bho Dhia nan dùl
Ciall agus reusùn* ;
Gu creidmheach bu chòir dhuinn
Bhi sìor ghuidh Dhé an t-athair.

5. Ach ni amhluidh siod mar a tà,
An aimsir an diugh, an còmhradh ;
Nuair a leubhar sgriobt* gach fir,
Ni 'm bi fear glic mur a saibhir.

6. Bitheam gun charaid, gun trìoch* ;
Bitheam ac' a'm fhear coigrìch ;
Ni 'm binn mo ghlòir 's mo* chreud
Bho phill air m' òr is m' airgead.

7. Ni 'm bheil an so nach fuiling leòn :
Na dèarnadh daoine do-bròn* ;
Ni na cruinne is a buar,
Tréigidh sinn uile 'n aon uair.

8. Dèarnmar aithridh dhuit, a Dhé,
Réir do thoil a ta a'd fhocal ;
Oir is ceum baoghail an t-saich* ;
Tréigmid an saoghal, 's e corrach.
Corrach do chor etc.

XXI.

Aon do rinneadh leis an sgrìobhair air tuiteam Adhaimh á Eden.

1. Fonn le moladh dhuit-s', a Dhé,
Rìgh do chruthaich gach* nì ;
Dhealbhadh leat an duin' bho thòs
De luaithreach an talmhainn mhìn.

Ta reish dūit crūh hovird do
Na tijwah foist fa leah
Lassig leatsin annel veo
Ǫūyllani roin ī steah

Gin doūyrrig leish smaighk bi leoir
Er gigh cretor va fo lah
gigh ainmb hoillighe ea hoird doi
Chūnkis da di gloirs ea mah

Er aiūphrik ghuit er gigh creh
Dī reinig leait fein gi krijst
Coūpanigh diwhild do
Ni faighkis leait foist no mijsk

Shin di laiphir mi ri
cha diwhild zhūin ī feher
Vi na onir ī mijsk chaighe
Dainmir Coupigh gasin chen

Di chuirrig leish koidle troūmb
Er ahū si choūymb ri lairh
Vūnnhi leish aistn as hijwe
Di rein coūpigh diwhild da,

Laiphir ahū noūre i ghlouise
Ea as ī toūyn chaij chūrr
Kraijh zehe mi chrahū ta shūyn[d]
Paijrt dehe meiol is fuill dehe mūil

Dherrimbs ruits bean
Vo saind as i neher i ta
treighi feher ahir sī vahir
Leañi shea ri vrijh ī gna

Karidhir ī shin fa roin
Ahū agas ī vean
Aind ī staid noi loighti noiph
Gi soor, i Gharden Eden

2. Tairéis duit cruth a thobhairt dò
'Nad ìomhaigh fòst fa leth,
Lasadh leat-san anail bheò
An cuinnleanan a shròin a steach.

3. Gu'n d' fhuaireadh leis smachd bu leòr
Air gach creutair bha fo 'fhlaith* ;
Gach ainm thoilich e thoirt doibh
Chunnacas do Do ghlòir-s' e maith.

4. Air amharc* dhuit air gach cré
Do rinneadh leat féin gu cneasd,
Companach diongmhalt dò
Ni 'm facas leat fòst 'nam measg.

5. An sin do labhair mo Rìgh :
" Cha diongmhalt duinn am fear
Bhi 'na ònar am measg chàich ;
Deanmar compach dhàsan chean.*"

6. Do chuireadh leis codal trom
Air Adhamh, 's a chom ri làr ;
Bhuineadh leis aisteann as a thaobh
Do rinn compach diongmhalt dà.

7. Labhair Adhamh nuair a ghluais
E as an t-suain chaidh chur :
" Cnàmh dhe mo chnàmhaibh ta sionn ;
Pàirt de m' fheòil is fuil de m' fhuil."

8. " Deirim-sa riutsa ' bean,'
Bho 's ann as an fhear a tà ;
Tréigidh 'm fear athair 's a mhàthair
Is leanaidh se ri mhnaoi a ghnàth."

9. Càireadar an sin far aon
Adhamh agus a bhean
Ann an staid neo-lochdaich naoimh,
Gu saor an *garden* Edein,*

Lea comhis hovird daij pein
Er moos gigh kreh ma ni huitt
Ach haymbighe ea ghaij fa gho
Krijwe eolish vah agas ūilk

Ma chahir lijwe di ni chrewe
Ta mir fein ī phain oirph
Deirph ghūi gi dijg i teig
Oirphs lea cheil er i loirg

Ffagihir ead ī shin fa roin
Gin nedigh er bhi ma korp
Gin neolis vi er voone
Di zoin grea chighla na gholk

Gi beihphijn ī shin i kor
No mairrig ead shoh boūin
ach gaiph angle hoillish aird
Fairmid ri ahū gi troūh

Gi doombighe ī feher gin oighk
Rijghkū ni harrigh neaph
Agas streappidir gi haird
Gi sheskir ī baire ni krewe

Laiphrir assī shin ri Ewe
Er bhi yi fein ī dull saigh
Nach gaiph vs voos ni krewe
Rovah feimb sis faijr draigh

Di reghir ish cha nedhir
Is Dhe mah fein er ir kaisk
Gin ghail ea yūin, gi beig
No bea sgi feighmirr ī vlas

Laiphir eish mir bi veis
Cha neig yuih pein ea gi kairt
Ach gheūh shiwe tuigs is tūilli leirs
Ma shea sgi feigh shiwe i vlas

10. Le comas thobhairt daibh péin
Air meas gach craoibh mu na thuit ;
Ach shèamaich* e dhaibh fa dhò*
Craobh eòlais a' mhaith agus uilc.

11. " Ma chaithear* leibh de na chraoibh
A tàmar féin a' fàithn oirbh,
'S dearbh dhuibh gu'n tig an t-eug
Oirbhs' le chéil air a lorg."

12. Faicear* iad an sin far aon
Gun aodach a bhi m' an corp ;
Gun eòlas bhi air mhiann
Do dh' aon ghnè chaochladh* no dh' oic.

13. Gu'm b' éibhinn an sin an cor,
Na 'm maireadh iad so buan ;
Ach ghabh aingeal shoileis* àrd
Farmad ri Adhamh gu truagh.

14. Gu'n d' imich am fear gun iochd
An riochdaibh na nathrach* néimh,
Agus streapadar gu h-àrd
'S gu seasgar am bàrr na craoibh.

15. Labhrar as an sin ri Eubh,
Air bhi dhith féin a' dol seach :
" Nach gabh thusa 'mheas na craoibh
Is ro-mhath feum 's is fèarr dreach ? "

16. Do fhreagair is' : " Cha'n fheudar,
Is Dia math féin air ar casg',
Gu'n gheall e dhuinn gu'm b'eug
Na'm b'e 's gu'm feuchmar a bhlas."

17. Labhair eise mar bu bheus :
" Cha'n eug dhuibh péin e, gu ceart ;
Ach gheibh sibh tuigse 's tuilleadh léirs',
Ma 's e 's gu'm feuch sibh a bhlas."

Shin dar ī chūnig Ewe
Moose ni kreiw di vi alijn
Gi mi vah gaiphs chon bea ea
Go tūigs is leirsin ī harsin

Tug ish laiph ansin chreiwe
Di choishin eig agas bais
Chaillich ish yehe qūyd fein
Gi dug i ea reist Gahū

Foūrrig leohis ī shin leirs
Lessighig keil nach bayrd
Huig ead as vhi gin neidig
Gaiph eads reyst assin naijr

Toisichir ī shin lea cheil
Ri teimbig agas ri faihiamb
Dūillagin ni krijwe Iighkis
Chon Iighkir agas chon apron

Shuilidir ī shin gi fijgh
Zuisi dijwherighk ni nailen
Da falligh ro chrūhs ro edin
Zhe hug gaijphs ī taijt

Klūinidir shail no zehe sho
Guh zhe ī geiwighk si gharden
Eashin ri gaiphel skeil
Kea yea taijt vel tū ahū

Di reggir eash gi dijbli
Gaiph mi rohid fijwe is naijr
La huig mi vhi gin neidig
Chell mish mi hyn gi hairloūh

Ko yijnish duitsin i skeil
Gi roih ū chin eidhi noighkt
No ni chah ū voos ni kreiwe
Ma dugis fein ī naijn orts

18. Sin dar a chunnaic Eubh
Meas na craoibhe do bhi àluinn,
'S gu'm bu mhath dhaibh-s' chun beath' e
'S gu tuigs' is léirsinn a thàrsainn.

19. Dug ise làmh anns an chraoibh,
Do choisinn eug agus bàs ;
Chàilich ise dheth a cuid féin
'S gu'n dug i e réist* a dh' Adhamh.

20. Fuaradh* leò-s' an sin léirs'
A leasachadh céill nach b' fhèairrde ;
Thuig iad as a bhi gun éideadh,
Is ghabh iad-s' réasd* as an nàire.

21. Tòisichear an sin, le chéile,
Ri teumadh agus ri faitheam
Duilleagan na craoibhe fhìgeas*
Chun ìochdair* agus chun aprain.

22. Siùbhladar an sin gu fiamhach
Dh' ionnsaigh dìomhaireachd nan àilean,
D' am falach romh chruth's romh aodann
Dhé thug dhaibh-s' an t-àite.

23. Cluinneadar seal 'na dhéidh so
Guth Dhé ag éibheachd 'sa *gharden* ;
Esan ri gabhail sgéil :
" C'eadh e* 'n t-àite 'm bheil tu, Adhaimh ? "

24. Do fhreagair es' gu dìblidh :
" Ghabh mi romhad fiamh is nàire,
An là thuig mi bhi gun éideadh,
Cheil mis' mi fhìn* gu h-eàr-luath.*"

25. " Có dh' innis duit-san an sgeul
Gu'n robh thu chion éididh, nochd ;
No na* chaith thu mheas na craoibh
Mu'n dugas féin an fhàithn ort-s' ? "

Vean shin hug ū ghois
Doi leūmbs gin vūn i fein da
Chūir ish pairt yehe mi ghoirns
Challighe mi go^{m} leoin na dhei ea

Di laiphir ea shin ri Ewe
Gi dehe beids di rein vs
Di reghir ish gi sheiwe
Vaijle i mahir neaph mish

Di laiphir ea rish i nahirr
Curst ū fahist ī misk chreto^{r}
Er di hairh ni tū glehig
Louirigh mirr vheih chon teigvall

Ach sijghchi mish gaiphlis
Edder slijghk ni mrayh sdi lijghks
bruhir les di chains
Cha tairrin hail voyh tyghks

Di laiphir shea rijst ri Ewe
Veids gin zheil ū gheher ni fyle
Dobroin, ī krayh si noombni
Bihi gōō vijn, is breh di chleyn

Bihi dus voyh sho pijnoile
is di vynd go feher di heih
Ryildich ea fois di chynds
Veids gin dijghk ū ni veas

Di laiphir ea sīn ri ahū
Guh di vra la va tū ūild
Gin vristig leatsin er main
Sgin chahig leat pairt dehe nūle

Maillighe mi er di skas
Tallu, bihi ais duit lehigh
Dobroin kaillichir gigh tra leat
Tarran fad lai di veah

26. "A' bhean sin thug Thu dhòmh-s',
'S dòigh liom-s' gu'n bhuin i féin da ;
Chuir ise pàirt dheth 'm dhòrn-s',
Chàilich mi gu m' leòn na dhéidh e."

27. Do labhair e 'n sin ri Eubh :
" Gu dé 'm beud-s' do rinn thus' ? "
Do fhreagair ise gu sèimh :
" Mheall an nathair nèimh* mis'."

28. Do labhair e ris an nathair :
" Cùrst* thu fathast am measg chreutair ;
Air do thàrr ni tu gleitheadh* ;
Luaithreach mar bheidh* chun teugmhail.*"

29. " Ach suidhichidh mise gamhlas
Eadar sliochd na mnàth 's do shliochd-s' ;
Brùthar leis do cheann-sa,
'S cha tèaruinn e shàil bhuaidh t' iochd-s'.*"

30. Do labhair se rìst ri Eubha :
" Mheud 's gu'n ghèill thu dh' fhear na foille,
An do-bròn, an cràdh 's an imnidh
Bidh ginmhinn* is breith do chloinne."

31. " Bidh tusa bhuaidh so pianail,
Is do mhiann gu fear do theach,
Riaghailteach e fos do chionn-s',
Air mheud 's gu'n d'ioc* thu 'na mheas."

32. Do labhair e' n sin ri Adhamh :
" Guth do mhnàth 'n là bha tu umhailt,
Gu'n bhristeadh leat-san air m' fhàithn,
'S gu'n chaitheadh leat pàirt de'n ubhall."

33. " Mallaichidh mi air do sgàth-s'
An talamh : bidh à-s'* duit leitheach ;
An do-bròn càilichear, gach tràth, leat
T' aran fad làith' do bheatha."

Drisshin mir oin kynd is gloūran
Di ghaisis souis duit fa roin
Agas kallichir gi trouh leat
Di lūijhi souirigh ni roone

Mur shin i faillis di ghroyh
Di voūychir leat di veah
Ach gi pijle ū zūisi talvyn
Von zaliph dū tuis di la

Foūhdichir ead a Eden
Dourih leo eiwnis is aijttis
ach gaiph shea trouis ruh lea cheil
Di reind daij edigh di chrakni

Karidhir ī shin Cherūb
Eddir ead fein is ī naihir
Ma bijg eads mir ea fein dehe
Lea feighin er chre ni beah

Ach shin ī skeil mir huit ahu
Lea laigs Ewe is oilighk, arrigh
La va ead dūynd no sissijr
Ha peaghks, ir nointyne ī falligh

Achs ewijne dūinin i ghaiwlis
Chaiwlig eddir ī da lighks
Christ vi aggin mir chainard
Gin chaijssighv ea feher gin oighk ghūind

Gloir is moillig di zhe Tahir
Chūmb rijn fahist gigh ni gheūl
Cho fads is beo mi si veas
Sijñimb ghuit lea aijrh foūind
Fouind lea mollig c&

34. " Drisean mar an ceudna 's cluarain*
Do dh' fhàsas* suas duit far aon ;
Agus càilichear gu truagh leat
De luibhean suarach nan raon."

35. " Mar sin, am fallus do ghruaidh,
Do bhuadhaichear leat do bheatha ;
Ach gu'm pill thu dh' ionnsaigh 'n talmhainn*
Bho 'n dhealbhadh tu'n tùs do latha."

36. Fuadaichear iad á Eden,
An d' fhuaradh leo èibhneas is aiteas ;
Ach ghabh se truas riu le chéile :
Do rinn daibh aodach de chraicnean.

37. Càireadar an sin Cérub
Eadar iad féin is an nathair,
Mu'm biodh iad-s' mar e féin deth
Le feuchainn air chraoibh na beatha.

38. Ach sin an sgeul mar thuit Adhamh
Le laigs' Eubh is ìnnleachd nathrach,*
Là bha iad duinn 'nan sìnnsir :
'S tha 'm peac-s' 'nar* n-ìnntinn am falach.

39. Ach 's éibhinn duinn* fhìn an gamhlas
A cheangladh eadar an dà shliochd-sa :
Crìosd bhi againn mar cheannard ;
Gu'n ceannsaicheadh e 'm fear-gun-iochd-dhuinn !

40. Glòir is moladh do Dhia an t-athair
Chum ruinn fathast gach nı gheall ;
Cho fad 's is beò mi 'sa bheatha-s'
Seinnim* dhuit, le aithridh, fonn.
Fonn le moladh etc.

Bhreishligh Ghonochi Voihr

Dhe di chrūhighe green bruh neiph
Nir lia glain is gloirvoir
Nir lia angle dehi deinhn
Brearigh breaigh beoilvellish

Nir lia bijn, nir lia green
Nir lia klūih is keoilvoir
Nir lia shoils grein greenyall
Is leig shoilsach longvoir

Teih i Tijhorn teih gin dhi err
Teih gin oigh er oistaphie
Teih ni Nesple ī teih seskir
Teih gin essie ordūhi

Teih ni noonvijn mūirth mūirnigh
Sugigh sūilpher sophlatigh
Teih ni Meidin glackzall ghreinigh
Maissigh, meihrigh, moirailtigh

Cūyrt vick Mūyrr cūijrt gin chint
Cuijrt ni kurrhie hohijn
Cuijrt ni phaijlt cuirt ni slaijnt
Cuirt gin chail er chokerri

Cūyrt gin oitta cuirt gin choīnt
Aind ī mūhir shiyall sroilailtigh
Cūyt ni mackai ni bann noiph
Aind ī mūhr beannight gloir hūhyn

Dūhn ni dūhli duhn gin dijph
Duhn is moid moirvahis
Duhn gin airmid duhn gin dorchis
Duhn gin cheilg ri koverson

XXII.

Breisleach* Dhonnachaidh Mhóir.

1. 'S e Dia do chruthaich grian-bhrugh nèimh,
Nior lia* glaine is glòrmhoire ;
Nior lia aingeal déadhaidh, daingeann,
Briathrach, breathach,* beòl-mhilis.*

2. Nior lia binne ; nior lia grinne ;
Nior lia cluich is ceòlmhoire ;
Nior lia soillse gréine grinn-ghil
Is leug soillseach lòngmhor.*

3. Tigh an Tighearn, tigh gun dìth air ;
Tigh gun fhiach air òsd-thighibh* ;
Tigh nan easbol* an tigh seasgair,
Tigh gun easbhuidh òrduchaidh.

4. Tigh nan ionmhuinn murrach, mùirneach,
Sùgach, suilbhir, sòmhpladach* ;
Tigh nam maighdeann glac-gheal,* greadhnach,
Maiseach, meadhrach, mòr-fhaltach.

5. Cùirt Mhic Muire, cùirt gun chiont ;
Cùirt nan cuire* shòithnghe* ;
Cùirt nam fàilte, cùirt na slàint',
Cùirt gun chàil air chòcaire.

6. Cùirt gun ìota, cùirt gun chaoint',*
Ann am mùr sìtheil, sròl-fhailteach* ;
Cùirt nam macamh, 's nam ban-naomh,
Ann am mùr beannaicht' glòir-shuthainn.

7. Dùn nan dùilean, dùn gun diobhadh,*
Dùn is mòide* mòr-mhaitheas ;
Dùn gun fharmad, dùn gun dorchas* ;
Dùn gun chealg ri còmharsain.*

1 2
Duhn gin vaislijg duhn gin vaiggig
Duhn ghu taigh ī troikre
Duhn gin choiggig duhn gin ghoirt
Duhn gin chros er choir verthi

Kahīr noiph kahir haijnt
Hesrigh, Horragh, kohrahigh
Kahir voūyhigh, kahir oūisle
Dahigh doūylligh, do-chahigh

Kahir chairdigh, hrehigh, yailvigh
Aijltigh, aimbligh organigh
Kahir chūiligh zailrigh heyslrigh
Lasrigh, laindregh lochrandigh

Ri ni ri zailph dhoon
Di zailph toor is teorijn
Di zailph qūairrhū ghaij chon beah
Phahi ffertigh foir oūihinigh

Di zailph Iffrijn di lūighk dūimbh
Oin vyck mūirn moir Vūoyrh
Di zailph speirh di zailph rȳlh
Di zailph esk is Eolūs

Di zailph ghaiphrig groūimbigh raisigh
Rynlūigh, lainluigh, roh hijntigh
Di zailph feihphir bruhvoir, broinigh
Kluhvoir, krohvoir knūassigh

Di zailph saūphrig gheigglan eiwnigh
Naijlligh neiph noūhghuilligh
Di zailph earrigh shoikchran sheikigh
Fflūighvoir, frassigh, fehranigh

Oir is ea di rein[d] eah ni kruijn
Iisk is, ūisk, is oijnvijn
Lūhi, talvij is gigh krainvhea
Maighk Dhe ī kayrd da korighig

8. Dùn gun mhasladh, dùn gun mhagadh ;
Dùn dh' an tathaich an tròcaire ;
Dùn gun chogadh, dùn gun ghorta ;
Dùn gun chros* air chòir-bhearta.

9. Cathair naomh, cathair shiant',*
Theasrach,* thorach, chòmhradhach ;
Cathair bhuadhach, cathair uasal,
Dathach, dualach, dò-chathach.*

10. Cathair chèardach,* thréitheach,* dhealbhach,
Altach,* amlach,* òrganach* ;
Cathair choinnleach, dhealrach, shoillsreach,*
Lasrach, lannrach, lòchranach.

11. Rìgh nan rìgh do dhealbh daoine,
Do dhealbh tìr is teòrainn,
Do dhealbh ceathra* dhaibh chun beatha
'S faichean feartach,* fòir-fhoghnach.

12. Do dhealbh ifrinn do luchd-diomb
Aon Mhic mùirn Mòr-Mhuire ;
Do dhealbh speur, do dhealbh reul,
Do dhealbh éasg* is Eòlus.*

13. Do dhealbh geamhradh gruamach, rasach,*
Raon-fhliuch* lèan-fhliuch,* rò-shinteach ;
Do dhealbh foghmhar bruthmhor, bronnach,
Clùthmhor, crodhmhor, cnòthasach.*

14. Do dhealbh samhradh geug-ghlan, éibhneach
Nialach, néamha,* nòdh-dhuilleach* ;
Do dhealbh earrach, sioc-chrann,* seacach,*
Fliuchmhor, frasach, fearthainneach.*

15. Oir is e do rinn iath* na cruinne,
Iasg is uisg is eòin-bhinne ;
Luibhean talmhaidh is gach crìon-bheatha ;
Mac Dhe an ciard* d' an còireachadh.

Oir ī shea di skijle la is eijghe
Er ni krijghī kochaittnig
Oir is ea toin ri di skyl learl
Ffeijh gigh oin toor foidhroihigh

Di ver dool vaiht zhoone
Er ni krijghi moir horrijn
Di verr toihrni ghyh gloirvoir
Di verr roiht is rohessin

Kaijrd ni nūilli di verr tūihl
Err gigh moin moir horrig
Dijllighk chlessrigh di ni maighk shin
Nyr vijst korr i voir heijstn

Ga bijn tūyppan, ga byn organ
Is gigh korah keoil chrūiit
Ga bijn lūitt ga byn mūisick
Gigh Instrūment koraijt

Keoil ni krūyn si qūyd bijnnis
Sī kūirr ūilli kohynd
Gir byn angle di vi flahis
Eg ri roh voir roh chlessigh

Ta reish mi hrittle is mi kyntigh
Krissigh kijkragh, kohragh
Is mi peackigh kailgigh klessigh
Meligh, meihigh moir ghuhigh

Is mi laddron oūyrrigh anveher
Groūimbigh grulvigh glehivonigh
Minig do bram millig oigvann
Brystnig poijst is poterrighk

Is mi Mairligh aimsigh eijhighe
Saijntigh stroonigh stroin-olkagh
Is mi shoinigh skeiligh skeggigh
Breggigh brijnigh beil-olklaūrigh

16. Oir is e do sgaoil là is oidhche*
Thar nan crìochan còmh-chaitneach* ;
Oir is e 'n t-aon rìgh do sgaoil beurla*
Feadh gach aon tìr fòid-threabhach.*

17. Do bheir dìol-bheachd* dhaoine
Air na crìochan mòr-theorainn ;
Do bheir tòirne* 's gaoth ghlòrmhor* ;
Do bheir reòdht* is rò-theasan.

18. Cèard nan uile do bheir tuile*
Air gach min* mòr-thoraidh ;
'S dìolachd chleasrach* do na mic* sin
Nior mhisd' an cor a mhòr-theistean.

19. Ge binn tiompan* ; ge binn òrgan
Is gach còra*-ceòl-chruit ;
Ge binn liut* ; ge binn miùsaig,*
'S gach ionnstramaint còmh-reite* ;

20. Ceòil* na cruinne 's an cuid binnis
'S an cuir uil' an còmh-sheinnt' :
Gur binne aingil do bhi 'm flaitheas
Aig an Rìgh ro-mhòr, rò-chleasach.*

21. Tairéis mo fhriotail,* is mi 'n ciontach
Craosach, cìocrach, còmhragach* ;
Is mi 'm peacach cealgach, cleasach,
Meallach, meathach,* mòr-ghuthach.

22. Is mi 'n ladron* uaibhreach, an-mhear,*
Gruamach, grulmhach,* gleòmhainneach* ;
Minig d' fhobraim* milleadh òg-bhan,
Bristneadh-pòsd* is pòitearachd.

23. Is mi 'm mèirleach aimseach,* éigheach,*
Sanntach, straoineach,* stròn-fhoclach* ;
Is mi 'n sionnach sgeulach, sgeigeach,
Breugach, brionnach, beul-òlc-labhrach.*

Brissimb soohr brissimb aintn
Oimbrim moin har orduhi
Minnig ī hoūisklis koir ni drūijs
Er bih ghoih klūh ī kloijvijne

Gna dom kailg is peaghki mairph
Ffairmid ffearg dam voir loisgig
Lea lain oūyhr bim er ouirhi
Muihig meoylsh is meoillish

Di nim leisk bim err vijsk
Bim, roh cheilt er chosherhi
Bim gi sayntigh gaiphigh kaijntigh
Laūigh lairrigh beil-easki

Oir ī ta ir peighki er ti ir kaiwhell
Gūihm ī Tahir troikerigh
Si spirrit noiph da ir soorrig
Si maighk fijsrigh foir nairtvoir

Fūil di zestyph fūile di zaill treyh
Fuil di ghlaighk moin meorrindigh
Trijd di chesī saind ī hoirrig
Dhoon doir gheir loijtt

Vi da dī hijph gheirhi erig
Is dū fein er veo varrtyn
O zhe ghraighe bhell moir-ailtish
No eijrh dail sī deonichig

Ach mir di hoor ū assin phrison
Ioseph foore ūilli foihinigh
Mir di riagh layt as ni pijnti
Ioab keylvoir ko huigsigh

Lazarus dah veoighe mir di zoni
Ri si chruhider chuaghtighe
Mirr di hoor Sūsan noiph
Vo choir breig, braad vriher

24. Brisim saoire,* brisim aointean* ;
Imrim* maoin thar òrduchaidh ;
Minig a thuasglas caor na drùis
Air bhi dhomh 'n clùmhadh clòimheannan.*

25. Is gnàth dom cealg is peacadh marbh,
Farmad 's fearg d' am mhòr-losgadh ;
Le làn uabhar bìm* air uairean
Maoidheadh m' uailse 's m' eòlais.

26. Do nìm* leisg, bìm air mhisg,*
Bìm ro-chillt* air chòisirean* ;
Bìm gu sanntach, gabhach, cainnteach
Làmhach, labhrach, beòl-easgaidh.*

27. Oir ata ar peacadh air tì ar ceangal ;
Guidheam an t-athair tròcaireach
'S an spiorad naomh do ar saoradh,
'S am Mac fiosrach fòir-neartmhor.*

28. Fuil do dheas-taoibh, fuil do gheal-troigh
Fuil do ghlaic mhìn, mheòrantaich* ;
Trid do cheusadh 's ann a shaoradh
Daoine daora geòr-loite.*

29. Bhi* dath do thaoibh ag iarraidh éirig,
Is tu féin air bheò-bheartan,*
O, Dhé ghràdhaich, am bheil mòr-àilteas,*
Na éireadh dàil 'san deònachadh.

30. Ach mar do shaor thu as an phrìosan
Ioseph fìor-ullamh fòghainteach ;
Mar do riach* leat as na piantan
Iob ciallmhor còmh-thuigseach ;

31. Lazarus do bheòthaich mar do dheònaich
A Rìgh 's a chruthadair cumhachdach* :
Mar do shaor Sùsan naomh
Bho chòrr bhréig* 's bròd-bhriathar* ;

Mir di skoil ū vo lūing Ise
Keihir ghijh is koyhgheyle
Beher gi daighkir shin vo peaghki
Oin vyck eaghktighe oig Vūhirr

Oir ī saind di laūphs ta ni grasin
Snagh deijd traijh er hroikre
Beher er manim leat vo zaiphni
Eddir angli oig ghlann
Dehe di chrūhighe etc&

Oin di reiñig leish ī skripher er la Vrehonish

Smūymnir ī la fa yeoyh
Koir ghūin di ghull eig
Smūynimir peacki ni hoig
Smūynmir foijst ni hig no zheihi

Smūynimir ni hig no yheihi
Gir ea la ni moir vrehe
Gigh ni reinig lyn^{d} si neoil
Cha neydir ni smo ī chleih

Cha neydir na smo ī chleih
Mah no sah di reiñig lyn^{d}
Noūre chi shin brihi ni sloy
Tijghk oirn sni neoyle, trūmpt da sheirmb

Noure heirmir ī trūimpayt voir
Krijnchidir ni sloij ma saigh
Gigh naigh hairlis duih beo
Kyghli ead doij si baighk

Kijghli Mūirr agas toor
Kyghli gigh nhi as noūyh
Loiphri ī tallū soūys
Gigh naigh choyh ainsin nūrh

32. Mar do sgaoil thu bho luing Iosa
Caor-ghaoth* is ceò-ghile,*
Beir, ge deacair, sinn bho pheacadh,
Aon Mhic eachdaich* Og-Mhuire.

33. Oir, 's ann do làimh-s' a ta na gràsan,
'S nach teid tràghadh air do thròcaire* ;
Beir air m' anam leat bho dheamhna,
Eadar aingil òg-ghlana.
Dé do chruthaich etc.

XXIII.

Aon do rinneadh leis an sgrìobhair air là bhreitheanais.

1. Smuainmar an là fa dheòidh
Is còir dhuinn do dhol eug ;
Smuaineamar peacadh na h-òig ;
Smuainmar fòst na thig' na dhéidh.

2. Smuaineamar na thig na dhéidh :
Gur e là na mòr-bhreith ;
Gach ni a rinneadh leinn 'san fheòil,
Cha 'n fhaodar na's mò a chleith.

3. Cha'n fhaodar na's mò a chleith,
Math no sath* do rinneadh leinn ;
Nuair chì sinn britheamh nan slògh
Tiochd oirnn 'sna neòil, 's an trump'd d' a seirm.

4. Nuair sheirmear an trumpaid mhór,
Cruinncheadar na slòigh ma seach ;
Gach neach thàrlas diubh beò,
Caochlaidh iad an dòigh 's am beachd.

5. Caochlaidh muir agus tìr ;
Caochlaidh gach nì as nuadh ;
Lìobhraidh an talamh suas
Gach neach chuaidh anns an ùir.

Gigh naigh ī choyh ainsin nuirh
Erih eadsin na noūh chorp
Is gaiphi gigh ānim sheilph
Ains chollin cheilg ī roh chlost

Ni ir choist i shin da ni chouyn
Glouyshider ea fo leah
Ni vahig vo hossigh tijmb
Liphri shea er chyn^{d} ni breah

Breah ver bouyh er gigh breah
Cha Vrighi leavreach ī ri
Hijhis ī kahir ni breah
Si ver kairt vreah er gigh ti

Gigh ti va kur ra oilk
Terbhir noighkt er ī laiūph chli
Karijr er i laiūph yeish
Gigh ti viis deish er ī chind

Gigh ti is deish er i chyn^{d}
Laūhri Brihi ruih gi kairt
Vo is beūhyn^{d} veannight sywe
Mahims ghūis nir peaghk

Mahims ghuis nir peaghk
Gaiphis sheilph chairt sī rijghkt
Choirrighe mahir vo hois
Guishin aind ī gloir gin chrijghe

Oir ir bhi ghoisin fo hairtt
Fo ouyghk, fo arkis, chon bais
Prison gin troir gin nairt
Houskle sywe kairt er mi chais

(or er)

Er bhi go^{m} mi choigrighe kein
Smi hreveller ains gigh bail
Reistle siwe ghois no meimb
Cha roūh ir teihphis go^{m} gain^{d}

6. Gach neach a chuaidh anns an ùir,
Eiridh iad sin* 'nan nuadh chorp ;
Is gabhaidh gach anam seilbh
Anns a' choluinn cheilg an robh 'n clost.*

7. Nior clost* an sin do na chuan ;
Gluaiseadar e fa leth ;
Na bhàthadh bho thoiseach tìm,
Lìobhraidh se air chionn na breith.

8. Breith bheir buaidh air gach breith :
Cha bhritheamh leth-bhreitheach an Rìgh
Shuidheas an cathair na breith,
'S a bheir ceart bhreith air gach tì.

9. Gach tì bha cur ri olc,
Tearbar a nochd* air an làimh chlì ;
Càirear air an làimh dheis
Gach tì bhios deas* air a chionn.

10. Gach tì is deas air a chionn,
Labhraidh 'm britheamh riù gu ceart :
" Bho is buidheann bheannaicht' sibh
Maithim-s' dhuibh-s' nur* peac'."

11. " Maithim-s' dhuibh-s' nur peac' ;
Gabhaibh-s' seilbh cheart 'san rìogh'chd
A chòirich m' athair bho thòs
Dhuibh-san* ann an glòir gun chrìch."

12. " Oir air bhi dhòmh-san fo thart,
Fo fhuachd, fo acras,* chun bàis,
Am prìosan gun treòir, gun neart,
Thuasgail sibh ceart air mo chàs."

(no 'air')

13. "Air bhi dhom a'm choigreach an céin,
'S mi 'm thréabhalair* anns gach ball,
Fhreasdail sibh dhòmhs 'nam fheum ;
'S cha robh ur taobh-s' dhom gann."

Two verses omitted heir
is on the other syde

Shin laūphri brihywe fois naird
Ruih fouire aijt er i laiph chlih
Oimbichie voymbsin gi braigh
Zuisi kais is kraijh gin chrijghe

For i bi Taversher ī pein
Angli sī chleir er faid
Veids nach dreinig rijws dhyle
Ri pijnti mi vrahri laigs

Oōmichi ead sho gi trouyh
Ziffrin ouire bi foūighk is tesh
Ghaiphs ga dūillighe i kais
Niir feih ead bais aind i fest

Ach oombi beūhind ī graij
Di foūire aijt er ī laiph yeish
Lahonis ni flah feile
O ewijn doisin ī treish

O eiwyn doisin ī treish
Ewijn doisin gigh ni chi
Ewijn vi kahir ni grais
Ewyn vi lahir ī Vrihiwe

Ewijn vi lahir ī Vrihiwe
Ewyn ī hichaih sī vouyh
Cha nedir ī chur ī keil
Mead ewnish ī nayt voūyn

Ewnis ea nach faighk sūile
Ewnis ea nach koūle klouyse
Ewnis ea nach dehid er chuil
Ghoysin da dorir mir ghoysh

16. Sin labhraidh am Brìth'mh fos n-àird
Riu fuair àit air a làimh chlì :
" Imichibh* bhuam-san gu bràth
Dh' ionnsaigh càis is cràidh gun chrìch,"

17. " Far am bi 'n t-abharsair am péin,
Ainglean 's a chléir air fad,
Mheud 's nach d' rinneadh ribh-s'* dìol
Ri piantan mo bhràithrean lag-s'."

18. Imichidh iad so gu truagh
Dh' ifrinn fhuair* am bi fuachd is teas* ;
Dhaibh-s', ge duilich an càs,
Nior faigh iad bàs ann am feasd.*

19. Ach imichidh buidheann a ghràidh
Do fhuair àit' air a làimh dheis,
Do fhlaitheanas nam flath féil'* :
O, 's éibhinn doibh-san an treis !

20. O, 's éibhinn doibh-san an treis ;
'S éibhinn doibh-san gach ni chì ;
'S éibhinn bhi 'n cathair nan gràs ;
'S éibhinn bhi'n làthair a' Bhrìth'mh.

21. 'S éibhinn bhi 'n làthair a' Bhrìth'mh ;
'S éibhinn a shìoth-shaimh 's a bhuaidh ;
Cha'n fhaodar a chur an céill
Meud éibhnis an àit' bhuain.

22. 'S éibhneas e nach faca sùil ;
'S éibhneas e nach cuala cluas ;
'S éibhneas e nach téid air chùl
Dhoibh-san d' an toirear mar dhuais.

Doysh is mo no gigh doysh
Ta soūis er neoph eg mi ri
Ewyn da gigh naigh ī ghloysh
Er chor sgi boūyhicher ī

Er choir sgi boūyhihmir ī
Smūynimir er krijgh ī skoil
Smūijnimir ir peaki bah
Smūynmir ī la fa yeoyh
Smūnmir ī la etc&

The two verses omitted
on y^{e} oy^{re} syde

Ach freggri eadsin i brihijwe
Qūin chūnikimir sywe fo hairt
Fo oūijghk fo arkis, chon bais
Si houiskle shijnd di chais kairt

Berrims deirph ghuiph
Houiskle sgir aind duih nach olk
Veids gin dreinig lyphs dhyle
Ra pijnti mi vrahri boighks

Gnea chūh di reiñig leish ī Skripher, naimb ī Vrahi vi neghin

Ri ni nesple dain sessū gi ladhir lijn
Dhijn shyn ī fest le di restle gin chail gin dhi
Vo is dū klessighe ver gressid slaint ī tijn^{d}
Ber le di yesslaiwe gin neisī assi chais syn

Ri ni krūin sgigh ūlli ī ta fo ni ghrein
Da leir gigh dhūin, sgigh mullaid, ghais orra fein
Vo saind vnnids ha ir mūñyn gi bragh no ir nerb
Dijn shin gin nūirrigh, vo chūñord, ī dairl heig

23. Duais is mò na gach duais,
Ta suas air nèamh aig mo Rìgh ;
'S éibhinn do gach neach a ghluais
Air chor 's gu'm buadhaichear ì.

24. Air chor 's gu'm buadhaichmar ī
Smuaineamar air crìch an sgeòil ;
Smuaineamar ar peacadh bàth,
Smuainmar an là fa dheòidh.
Smuainmar an là etc.

14. Ach freagraidh iadsan am Brìth'mh* :
" Cuin chunnaicmar sibh fo thart,
Fo fhuachd, fo acras chun bàis,
'S a thuasgail sinn do chàs ceart ? "

15. " Beirim-s' dearbhadh dhuibh,
Thuasgail—'s gur ann duibh nach olc—
Mheud 's gu'n d'rinneadh leibh-s' dìol
Ri piantan mo bhràithrean bochd-s'."

XXIV.

Gnè chumha do rinneadh leis an sgrìobhair an àm a mhnàth* bhi 'n éiginn.

1. Rìgh nan easbol dean seasamh gu làidir leinn ;
Dìon sinn am feasda le do fhreasdal gun chall, gun dìth ;
Bho 's tu 'n cleasaich bheir greasad slàint an teinn,
Beir le do dheas-laimh gun easbhuidh as a' chàs sinn.

2. Rìgh na cruinne 's gach uile a ta fo 'n ghréin,
D'an léir gach duine 's gach mulad dh'fhàs orra féin,
Bho 's ann unnad-s' tha ar muinghinn* gu bràth, no ar n-earb,*
Dìon sinn, gun fhuireach, bho chunnart an dàrla h-éig.

Ahir ni shoilsh, di chrūhihge Meidin is mraij
Gir leats mir aijrrighk gigh naigh is
Fūih einighk gi braijgh

Ach vri sgi bel kaywnis
Marr ruits gi seyphir gna
Ma gois smi feymigh
Mi chollaiphighe eighe agas la.

Ach vo taimb cho loighti
Sgin hoile mi anoighkir gigh tra
Hijwe ghrijwe ī korpre
Is dairph choisin ī bais
Ga taims ghoint
Is is loijtt er i kraij
No mi hea mi hoils
Ach di hoils vijs daijnt sī chais

Veids gir dus faird ljighe
Hūg Lazerūs rijst vo ni vais
Agas nihin Iaijre
Ta reish di vi ry er i lair
Ha di graisin cho brihoire
Si va ea da doos shin faist
Saind da di hijwsin Hjoirn
Ha mi zhuills ri sli ni slaint

Chaind slij gigh slaint
shea di graisin hraiis gigh mūirr
Gir dū hesrig ni brahri
assin nawin va grainoil ri kurr
Vo shead ir peckinin ladhir
ha tarrijn gigh kais er ir mūijn
Bij mi vūnijn is mairlaid
Aind mi lanior baijgh maighk Mūir

Vijck Muir si Hrinoild
Di zullin Pyn agas kreighk
A leh gigh oin chrijsti
Gaifis arhi no yiwini pein

3. Athair na soills', do chruthaich* maighdeann is mnàth,
Gur leats' mar oighreachd gach neach is
Fiù fhoighneachd gu bràth ;
Ach bhrìgh 's gu'm beil* coibhneas
Mar riuts' gu saibhir ghnàth,
Math dhòmhsa, 's mi feidhmeach*
Mo chomh-leapach oidhch' agus là.

4. Ach bho taim cho lochdach
'S gu'n thoill mi an-shocair gach tràth
Thaobh ghnìomhannan* corporra
Is dearbh choisinn am bàs,
Ge taim-sa' goint' as,
Is lot air a chràdh,*
Na ma h-e mo thoil-s'
Ach do thoil-sa bhios dèante 'sa chàs.

5. Mheud 's gur tus' f'* àrd-lighich
Thug Lazarus rithist bho 'n bhàs,
Agus nighean Iaruis
Tairéis dith bhi 'n righ' air an làr.
Tha do ghràsan cho brìoghmhor
'S a bha iad d'an dìs sin fàst* :
'S ann do do thaobh-san, a Thighearn,
Tha mo dhùil-sa ri slighe na slàint'.

6. Ceann-slighe gach slàint',
'S e* do ghràsan a thràghas gach muir ;
Gur tu theasraig na bràithrean
As an àmhuinn bha gràineil r'an cur ;
Bho 's iad ar peacannan làidir
Tha tarruinn gach càis air ar muin,
Bidh mo mhuinghinn is m' eàrlaid
Ann mo shlànuighear bàidheach, Mac Muir'.

7. A Mhic Muire, 's a Thrìonaild*
Do dh' fhuilinn pian agus creuchd
A leth gach aon chrìosdaidh
Ghabhas aithridh 'na ghìomhannan péin,

Veids gir dus rein dhile
Lea di hoile vah no ir griwre breig
Mah ghūin gi shirhi
ir peckinin dhiwhir gi leir

Gir eid mi pheckini moir
Pha mi vroins gigh la
Cha noimbird lūghk soilj
rein mi leoin no mi chrai
Ach mīsk is stripighk is poijt
rein mi moigolighk vaih
Mar ri bristig ī Donighe
is mijñin moir di gna

Gna lyn vi ri mijñin
nach oimbrighe ir creid
Ri saijnt agas ghinnigh
aind ī noinid deo cheil
Gin nair gin nahig
ri vi laphird ni breig
Ach dain troikre oirn fahist
Vo dus ir nahir ir nehid

Ach eihd agas ahir
haind ī kahir ni keoile
Aūphrik oirn vo di lahis
hovir mahonis dūynd
Aind ir saijnt aind ir gahel
aind nahis ir beoile
Aind ir breig aind ir neigh
aind naijhir ir noig

Troū troū corr ni hoig
kiigh moir ī is dhi keil
Gogh, ir lesgle sin dois
no mi ghoyverti pein
Leūid barligi soghlik
chūr di gloirs go^{m} keil
Lea frestle ī toijrs
di ghordich maighk dhe

Mheud 's gur tusa rinn dìoladh
Le do thoil mhaith 'nar gnìomhran bréig,
Math dhuinne gu sìorruidh
Ar peacannan dìomhair gu léir.

8. Gur iad mo pheacannan mòr
Fàth mo bhròin-s' gach là ;
Cha 'n e iomairt luchd-seòl'
Rinn mo leòn no mo chràdh ;
Ach miosg is strìopachd is pòit
Rinn mi 'm ògalachd bhàith,
Mar ri bristeadh an Dòmhnaich
Is mionnan mòra do ghnàth.

9. Is gnàth leinn bhi ri mionnan
Nach iomraich ar creud ;
Ri sannt agus gionach
Ann an ionad deagh chéill ;
Gun nàire gun athadh
Ri bhi labhairt nam breug ;
Ach dean tròcair oirnn fathast
Bho 's tus' ar n-athair 's ar n-eud.*

10. Ach eud agus athair
Th' ann an cathair nan ceòl,
Amhraic oirnn bho do fhlaitheas,
'S thobhair mathanas duinn*
Ann ar sannt, ann ar gaile,*
Ann an aithis ar beòil,
Ann ar breathadh*, ann ar naidheachd,*
Ann an aighear ar n-òig.

11. Truagh, truagh cor na h-òige :
Cuthach mòr i is dìth céill ;
Gachar* leisgeul sin dòmhsa
'Na mo dhò-bheartan péin ;
'S a liuthad bàirligeadh sò-ghlic
Chuir do ghlòir-s' dhom an céill,
Le freasdal an t-seòrsa
Do dh' òrduich Mac Dé.

Vijck dhe vo saind vnnids
ha ir mūnnijn gi taijnd
Veids gir dus rein fullig
Ghoirt fuyle er ir keūind
chj ū fein vijck Mūirr
fa ir mūlloid si naimb
Dhyn shin vo chūnoird
Gigh ulli zijn faind

Mirr huggi leat Jonas
a ijsk moir ī vūirr vayt
Mirr hoirig leat Joseph
gin leoin as gigh kais
Vo oimbird mra shoilt
mynd ī feoile er ī krai
Dhyn shin vo ir doyvert
is vo ghorijn ī vais

Cha nea bais chuirp pheckich
ha mi faighkin vo mi chri
No oimbhird mi chardi
Gad harighe ead mi
Ach oijr nach beher trahig
er di ghrasin chijh
Veids gir dū rein ir kannigh
No legs ir nānimb ī chlij

Ach noūr skarris ī tañimb
Vo ni chollin gin vri
Na taggir vs orrin
Gigh dolli rein syn^{d}
Ach foskls dorris reh
Karrigh di hi
Zhūin ī foighir ni nangle
Skimb ī bennight ū ri
Ri ni nesple etc&

12. Mhic Dhé, bho 's ann unnad-s'
Tha ar muinghinn gu teann,
Mheud 's gur tusa rinn fulang,
Dhòirt fuil air ar ceann,
Chi thu féin, a Mhic Muire,
Fàth ar mulaid 'san àm ;
Dìon sinn bho chunnart,
'S gach uile dhinn fann.

13. Mar thugadh leat Iònas
A iasg mòr a' mhuir-bhàit,*
Mar shaoradh leat Ioseph
Gun leòn as gach càs,
Bho iomairt mnàth seòlta,
Miann na fèol'* air a cràdh,
Dìon sinne bho 'r dò-bheart
'S bho dhòruinn a' bhàis.

14. Cha 'n e bàs a' chuirp pheacaich
Tha mi faicinn bho m' chrìdh,
No iomairt mo chàirdean,
Ged shàraich iad mì ;
Ach fhir nach beir tràghadh
Air do ghràsan a choidhch',*
Mheud 's gur tu rinn ar ceannach,
Na leig-s' ar n-anam a chlaoidh.

15. Ach nuair sgaras an t-anam
Bho na choluinn gun bhrìgh,
Na tagair Thus' oirinn
Gach dolaidh rinn sinn ;
Ach fosgail-sa dorus
Réidh cathrach do shìth
Dhuinn am fochair nan aingeal ;
'S gu ma beannaicht Thu, Rìgh.
Rìgh nan easbol etc.

Krossanighk Alister M'Cuistan

Mi chomri oirt a ri
Ffoūind mi chri smi rūin
Cha neydir leoūmb vi beo
Mi hroir er kurr reūm kuil

Ochadoin o zhe
Mi chorp kre rein olk
Ni keidfa huggis dūin
eads mi rūin dam loatt

Kyle foūrris vohitt
beal, is kloūis, is roisk
Nahvid dom chon meig
Mi laiph, is keimb ni kois

Fferg is meinvijn vhijh
Hearg mi chri, ram hreis
Oimbhird, agas oale
Gimbighk si neoil bras

Ardan agas oyle
Fayrmid trouh is breig
Soyller yūin gi foilph
Mir ghuill ghorm ni geig

Sivill, saijnt, si neoil
Trūir da koir gigh loijh
Shaill von choisnimb tearg
Och nach marph di vijm

Gigh olk reiñis reūhwe
Mi chorp krea da rijne
Bannall agas keole
Laiñān oale is fijne

XXV.

Crosanachd (le)* Alasdair Mac Uisdein.

1. Mo chomraich ort, a Rìgh ;
   Fonn mo chrìdh 's mo rùn !
   Cha'n fhaodar leam bhi beò,
   'S mo threòir air cur rium cùil.

2. Ochadòin, O, Dhé !
   Mo chorp cré rinn olc ;
   Na ceudfaith thugas duinn,
   Iad-s' mar aon d' am lot.

3. Ciall fuaras bhuait ;
   Beul is cluas is rosg* ;
   Nàmhaid dom chun m' éig :
   Mo làmh is ceum nan cos.

4. Fearg is m' ainmhiann bhaoth
   Shearg mo chrìdh ri m' threas* ;
   Iomairt agus òl
   'G imeachd 'san fheòil bras.

5. Ardan agus uaill,
   Farmad truagh is breug,
   Is soilleir dhuinn gu'm folbh
   Mar dhuille ghorm nan geug.

6. An saoghal, an sannt 's an fheòil :
   Triùir* d'an còir gach laoi* ;
   Seal bho'n choisnim t' fhearg,
   Och, nach marbh do bhìm.

7. Gach olc a rinneas riamh,
   Mo chorp criadha do rinn :
   Bannal agus ceòl,
   Leannan, òl is fìon.

Ta is mi hen erher leayh
Nonor zhe is no ainmb
Deanim kravig troūmb
Troigmid foūind ni salm

Troū nach shiinin krūitt
Mir Davi zuitt ī zhe
Viig mi chravi boūyn
is dain lea foymb ni teiid

Vi mi chri brūit
Ma gigh cūis ī reind
Mi hūile ra shilli yeoir
Hijnind di gloir vijne

Vo hūiggin di ghearmb
Ghūyn tainmb gigh la
Tangle da ir dhine
Chaiile ir griwes ir graij

Troū di horrig i chre
araigh nijr ea aimb
Smūjnimb ains gigh kais
Toūyn fouir bais si chran

Mi chomri oirt Ise
Oir ni troūmb leatt bais
Er kaind fa Ise
Er chaind i tloij cheis

Chesig maighk Muirr
Chon reijt yūin ūlli
Er ska gyle ni krūini
Gah roh hywe di chuirrig

Chuir er chaind vijck Dhe
Corroūn ni rijn geii
Tarnhi ro vois mhi
Mir vairligh chesig ea

8. Tathas* a'm shean fhear liath ;
An onoir Dhia 's 'na ainm
Dèanaim cràbhadh trom ;
Trogmaid fonn nan salm.

9. 'S truagh nach seinninn cruit
Mar Dhàbhaidh dhuit, a Dhé ;
Bhiodh mo chràbhadh buan,
Is dian le fuaim nan teud.

10. Bhiodh mo chridhe brùit'
Mu gach cùis a rinn ;
Mo shùil ri sileadh dheòr,*
Is sheinninn Do ghlòir bhinn.

11. Bho thuiginn do ghairm
Ghuidhinn T' ainm gach là ;
T' aingil do ar dìon :
Chaill ar gnìomh-s' Ur* gràdh.

12. 'S truagh do thoradh, a chré ;
Earrach nior e àm ;
Smuainim anns gach càs
An t-uan fuair bàs 'sa chrann.

13. Mo chomraich ort, Iosa—
Oir ni trom leat beus*—
Air cheann-fàth Iosa,
'S air cheann an t-slòigh a cheus.*

14. Cheusadh Mac Muire
Chun réite dhuinn uile ;
Air sgàth gaol na cruinne
Gath tromh* thaobh do chuireadh.

15. Chuireadh* air cheann Mhic Dhé
Corùn* nan rinn geur,
Is tàirngean tromh* bhois mhaoith ;
Mar mheàirleach cheusadh è.

Chuirrig Ise si noūhi
No ly shay tra
Di vhi nijfrin treish
Gherighe i tres la

Mur shin zuillin bais
Veids bi dhūn zis
Ga dolligh i kais
Ha ea torrigh da tools

Shools ahū ulli
Ffails fa ī toille
De dortig oill
Gin graih er vaighk mūir

Shea maighk Muir hrein
Ni gigh dūin zhyn
Is daillig er ir keil
Gin shoyllig er i ghriwe

Ghriwe rein Ise
Ghūillin pijnti bais
Hug ni sloij vo ghirs
Maighk oij ni grais

Shea Ise ni fairtt
Ri fa moir oighk
Ni feire agas gairt
Ni green agas snaighk

Ri ī fahi foirin
Ni traig is lynig
Ni gigh duill chrinig
Ni gigh ūilli oinig

Mi chri ta troūmb
Ochadoin meid mūilk
Vo is dhuit hūgis moūind
Kūirrimb comri oirt
Mi chomri oirt o ri

16. Chuireadh Iosa 'san uaigh
'Na luighe sè tràth ;
Do bhi 'n ifrinn treis ;
Dh' éirich an treas là.

17. Mar sin dh' fhuiling bàs
A mheud 's bu duine dh' Ios ;
Ge doilich* an càs,
Tha e torach do 'n t-sìol-s'.

18. An sìol-s' Adhaimh uile,
Falls' fàth* an toile
De'n dòrtadh fhola,
Gun ghràdh air Mhac Muire.

19. 'S e Mac Muire bu thréin'
Na gach duine dhinn ;
Is dalladh air ar céill
Gun sealladh air a' ghnìomh.

20. An gnìomh a rinn Ios' :
Dh' fhuiling piantan bàis ;
Thug na slòigh bho dhaors'
Mac Oigh nan gràs.

21. 'S e Iosa nam feart
An rìgh fa mór iochd,
Ni fiar* agus gart,
Ni grian* agus sneachd.

22. An rìgh am faighinn fìrinn,
Ni tràghadh is lìonadh ;
Ni gach duille chrìonadh ;
Ni gach uile ìonghnadh.

23. Mo chridhe ta trom ;
Ochadòin, meud m' uilc* !
Bho is duit thugas m' fhonn,
Cuirim comraich ort.
Mo chomraich ort, O Rìgh.

Oin do reīñig leis ī skripher

Och ochoin zhe
Troūh mi skeil noighk
Pha arhi ghom chon meig
Veids ī rein^{d} mi loighk

Eg veids i rein^{d} mi loighk
Cha leir do^{m} ī toūghk pairt
Tahir da mi zhijne
Vo^{m} phecki dijwhir bais

Mi phecki diwhir bais
Hormb mir chais mir heyn
O ahir ni grais
Airrigh gigh ni rein^{d}

Airrigh lehids ī rein^{d}
Zheh di reirs o ri
Moijn mi chollin chrea
Gi bea reuh mi grijwe

Gi bea reūh mi grywe
Ra lyn^{d} do^{m} bi oig
Konnis agas strijh
Strijpichis is poyt

Strijpichis is poijt
Mynin moir gin sta
Bristn ni la noiph
Bea mi ghijls ī gna

Bea mo ghyls ī gna
Mi hoil fein smi ghoy
Goimbighk ī baihi
Aind ī lahi moig

XXVI.

Aon do* rinneadh leis an sgrìobhair.

1. Och ochòin, a Dhé !
   Is truagh mo sgeul an nochd ;
   Is fàth aithridh dhom chun m' éig
   Mheud 's a rinn mi lochd.

2. Aig a' mheud 's a rinn mi lochd,
   Cha léir dom an t-ochdamh* pàirt ;
   An t-Athair do mo dhìon
   Bho m' pheacadh dìomhair bàis.

3. Mo pheacadh dìomhair bàis
   Th' orm mar chàs 's mar theinn ;
   O, Athair nan gràs,
   'S aithreach gach ni rinn.

4. 'S aithreach a lughad 's a rinn
   Dhe do riar-s', O, Rìgh ;
   Miann mo choluinn chriadh,
   Gu'm b'e riamh mo ghnìomh.

5. Gu'm b'e riamh mo ghnìomh
   Ri linn dom bhi òg,
   Conas agus strìth,
   Strìopachas is pòit.

6. Strìopachas is pòit ;
   Mionnan mòr gun stàth ;
   Bristneadh* nan là naomh,
   B' e mo dhìol-s'* a ghnàth.

7. B'e mo dhìol-s' a ghnàth
   Mo thoil féin 's mo dhòigh ;
   'G imeachd am bàthaibh*
   Ann an làithean m' òig.

Ach shin mir chais moig
Och ochoin o zhe
Noūire hainis chon ois
Chad chighle mi beis

Chad chighill qūyd zē veis
Ni mo hreig mi toilk
Oire aind i meahan mois
Cha lonchris mi chorp

Cha lonchroos mi chorp
Eg ghinnighs eg saynt
Ffairmid ri qūijd chaighe
Tairgid gir ea baūis

Tairgid i bains
Leūmbs no gigh sheid
Gad hairlin ea gin choir
Mi ghoyh cha bi leir

Cha bu leir roʰ choir
Ach mi ghoghis fein
Mi heole reinᵈ mi leoin
Och ochoin o zhe

Och ochoin o zhe
Trouh mi skeil o ri
Cha di hreig mi toilk
Ach ni hreig i toilk mi

Chad hreig i toilk mi
Ach ni hreig mi nairtt
err oilk ī chūr ī grijwe
Smoid ī mijwe aᵇ pheaghk

Smoid i mijwe aᵇ pheaghk
Nach di chaighin mi lonchroose
Tūigks vi aggim zho
Lo veahan moos

8. Ach sin mar chaitheas m' òig'—
Och ochòin, O Dhé ;
Nuair thàineas chun aois,
Cha do chaochail mi beus.

9. Cha do chaochail cuid dhe m'* bheus ;
Ni mò thréig mi'n t-olc ;
Oir ann am meadhon m' aois
Chaidh lon-chraos a'm chorp.

10. Chaidh lon-chraos a'm chorp
Aig gionach 's aig sannt ;
Farmad ri cuid chàich :
An t-airgead gur e b'anns'.

11. 'S e 'n t-airgead a b' anns'
Liom-s' na gach seud ;
Ged thàrlainn e gun chòir,
Mo dhòigh cha bu léir.

12. Cha bu léir dhomh a' chòir,
Ach mo dhòchas féin ;
Mo sheòl rinn mo leòn—
Och ochòin, O Dhé !

13. Och ochòin, O Dhé !
Truagh mo sgeul, O Rìgh !
Cha do thréig mi 'n t-olc
Ach na thréig an t-olc mì.

14. Cha do thréig an t-olc mi
Ach na thréig mo neart
Air olc a chur an gnìomh ;
'S mòide m' fhiamh am peac'.

15. 'S mòide m' fhiamh am peac',
Nach do sheachainn* mi lon-chraos—
An t-uchd-s' bhiodh agam dhò
Lò mheadhon m' aois !

Lo veahan moose
Ni mi moossid kairtt
Ruitts o ri ni gloir
Vo is dū mi hroire smi naijrtt

Vo is dū mi hroir smi nayrtt
Tesrig mi von vais
Gleisis gigh naigh
Viis peaghkigh fois keūind chaiighe

Ha imb peckigh fois keūind chayghe
Cha nacheh mi mi ghijph
Hovir ahir ni grais
Baij ghom a lehe Chrijst

Baij a lehe Chryst
Haimb ghrisid oirtt
Veids gin dreind ea dijle
A lehe ghywe is loighk

A lehe ghywe is loighk
Gigh peghkigh airrigh heind
Shea zūillin i bais
Hoole ahū bi veynd

Hoole ahū bi veynd
Bais zūillin ū
Vijck oij ni grais
Kūir mairsighk er chuil

Kuir mairsighk er chuil
Dains meūle gi beaghk
Er slihi ni grais
Faig mi chravih kairt

Faig mi chravih kairt
Meid o zhe mi graihi
Gigh essi herr mi chreid
fein gigh la
Lessighe

16. Lò mheadhon m' aois—
Ni mi m' fhaosaid ceart
Riuts', O Rìgh na glòir,
Bho 's Tu mo threòir 's mo neart.

17. Bho 's Tu mo threòir 's mo neart,
Teasraig mi bho 'n bhàs
A dhleasas gach neach
Bhios peacach fos cionn chàich.

18. Thaim peacach fos cionn chàich ;
Cha'n àicheadh mi mo ghìomh ;
Thobhair, Athair nan gràs,
Bàidh dhom a leth Chrìosd.

19. Bàidh a leth Chrìosd
Thaim a' grìosad ort,
Mheud 's gu'n d' rinn e dìol
A leth ghìomh is lochd.

20. A leth ghìomh is lochd
Gach peacaich aithrich, theinn* ;
'S e dh' fhuilinn am bàs :
Do shìol Adhaimh bu mheinn.*

21. Do shiòl Adhaimh bu mheinn
Am bàs a dh' fhuilinn Thù ;
Mhic Oigh nan gràs,
Cuir m' àrsachd* air chùl.

22. Cuir m' àrsachd air chùl,
Dean-s' m' iùl gu beachd
Air slighe nan gràs ;
Fàg mo chràbhadh ceart.

23. Fàg mo chràbhadh ceart,
Meud,* O Dhé, mo ghràdh ;
Gach easbhuidh th' air mo chreud,
*Leasaich féin gach là.

Lessighe
fein gigh la
Mi, aind di ghrasin Ise
Mah ghom ni rein mi oig
Troirighe mi no moos

Troirighe mi no moose
Kiighills mi veis
Hoir arhi ghom na sloir
Shaill ma deijd mi eig

Shaill ma deyd mi eig
Dain mi rehit o ri
Ski foisrighein fa yohy
Gin doinighe ū ghom shi

Gi doinighe ū ghom shi
Ski moonighe ū gi rea
Ni peacki rein^{d} mi leoin
Och ochoin o zhe
Och ochoin etc&

Krossanighk
di greah chollodri eddir ī Chollin si Tannimb di reiñig leish ī Skripher

Chollin) Choūhlis gūh er vaidhin
Smi mi chaidle i monhir
Tan : Cha ni choir ī haggid
Vi lay faid die donich

Chol. : Zheihrich mi gi hagach
Na maign ma bijre ghois
Ko sho ni taggir, ormb
Leish i teiggisk nohis

Hūird guh is ea freggir
Tan : Mish tannimb ouysle
No gaiph fijwe no egle
Ro mi heigisk noūhis

24. Leasaich féin gach là
Mi ann do ghràsan, Ios' ;
Math dhom na rinn mi òg,
Treòraich mi 'nam aois.

25. Treoraich mi 'nam aois ;
Caochail-sa mo bheus ;
Thoir aithridh dhom na's leòr
Seal mu'n téid mi eug.

26. Seal mu'n téid mi eug
Dean mo réit', O Rìgh ;
'S gu'm fiosraichinn fa dheòidh
Gu'n deònaich thu dhom sìth.

27. Gu'n deònaich thu dhom sìth,
'S gu'm mìnich thu gu réidh
Na peacaidh rinn mo leòn :
Och ochòin, O Dhé !
Och ochòin etc.

XXVII.

Crosanachd

de ghnè chomh-luadar eadar a' choluinn 's an t-anam, do rinneadh leis an sgrìobhair.

1. A' Cholunn : " Chualas guth air mhaduinn,
'S mi a'm chadal a'm ònar " :
An t-anam : " Cha'n i chòir a th'agad
Bhi laighe fad Di-dòmhnaich."

2. A' Chol : Dh' éirich mi gu h-agach
'Nam aigne, ma b' fhìor dhòmhsa.
" Có so ni tagar* orm
Leis an teagasg nòdh-sa* ? "

3. Thubhairt guth is e freagar :
An t-an : " 'S mise t' anam uasal ;
Na gabh fiamh no eagal
Romh mo theagasg nuadh-sa."

Chol. : Shea lain di veahis anmyn
Oinvijn leūimb di chaiddri
Hoir zhūin pairt yehed henchis
Gi lainvyn er di chreddi

Tan : Hijlins gi bhijr shin
Ach fijwigh mi ro di chaiddri
Ghlessid ū dū di chrijsti
Kijghla grijws vi aggid

Chol. : Gi dehe grijwe ī taggim
Smi mi chaidle gi koirrid
Gi behell mi ski lain arteile
Vo heighon gois ī donighs

Ta : V fein is fa da tartdell
Vo heighoin gois ī lo shin
Chollin vreigigh pheaghkigh
Trouh ī taijt ī taski gois ū

Achs eiddir ghom vi ūijld
Da ni chūight is aird
Ga ta mi lebbi cūhig
Ach i ghuih i bais ū

Cha neah shin fa maighkijn
Ach mir chlaikir leat i Donigh
Gi karighe ū mj nūihirn
For i bi kūh is doihrin

Cho. : Shin di reggir mish
Smi kliskig gi hairloūh
Sainds koisvell vs nish
Ri feher misk is kairrain

Tan : Chollin ī chollin
Hijle leat gi bū fein mi
Cha neill misk no karan ormb
Gir nair ruitt vi bregigh

4. A' Chol : " 'S e làn do bheatha-s', anmain ;
Ionmhuinn liom do chaidreabh ;
Thoir dhuinn pàirt dhe d' sheanchas,
Gu leanmhuinn air do chreideamh."

5. An t-an : " Shaoilinn-s' gu'm b' fhìor sin ;
Ach 's fiamhach mi romh d' chaidreabh ;
Dhleasadh tu dù do Chrìosd
An caochladh gnìomh-s' bhi agad."

6. A' Chol : " Gu dé 'n gnìomh a t' agam,
'S mi a'm chadal gu còiricht' ?
Gu'm beil mi sgìth làn airtneil*
Bho sheachdain* gus an Dòmhnach-s'."

7. An t-an : " Thu féin is fàth do d' airtneil
Bho sheachdain gus an lò sin ;
A cholunn bhreugach, pheacach,
'S truagh an t-àite tasgaidh dhòmhs' thu."

8. " Ach 's fheudar dhom bhi umhailt
Do na chumhachd is àirde ;
Ge ta mo leabaidh cumhang
Ach an guidh am bàs thu."

9. " Cha 'n e sin fàth m' acain ;
Ach mar chleachdar leat an Dòmhnach ;
Gu'n càirich thu mi 'n iutharn*
Far am bi cumha 's dòruinn."

10. A' Chol : An sin do fhreagair mise,
'S mi clisgeadh gu h-eàr-luath,*
" 'S ann is cosmhuil thusa nise
Ri fear misg is cànrain."

11. An t-an : "A cholunn, a cholunn,
Shaoil leat gu'm b' thu* féin mi ;
Cha'n eil miosg no cànran orm :
Gur nàr dhuit bhi breugach."

Ach smiñig ī va vs
Ga gluittig gi sairvah
Mish ī steih i tuighks
Gijs zuitt bhi grainoile

Gad vij^{d} ū nerrighkis
Zhe bi derroile dois ea
Cha bear leat oūire eill yi
No derri la die donighe

Chol. : Di reggir mi foisnysill ea
Cha nijgh leoūmb hijn di choras
Gir trouh i derrig cōmijn duitt
Vi shoyllerighk mi yoyveart

Ach mas haind ma vristig donighe
Ha koreaghks ī tairris
Cha daintir ghriwe na fonig
Mij yoijn ainsin veallis

Tan : Ha koreaghk ormb gin naverris
Mir chahir leats ī Donigh
Ach err ī veid da laūphir ū
Cha newhir aijre ghois ea

Sgin lūhig dhe shaij la zuitt
Chahi ri di hihire
Ghordighe ea gin naverris
La duih chūmvell noiph

Cho : Na shoyli dū ghois
Mirr īs koir doh chlaikig
Cha vristn ea lea^{m} yoyveart
Da mi zoyn ī feist

Tan : Hoylin shin duitts
Na tūiggi dū voymb ea
Ghuiski dū si vaiddin
Vijg taignig soire vo aūhas

12. "Ach 's minig a bha thus'
'Ga glutadh gu sàr-mhath,
Mise stigh a'd uchd-s'
Ag ìnnseadh dhuit e* bhi gràineil."

13. " Ged bhiodh tu 'n eireachdas
Dhe 'm bu deireil* dòmhs' e,
Cha b' fhèarr leat uair eile dhith
Na deireadh là Di-dòmhnaich."

14. A' Chol : Do fhreagair mi fos n-ìosal e :
"Cha'n fhiach liom fhìn do chòmhradh-s' ;
Gur truagh an deireadh comuinn duit
Bhi soillearachd mo dhò-bheart."

15. "Ach ma's h-ann mu bhristeadh Dòmhnaich
Tha 'n còmh-reachd-sa a'd aire-s',
Cha deantar an gnìomh na'm fòghnadh
Mo dheòin anns an mhealladh-s'."

16. An t-an : " Tha còmh-reachd orm gun amharus
Mar chaithear leat-s' an Dòmhnach ;
Ach air a' mheud do labhair thu
Cha'n aobhar aire dhòmhs' e ; "

17. " 'S gu'n lùdhaig Dia sè latha dhuit
A chaitheadh ri do shaothair ;
Dh' òrduich e gun amharus
La diubh chumail* naomha."

18. A' Chol : " Na 'n seòladh tu dhòmhsa
Mar is còir domh a chleachdadh,
Cha bhristinn e le m' dhò-bheart
De mo dheòin am feasda."

19. An t-an : " Sheòlainn sin duit-sa
Na 'n tuigeadh tu bhuam e :
Dhùisgeadh tu 'sa mhaduinn ;
Bhiodh t' aigneadh saor bho fhuathas.'

Aind i naimb zuitt ehri
Bejmoile duitt di chashrijg
Aind i naimb ni trynoild
Ni chrighnichig di vaistnig

Noūre churri dū ort teihdigh
Mir beīhōile di yehr haittimb
Reaghtū er di ghlūni
Zainū tuirse a leh di pheaghki

Gūih dū Dhe ī Tahir
A leah vyck Ise
Ea yoinighi mahonish
Aind ī tah is taile ghrivir

Heūli dū gin saigharan
Ma shaighnig ea aimb dhijtt
Gheistnighk tūilli teiggisk
Aind ī negglish di chyle skijre

Aind sin gaiphell rahid duitt
No laūhir ach ī noorrin
Bi deirph gi feyh ū aind
Di reyhirg lough di hoorh

Ach na bisi dichoynnigh
Ma chitijr leat ni boighkti
Er nhi hovird noosid daij
Mir ghordighe Christ is Ostle

Nouire heid ū steagh i neglish
Er feheri heiggisk bi qūijnigh
Na bijg tijntine merranigh
Hovir airh er gigh nhi chlūyn ū

Darr hig ū maigh dhehi sho
Marr ī reih leat bi toñir
Teihs chommin leihoile
No teihle lūighk ni poijt

20. "Ann an àm dhuit éirigh
B' fheumail duit do chaisrig
Ann an ainm na Trìonaild
'Na chrìochnaicheadh do bhaistneadh."

21. " Nuair chuireadh tu ort t' aodach
Mar b' fheumail* do dh' fhear t'aitim,*
Rachadh* tu air do ghlùinean
Dheanamh tùrs' a leth do pheacaidh."

22. " Ghuidheadh tu Dia an t-athair,
A leth a Mhic Iosa,
E dheònachadh mathanais
Ann ad ath is t' uil ghnìomhra."

23. " Shiùbhladh tu gun seacharan,
Mu'n seachnadh e àm dìota,
Dh' éisdneachd tuilleadh teagaisg
Ann an eaglais do chill-sgìre.

24. "An sin a' gabhail rathaid duit,
Na labhair ach an fhìrinn ;
Bi dearbh gu'm faigh thu ann
Do radharc luach do shaothair.*"

25. "Ach na bi-sa dìochuimhneach,
Ma chìtear leat na bochdan,
Air nì a thoirt an iasaid daibh,
Mar dh' òrduich Crìosd is Ostail.*"

26. " Nuair théid thu steach an eaglais
Air fear an teagaisg* bi cuimhneach ;
Na biodh t' inntinn mearanach ;
Thoir air' air gach ni chluinn* thu."

27. " Dar thig thu mach 'na dheaghaidh so,
Mar tha'n roghadh leat, bi 'd ònar ;
Tagh-sa comunn laghail ;
Na tadhail luchd na pòite."

Bi furranigh kairdigh
Rish ni brahri kaijrt
Na gaiph fywe no naijr
Ged zain ū kaigh haighnū

Shūihill rijst gin saighcharan
Gaighi zūisi d heihlighe
Gigh nhi choūlis leats
Aijrhis daij is meihrighe

Cho : Dūskig aind mi leibbi dom
Si kaidle er mi voyrrig
Shin ī skeil mir haighir
Gaihrrish mi mir choūle
Choūylis ghūh etc&

Krossanighk
dī reinig lea Murchig maighk vick cūrchi si naimb ni reackig Ri Tairligh ano : 1648

Olk ī teiphir oūhphir
Ghlaighk ī sivill aūphir
Ni vell sea ach nophir
Mirr zūill gheig si daphir

Mirr zūill ni gheig
No koip tūijn er farkh
Mirr vhūn bla breig
Mirr vheimb strūh ri kairk

Mirr zaijlt ro noihn
No snaighk naimb grein
Smiñig shojh fo ghorin
is Dhij gin voran pein

28. " Bi furanach is càirdeach
Ris na bràithrean cearta ;
Na gabh fiamh no nàire
Ged dhèan* thu càch a sheachnadh."

29. " Siubhail rìst gun seacharan
Dhachaidh dh' ionnsaigh d' theaghlaich ;
Gach ni a chualas leat-sa,
Aithris daibh is meamhraich."

30. A. Chol : A' dùsgadh ann mo leabaidh dom,
'S an cadal air mo bhuaireadh,
Sin an sgeul mar thachair ;
Dh' aithris mi mar chuala.
Chualas guth etc.

XXVIII.

Crosanachd
do rinneadh le Murchadh Mac Mhic Mhurchaidh 'san àm 'na reiceadh Righ Teàrlach, Anno : 1648.

1. Olc an t-aobhar uabhair,
Ghlac an saoghal àmhghar ;
Ni 'm bheil se ach nòdharr*
Mar dhuille géig 'san dàmhair.

2. Mar dhuille na géig ;
No cop tuinne air fairge ;
Mar mhuin* blàth-bhréig ;
Mar bheum struth ri cairge.*

3. Mar dhealt romh nòin ;
No sneachd an àm gréin ;
'S minic saoi fo dhòruinn,
Is daoi gun mhóran péin.

Mūr shin korr i tivill
Kailgigh ea ga loihor
Hig ea er naigh siphoill
Naigh ga hijr ryh aūphir

Qūirrimb Drūimb ri chombin
Qūirmb oimbloūh nach fannig
Evirr beid da nannimb
Graijh da ni vreigs chollin

Graijh i noire si nailli
Heg ni sloij ga Dūilli
Vo chardis gin channigh
Go ardans go gijnnigh

Kris i beah mailli
Heg i deophin oulli
Chon i tloij i vaillig
Don ī noijh gin torrig

Kead aighk ī tastle breig
Kois chemū ni fairkh
Lah ni foorin forijn
Vi brah ī ri chyn^{d} argid

Is dail gigh naigh nach koūle
Beaghk ī skoil mir harlig
Vo ghlaigk ī troigh oirn oūghkir
Gi foihin kroighe da zijllig

Gi bea Tudas fails
ī Sudir da ni ghrijws
Voyl ea phloghk sī noylsh
Doij gir olk zhils

Mur shin is trouh ī chlūip
Ghais gi boūin na korp
Goale i Ri lea glūitt
Mūill chri ghaij olk
Olk ī teiphir etc&

LETHBHREAC NA LAMH-SGRÌOBHAINN

(Feuch lethtaobh 116).

TEÀRLACH I.
Rìgh Bhreatuinn.

TEÀRLACH II.
Rìgh Bhreatuinn.

Photos., Rischgitz Collection.
(I. From the Portrait by Sir Anthony Van Dyck.)
(II, From the Portrait by Sir Godfrey Kneller.)

4. Mar sin cor an t-saoghail ;
Cealgach e gu leòr ;
Thig e air neach sìothmhuil* ;
Neach 'ga shiòr-ruith àmhghar.*

5. Cuirim druim ri chomain :
Cuirim iomluath* nach fanadh ;
Aobhar beud do 'n anam
Gràdh do na bhréig-s', a cholunn.

6. Gràdh an òir 's an ealaidh*
A th' aig na slòigh gu dealaidh,*
Bho chàirdeas gun cheannach
Gu àrdan 's gu geanach.*

7. Craos a' bheach-meala*
Th' aig an deamhan ullamh
Chun an t-slòigh* a mhealladh
Do'n an iath* gun toradh.

8. Ceud achd an tasdail* bréig :
Cois-cheumaibh na fairge ;
Lach na firin fòirinn* :
Bhi brath an rìgh chionn airgid.

9. Is dall gach neach nach cuala
Beachd an sgeòil mar thàrladh ;
Bho ghlac an troich oirnn uachdar
Gu'm foghainn croich d'a dhìoladh.

10. Gu'm b'e 'n t-Iudas fallsa
Is ùghdar do na ghnìomhsa ;
Bhuail e ploc 'san uailse ;
Is dògh gur olc a dhìol-sa.

11. Mar sin is truagh a' chluip
A dh' fhàs gu buan 'nan corp :
'G òl ' An Rìgh ' le glut :
M' uil-chridhe dhaibh olc.
Olc an t-aobhar etc.

Rijn ell di renni leish sī naimb i dhogrig
Dairl Ri Tairligh

Deish dūin koūhir vyck dhe
Lea hreish teihir gigh Ri
Leish gin strih ī qrūinni keh
Gigh dhūin reah lea vūll ni

Ri ghoirinis gigh kūis
Ha faickshin dhorin is kais
Dhyn toiglijgh vo lughk kriis
ra moos ha foirnairt . . . gais

Dijn toir eain vo nailt ī voarb
Ha streip lea mirūin sle kailg
Nir corroūn ri di hearg
Oiūmb earb lea torrih teirg

Kaisk i cūighkti si beaghk
Vo is ghrive ainkūhi ī nijighk
Leoūin bi rihij reaghk
Gin chairt ī chur reuh lea looghk

Deash laūh ī tlanior chywe
Vi leish na chori go zhin
Hryl gin noin eiyl no chri
Gin chrijghe kea is kyl oirgheill daij

Foigir lijn feyl no chuis
Pijn cheyl foist daij is doūys
Doūran ra faickshin ī gnūise
Gir trūh, nach faghain ī chais

Ri chūightighe ni kleis
Gigh ti bi ūild dad hoyls
S dū phijl gigh phin vo skris
No mois gin vi lyn gi deish
Deish dūin etc&

XXIX.

Roinn eile do rinneadh leis 'san àm an d' fhògradh an dàrla Rìgh Teàrlach.

1. Is deas duinn cobhair Mhic Dhé ;
   Le threis taghar gach rìgh ;
   Is leis gun strìth a' chruinne-cé ;
   Gach duine réidh le bhuill' nì.

2. Rìgh dh' fhòirinn 's gach cùis,
   Tha faicsinn dòruinn is càis,
   Dìon T' òglach bho luchd-sgrios,*
   Ri m' fhios, tha fòirneart dhà-s'.

3. Dìon T' fhìor-eun bho'n ealta bhorb
   Tha streap, le mìorun 's le ceilg,
   Nar corun-rìgh do shearg' :
   Uim earb* le toradh* T' fheirg.

4. Caisg an cumhachdan 's am beachd,
   Bho 's gnìomh an-cubhaidh an iochd* ;
   An leóghann bu rìogha reachd,
   Gun cheart a chur riamh le shliochd.

5. Deas-làmh an t-slànuigheir chaoimh
   Bhi leis 'na chòirean g'a dhìon,
   A thriall gun aon fhoill 'na chrìdh,
   Gun chrìochadh* ce is ciall iorghuill daibh.

6. Fògair linn foill-'na-chùis ;
   Binn* ciall fòst daibh is duais ;
   Dubh-ghràin* r'a faicsinn an gnùis
   Gach trùth nach fachain* a chàs.

7. Rìgh chumhachdaich nan cleas,
   Gach tì biodh umhailt do d' thoil-s' ;
   'S tu phill gach fine bho sgrios,
   'Nam fhios, gun bhi leinn gu deas.
   Deas duinn etc.

Oin eill di reini leish naimb krahit vi no chaind

Tursigh mish vick mi zhe
Ha tuilsh mi chreh da^{m} loatt
Aidphimb di zahir ni grais
Gin chahis mi la gi holk

Skijtt voūymbs maddijn mi heirmb
Mir chlippoig gin strein, gin noish
Mir chraind kūrh gin sta
Gin dūill, gin vlah, gin voos

Chahis fois mi veahan lo
Gin vahis ach oal is kris
Gigh ghraij ghaidimbs da neoil
Da maygnig, is broin ra moos

Dainnig meskir mi noūre
Da^{m} ghressid gi loūh chon nūih
Beannight ī ti hug ī dail
Gin ī tannimb gna re kijh

Airrigh gigh ni reinis reūh
Zheh di reyrs chollin vrais
Gin vi aggin da chijnd
Ach klaggin tijn^{d} is kijve ghlais

Dhyn lea di spirrit mi vroin
Hoir oinnid da^{m} gloir ī nish
Er chorr sgi klyhmid ī neoil
Ski bihi mijd fa zeoyh ri turs
Tursigh mish etc&

XXX.

Aon eile do rinneadh leis an àm cràdhad* bhi 'na cheann.

1. Tuirseach mise, Mhic mo Dhé,
   Tha t' fhuil-s', a'm chré, d'am lot ;
   Aidmhim do dh'Athair nan gràs
   Gu'n chaitheas mo là gu h-olc.

2. Sgiot* bhuam-sa maduinn mo theirm*
   Mar chliobag gun stréin, gun fhios ;
   Mar chrann curte* gun stàth,
   Gun duille, gun bhlàth, gun mhios.

3. Chaitheas fòs mo mheadhon-lò
   Gun mhathas, ach òl is craos ;
   Gach gràdh dh'fhadaim-s' d'an fhèoil,
   D'am aigneadh, is bròn ri m'aois.

4. Dàinig m' fheasgar, mo nuar !
   D'am ghreasad gu luath chun uaigh ;
   Beannaicht an tì thug an dàil
   Gun an t-anam ghnàth ri caoidh.

5. 'S aithreach gach ni rinneas riamh
   Dhe do riar-s', a cholunn bhras,
   Gu'n bhi againn d'a chionn
   Ach claigeann tinn is ciabh-ghlas.

6. Dinn* le do spiorad mo bhròn ;
   Thoir ionad d'am ghlòr a nis,
   Air chor 's gu'n claoidhmid an fheòil,
   'S gu'm biodhmaid fa dheòidh ri* tuirs.
   Tuirseach mis' etc.

Oin ell di renig leish to the toon of, over the moūnteins

Diphoin ir dlu chiwe er tūittim chon lair
Diphoin ir pisiwe ir cuppini klair
Diphoin ir nūghk naimb ir nūskir gin sta
Diphoin gigh oin nī, noūre hūighkis i bais

Diphoin ir kaystle fo vaidall is fo vla
Diphoin ir naittri da kailkig gigh la
Diphoin ga ghait lywe ir markis ri mrai
Diphoin gigh oin ni noure hūighkis i bais

Diphoin ir seywris ir naiwnis ri bair
Diphoin ir noylshiwe ga ghoūiligh ī bla
Diphoin ir bandtroghk lain ausighk is gray
Diphoin gigh oin ni etc&

Diphoin ir koidle ir soghkir gin saist
Diphoin ir kostnū fa ostni gigh la
Diphoin ir grasyw ir taintiwe er blair
Diphoin gigh oin ni etc&

Diphoin ir lehvijn ir leirshin i vain
Diphoin ir geirchuse sni sperū gi haird
Diphoin ir tuigksh ha tuilsigh ī gna
Diphoin gigh oin ni etc&

Diphoin ni doon naigh sminnighe i bais
Diphoin ī sivill ī hivig is ba
Vo ha ea da^{m} chlijhig smi didain i spairn
Skūirrimb dehe hoir ryh vo is divonis ea
Diphoin ir dlū chywe etc&

XXXI.

Aon eile do rinneadh leis—To the tune of "Over the Mountains."

1. Is dìomhain ur dlùth chiabh air tuiteam chun làir ;
Dìomhain ur pìosaibh* 's ar cupanan clàir ;*
Dìomhain ur n-uchd-shnaim 's ur n-usgar gun stàth :
Dìomhain gach aon ni nuair thiocas* am bàs.

2. Dìomhain ur caisteal fo bhaideal 's fo bhlàth ;
Dìomhain ur n-aitreabh* d' a cailceadh gach là :
Dìomhain, giodh ait leibh, ur macnus* ri mnàth' ;
Dìomhain gach aon ni nuair thiocas am bàs.

3. Dìomhain ur saibhreas, 's ur n-aoibhneas ri bàrr ;
Dìomhain ur n-uailsibh, giodh uallach am blàth ;
Dìomhain ur banntrachd* làn annsachd is gràidh ;
Dìomhain gach aon ni etc.

4. Dìomhain ur codal 's ur socair gun sàst,*
Dìomhain ur costnadh fo ostnadh gach là ;
Dìomhain ur gràinnsibh* 's ur tàintibh* air blàr ;
Dìomhain gach aon ni etc.

5. Dìomhain ur léibhinn* 's ur léirsinn a mhàin ;
Dìomhain ur geurchuis 'sna speuraibh gu h-àrd ;
Dìomhain ur tuigse tha tuilseach* a ghnàth ;
Dìomhain gach aon ni etc.

6. Dìomhain na daoine nach smaoinich am bàs ;
Dìomhain an saoghal : a thaobhadh is bàth ;
Bho tha e d' am chlaoidheadh, 's mi daonnan* an spàirn,
Sguirim de 'shìor-ruith* bho is dìomhanas à.*
Dìomhain ur dlùth-chiabh etc.

Oin foist di reinig leish

Tūise ghlijckis egle dhe
Dull ī teigisk ī ti hrein
Meihir chon brostni graij
Leūphir osklig gigh oin la,

Oūghtarrain is rah gigh foorh
Lochran flah ni foirrīn
Dlihi gigh corroūn ea fein i vois
Na vrihi corrūm kozeish

Gigh Earl no Trijgh mūr shin
No rechrain sih gigh ferrijn
Eg mollig ī ti ī dug
Fo oño^{r} da ti vo daiñig

Dlihi ead vi furranigh feyle
Krijgh dūinoil ī naij reyr
Gin trūh leggell no karr
Gin neher breig na koirl

Gin trūh leggell no gaird
Gūihmid Ri ro aird
Chrighnichis oūibhir gigh foorh
Lea brijn ī hobhir ni foirrijn

Och mi nouir shin och mi nouirh
Taigh gin noūhir is sni noūh
Ailish ni kreh ga bi vras
Faighir ma veil ī dorrish

Ga moir i naywnis si mūirn
Seywris ī qūirm no khorrōm
Gaijr ī vairris ma ghail leish
Shailvain salligh ī tivill

XXXII.

Aon fòst do rinneadh leis.

1. " Tùs gliocais, eagal Dé " :
Duill' á teagasg an Ti thréin ;
Meur chun brostnadh gràidh
Leabhar fhosgladh gach aon là.

2. Uachdaran is rath gach fir,
Lòchran flath na fìrinn ;
Dlighidh gach corun e féin a mheas*
'Na bhrithe* cothrom comh-dheas.

3. Gach iarl no triath, mar sin,
'Na reachdran* sìth gach fearainn,
Aig moladh an Tì o'n dug,
Fo onoir d'an Tì bho 'n dàinig.

4. Dlighidh iad bhi furanach, fial,
Cridheach, duineil an aghaidh 'n riar ;
Gun trùth a leigeil 'nan car ;
Gun fhear brèig 'nan comhairl'.

5. Gun trùth a leigeil 'nan geàrd ;
Guidheamaid an Rìgh ro àrd
A chrìochnaicheas uabhar gach fir
Le bruidhinn o thobar na fìrinn.

6. Och, mo nuar sin ; och mo nuar !
Teach gun uabhar is ni nuadh,
Ailis* na cré, ge bu bhras,
Faighear mu bheul an doruis.

7. Ge mór an aoibhneas 's am mùirn,
Saibhreas an cuirm, no 'n cothrom,
Geàrr a mhaireas, madh àill leis,
Sealbhan salach an t-saoghail.

Ga moir aijwnis gigh foorh
Fo nointos is doij gi faighir
Clari loūimb ī legfijr leish
Faighir pha ī toomb ī bertijsh

Oin di reinig lea allistir Mᶜ curchi

Ta koiggig oirn di gna
Torrig mi ghraij ghuit ī zhe
Ta mi spirrid da mi ryn
No bihig strijn si chollin chreah

Ni hairmb eigni huggis dūind
Creiddi, vrni, agas grayh
Vi ga noimbird mir bi dlyh
Creid ī spirrid noiph ī vain

Ti di nairtti ni hairmb
Si loittig gi garwe si cha
Shea eiphir ir naigni vijh
Skin rebhig ī hywe lea gah

Chūir shead corroun ma chaind
Tairni gi taind ro vois mijh
Chon ir soirri vo ni vais
Di viroildiwe pha ir kyh

Treigmijd miroūin agas kailg
Treigmyd fearg is oūhir kūirp
Bihi myd ri gūih gigh lo
Beūhighis do ga di huitt

Berhi mi chaptins boyuh
Kainord sloūy lea pijllir toir
Bihi mi chreid da mi zhyn
Mir ī dūhird Peiddir foile is Poijl

8. Ge mór aoibhneas gach fir
Fa'n ionntas,* is dòigh gu'm faighear
Clàran lom, ma* leigfear leis ;
Faighear fàth* an tìm am beartais.

XXXIII.

Aon do rinneadh le Alasdair Mac Mhurchaidh.

1. Ta cogadh oirnn do ghnàth ;
Toradh mo ghràidh dhuit, a Dhé ;
Ta mo spiorad do mo rian
Na'm bitheadh strian 'sa choluinn chré.

2. Na h-airm eagnaidh thugas duinn :
Creideamh, ùrnuigh agus gràdh,
Bhi 'gan iomairt mar bu dligh :
Creid an Spiorad naomh a mhàin.

3. An Tì do neartaich na h-airm,
'S a lotadh gu garbh 'sa chath,
'S e aobhar ar n-aignidh mhaoith,
'S gu'n reubadh a thaobh le gath.

4. Chuir siad corùn m'a cheann,
Tàirngean gu teann tromh bhois mhaoith,
Chun ar saoraidh bho na bhàs :
Do mhìorailtibh fàth ar caoidh.

5. Tréigmid mìorun agus cealg ;
Tréigmid fearg is uabhar cuirp ;
Biodhmaid ri guidh gach lò :
Buidheachas dò ge do thuit.

6. Beiridh mo chaiptean-s' buaidh* :
Ceannard sluaigh le'm pillear tòir ;
Bithidh mo chreud d' am dhìon—
Mar a dubhairt Peadar fial* is Pòl.

Berhi mi mi chaptins bouyh
Ga bea oūire ha ghail chon taigh
Sea dhortig foall mi ri
Ni mañimb zhyns si naijrt

Di vhi shoole Ahū ūlli dail
Taywnis ha hail ghai cha leir
Gair ir keli ī shūind
Vo is derph lyn di ghull eig

Krijgh i choiggī vo shea teig
Cha nobbjins ea kea yea pha
irr nūll aiwnis di vi hail
Sivill ī vois mailt ī ta

Mañimb ī Christ mir skrijw ni hostle gi leir
Mañimb ī rijst vri vaisti vo ni chleir
Tarran si fijn si phris ī kayrigir ead
Sleid ī mijwe go mānimb ī zhijn a pein

Oin eill di reinig lea allister

Ewijn mi hoyne ī ryre
Chunkis feist bi voir meihir
Kahir orī is Ri ghaill
Vaighk agas mile angle

Sloij ri tijghk er veih meijn
Ffa choir kahir ī nairdRi
Oin vaighk ri tijghk gi dess
No kaind mir ghreen vert hollish

Klay orhi no laiph
Ni sloij roih ga nimbhain
Beūhind heih er i laiph yeish
Fa moir meihir is aiwnis

7. Beiridh mo* chaiptean-s' buaidh,
Ce b'e uair tha dhàil chun teachd ;
'S e dòrtadh fola mo Rìgh
Ni m'anam dhìon' 's a neart'.*

8. Do bhi sìol Adhaimh uile dall ;
An t-aoibhneas tha thall dhaibh cha léir ;
Gèarr ar céilidh an sionn,
Bho is dearbh leinn do dhol eug.

9. Crìoch a' chogaidh bho 's e 'n t-eug,
Cha'n obainn-s' e c'eadh e 'm fàth ;
Ar n-uile-aoibhneas do bhi thall ;
An saoghal a bhos, meallt a tà.

10. M' anam a* Chrìosd mar sgrìobh na h-ostail gu léir ;
M'anam a rìst bhrìgh 'bhaistidh bho 'na chléir ;
An t-aran 's am fìon 's am pìos* an càraichear* iad ;
'S lughaide m' fhiamh gu m'anam a dhìon á péin.

XXXIV.

Aon eile do rinneadh le Alasdair.

1. B' éibhinn mo shuain an raoir ;
Chunnacas féisd bu mhór meadhai :
Cathair òir is Rìgh geal,
A Mhac agus mìle aingeal.

2. Sluagh ri tiochd air mhagh mìn
Fa chòir cathair an Ard-rìgh ;
Aon Mhac ri tiochd gu deas,
'Nan ceann mar ghrinn-bheart* sholuis.

3. Claidheamh òir 'na làimh ;
Na sluaigh roimhe 'gan iomain ;
Buidheann thaght' air a làimh dheis,
Fa* mór meadhair is aoibhneas.

Beūhind eill fo leūind dūh
Ni koillin shid i neig chrūh
Ew i ghull is trouh i gairh
Is oin neher moir da nimbain

Ta imbs kurr i keile
oūimb zhūin fa vicheile
Vo is koir ghūyn qūijn er ir bleih
Skir leoir doorid ī nard leheh

La leihe vamir aind
Flah i teihig ni soore chlaind
Pha oin leiskle cha deid lijn
Di ghaig i soyskle aggin

Tri ephir fa dug ni sloij
Shool Ahū ulli neūmboid
Dūile ri mahis i nihir
Zail dhe ghūin flahis mir ahir

Riist ī taiwnis si korr
Vihig eg Ise ma ir kovirr
Gi braigh cha nari oin naigh
Brayhid is tairph ni karrigh

Treiss ephir fa koir toom
Tess agas ewh Iffrin
Aijt gin ryild gin gloir
Bell krijh ijghkle is dobroin

Aijt krahit gin noighk
Vell kais gin shoylsh gin oimbig
Gin chrijgh pein her leher
Gin shi, gin skeiwe, gin aihir

Garwih nait shin gi beaghk
Gherwe Lazarus da ni vertigh
Naigh va noighkir ī pein
Zhewe ea furtigh si chile vehir

4. Buidheann eile fo lionn dubh
'Nan coluinn 's iad an eug-chruth ;
Eibh an guil—is truagh an gàir ;
Is aon fhear mòr d' an iomain.

5. Taim-s' a' cur an céill :
Is iomadh dhinn fo mhi-chéill ;
Bho 's còir dhuinn cuimhn' air ar bladh
'S gur leòr daoiread an àrd-lagh.

6. Là 'n lagha bhamar ann ;
Flath a' taghadh nan saor chlann ;
Fàth aon leisgeil cha teid leinn,
Do dh' fhàg an soisgeul againn.

7. Trì aobhar fa 'n dug na slòigh,
Sìol Adhaimh uile, an iom-bòid,*
Dùil ri mathas an ithir* :
Gheall Dia dhuinn flaitheas mar ath-thir.

8. A rìst an t-aoibhneas 's an cor
Bhitheadh aig Iosa m'ar comhair ;
Gu bràth cha'n airigh aon neach
Air brèaghad is tairbhe na cathrach.

9. An treas aobhar, fa'n còir tiom' :
Teas agus éibh ifrinn :
Ait' gun riaghailt, gun ghlòir,
Am beil crith fhiacal is do-bròn.

10. Aite cràdhaid gun iochd,
Am bheil càs, gun soills', gun iombaidh,*
Gun chrìch péin th'air léir,
Gun sìth, gun sgéimh, gun aighear.

11. Gairbhe 'n àite sin gu beachd
Dhearbh Lazarus do na bheartach ;
Neach bha 'n ìochdar am péin :
Dh' éibh e furtach 'sa chaol mheur.

Arʳhi ni hoig bi deish
Mir i dūhird poūl no heigisk
Naigh shin di vihig mir shin
Da hyre chlaikig i beiwijn
Beiwijn mi hoyne

Rijn di reinig lea donochig mᶜ ryrie er lebbi ī vaijs

Hainig pha broin er ir Cri
No dainmijd deoir arrhi
Gi bell shin salligh ūll
Chin toil da noin dhūin

Cri shin lea salchar shyn
Ta no vaijle talvyn si chollin
Breigis ea neoil ūilli leish
Zainū na sloir deh ir naylis

Saijntichir leish ni chi tūile
Lea gaūlis is lea mirūin
Go beah ni chollin breigighe
Skir ea tallū ī ha-eidigh

Cha dleise mi breig ra rūitt
Chrijs ta kle mi chūirp
Ffain zhe ga bea di ghlihig
Di vynd fein is oimbchūhi

Mish i tannimb boghk ha pein
Heid mi nish heih vick Dhe
Is bihi mi daillachih ruitt
Vo is tallū ū mir hainig
Hainig pha broin

12. Fheara na h-òige, bithibh deas,
Mar a dubhairt Pòl* 'na theagasg ;
An neach sin do bhitheadh mar sin
Da shìor-chleachdadh,* gu'm b' éibhinn.
B'éibhinn mo shuain.

XXXV.

Roinn do rinneadh le Donnchadh Mac Rìridh* air leabaidh a bhàis.

1. Thàinig fàth bròin air ar crìdh' ;
Na'n deanamaid deòir aithridh ;
Gu'm beil sinn salach uile
Chion toil do'n aon duine.

2. An cridhe sin le'n sailchear sinn,
Ta 'na mheall talmhainn 'sa choluinn ;
Breugas* e 'n fheòil uile leis,
Dheanamh na 's leòir de ar n-aimhleas.

3. Sanntaichear leis na chì an t-sùil
Le gamhlas is le mi-rùn,
Gu beathach' na coluinn breugaich ;
'S gur e 'n talamh a h-ath-aodach.

4. Cha dleas mi breug a ràdh riut,
A chneas ta cleith mo chuirp ;
Fàithn' Dhé, ge b'e do dhligheadh,
Do mhiann féin is iom-chubhaidh.

5. Is mis' an t-anam bochd tha'm péin ;
Théid mi nis a thigh Mhic Dhé ;
Is bithidh mi dealachadh riut,
Bho is talamh thu mar thàinig.
Thàinig fàth bròin.

4 rein di reinig lesh, la ī deig shea

Berr mish leat ī vick dhe
Aggid fein ī baitt leūmb taūh
Koūmb er di lhi gi dlūh
Mi chri, smi ruin, smi ghraij

Mūrni, agas marrhi boūyn
Vi aggid gigh oūre sgigh trah
Nir peacki ūill leg lijn
Tuill cha dain shyn gi braigh

Achoin eill zeirmijd ort
Feidi di hoils hovird dūin
Tannim vi aggid fein
Si chollin chrea ghull si nūhir

Go vih er kahir ni naih
Qūiddiri kaigh for i bell
Vo sdū is fijsrighe mir ī taimb
Berr mishī leat trah is beher
Beher mish leat etc&

5 rein di reinig leish ī Donochigs er bais vick-vighk Kennich

Trein ī maighk hugir leoin
Cha veheir ir toir er gi braigh
Shin ga di hroggi feaghk
Eashin is mo nairt no kaigh

Viick keynni doiñighe di vaighk
Da neher is moir nairt is brhi
Eg rovaid dheijghk di chuirp
Ver shea ghūit gho no tri

XXXVI.

Ceithir roinn do rinneadh leis, an là a d'*eug **s**e.

1. Beir mise leat, a Mhic Dhé ;
   Agad féin a b'ait leam tàmh ;
   Cum air do shlighe gu dlùth
   Mo chrìdh 's mo rùn 's mo ghràdh.

2. M' ùrnuigh agus m' aithridh buan
   Bhi agad gach uair 's gach tràth ;
   Nar peacaidh uile leig leinn ;
   Tuilleadh cha dèan sinn gu bràth.

3. Achain eile dh' iarrmaid ort *—
   Faodaidh do thoil-s' a thobhairt duinn—
   An t-anam bhi agad* féin,
   'S a' cholunn chré a dhol 'san ùir.

4. Gu bhi air cathair nan àgh
   Cuide ri càch far am beil ;
   Bho's tu is fiosraich mar a taim
   Beir mise leat tràth, is beir.
   Beir mise leat, etc.

XXXVII.

Cùig roinn do rinneadh leis an Donnchadh-s' air bàs Mhic-Mhic Coinnich.*

1. Treun am mac a thug ar* leòn,
   Cha bheir an tòir air gu bràth ;
   Sin ge do throgadh feachd
   Esan is mò neart na càch.

2. Mhic Coinnich, deònaich do mhac
   Do'n fhear is mòr neart is brìgh ;
   Aig ro-mhòid* déidheachd do chuirp
   Bheir se dhuit a dhò no trì.

Di zhoni Abram ī vaighk
Si noibhird fo smaighk vick Dhe
Ffūerh ea graisin vo mi ri
Agell rijst eg ī fein

Er i vroin shin kūirs smaighk
Doinhi Dhe zuitt maighk i ryst
Ga roih shin gūih leat
Cha chūhi zuitt strep ri Christ

Hug Dhe zuitt vrrimb is smaighk
Er gigh maighk ha fohid fein
Rish i nanvijn koūmbs ī choir
No leg leoin lea dhūin trein
Trein ī maighk etc&

Ryn di reinig leish no hain oise

Ffaid ta mish deihi chaighe
Si sivill gi braigh da mi reah
Sivill vaggin gois dhūh
Nach eil fijs dhuh kea yeah

Sivill ī vaggin oūre
Gin zheiddig ea voynd gin noish
Agas ī sivill ī ta
Gi deh phlai ni shyn riish

Deh Chellin is tursigh leūmb
Feher vo feihin mūirn gi braigh
agas ī verrig ormb moise
Faid ī ta mish deihi chaighe

Deihi Royri is Chennich fa hri
Housklig mi as gigh kais
Ghaig mi fūirrigh ri mi skrijtt
Faid ī ta mish deihi chaighe

3. Do dheònaich Abraham a mhac
'San ìobairt, fo smachd Mhic Dhé ;
Fuair e gràsan bho mo Rìgh ;
An geall rìst aige féin.

4. Air a' bhròn sin cuir-sa smachd ;
Deònaidh Dia dhuit mac a rìst ;
Ge robh sinn guidhe leat,
Cha chubhaidh dhuit streap ri Crìosd.

5. Thug Dia dhuit urram is smachd
Air gach mac tha fodhad féin ;
Ris an anfhann cum-s' a' chòir ;
Na leig an leòn* le duine treun.
Treun am mac etc.

XXXVIII.

Roinn do rinneadh leis 'na shean aois.

1. Is fada ta mis' an déidh chàich,
'S an saoghal gu bràth do mo reath* ;
An saoghal a bh'againn gus an diugh,
Nach eil fios an diugh c'eadh e.

2. An saoghal a bh'againn uair,
Gu'n ghoideadh e bhuainn gun fhios* ;
Agus an saoghal a tà,
Gu dé 'm blàth* a nì sinn ris ?

3. Deadh* Chailein is tùrsach liom,
Fear bho'm faighinn mùirn gu bràth ;
Agus a bheireadh orm meas :
Fad a ta mis' an déidh chàich.

4. An déidh Ruaraidh is Choinnich fa thrì,
Thuasgladh mi as gach càs,
Dh' fhàg mi fuireach ri mo sgrid* :
Fad a ta mis' an déidh chàich.

Gin vijn, gin aijr, gin choil
ach layh fo vroin gi braigh
ach gi feihim bais gin nois
Faid ī ta mish deihi chaighe

Ta feher ī Manighin ni Loos
Nach leigij mish as mi nhi
Di vi kannanich ni ghlag
Trūir ī ghaig gi laig mi

Mairg i ta beo no deihi
Si ta gin speise fo vell kinn
Hūg ī nanoghkir mi leoin
Vo nach mairrin beo ni foihr

Vijck Chennich, Chellin oig
Vijck i toyhid nach roūh gi laig
Nish vo is gheirhid mi heirmb
Bihi mish aggid fein go faid
Faid i ta mish etc&

Rijn di reinig lea allister M^{c} curchi no hain oose di ni ghreh chijnd

Tursigh dhūin ri poirt
Cha noiñig mi gois vi laih
Hug mi chri tryh er aish
Mir osshen deihi ni Ffynn^{d}

Smi deihi Chennich i naijh
Nach keillig er chaigh ī toire
Laūph ī vahllard ni sheid
Eūmbig keijd da dug shea foij

Ni ir vairrin^{d} Cellin ūre
Bailloile ī chleū is ea oig
Ga di gaiph shea rinn ferg
Zhirrich ea gi deirph mi lo

5. Gun mhìon* gun aighear, gun cheòl,
Ach laighe fo bhròn gu bràth,
Ach gu'm faighim bàs gun fhios :
Fad a ta mis' an déidh chàich.

6. Ta fear am Manachainn nan lios
Nach leigeadh mis' as mu nì ;
Do bhi'n Cananach nan clag*
Triùir a dh' fhàg gu lag mì.

7. Mairg a ta beò 'nan déidh,
'S a ta gun spéis fo 'm bheil cion ;
Thug an anshocair mo leòn,
Bho nach maireann beò na fir.

8. Mhic Coinnich, Chailein òig,
Mhic an t-seòid nach robh gu lag,
Nis, bho 's goirid mo theirm,
Bidh mis' agad féin gu fad.
Fad a ta mis' etc.

XXXIX.

Roinn do rinneadh le Alasdair Mac Mhurchaidh 'na shean aois, de na ghnè cheudna.

1. Is tùrsach duine ri port ;
Cha 'n ìonghnadh mo dhos bhi liath ;
Thug mo chridhe troigh air ais ;
Mar Oisean an déidh nam Fiann.

2. 'S mi an déidh Choinnich an àigh,
Nach ceileadh air chàch an t-òr ;
Làmh a mhalairt nan seud ;
'S iomadh ceud d'an dug se fògh.*

3. Ni air mhaireann Cailean ùr ;
B' allail a chliù, is e òg ;
Gu'n do ghabh se ruinn fearg ;
Ghiorraich e gu dearbh mo lò.

Ni er vairrinnᵈ Royrie moir
Vroistni fa troimb zūin er hūis
Ochoin nach mairrinᵈ ni soūijnᵈ
Choisshin lea laijn dhūyn gigh kūise

Ni er vairrinᵈ Royri Ghair
Di chūmbig spairnᵈ rish gigh naigh
Loigh nach geilig ach sin choir
Beiwijn leish sloij is kraigh

Smūinmijd er kannord ī toūrh
Vo doūrris mūirn is mi oig
Beiwijn leish shoihig is kū
Bains leish chleuh no toire

Ni er vairrinᵈ maighk royri eil
Naigh nach dūillin beamb fo heid
No feher teih chillichrist
Ailloile ī dijs chaij eig

Smūinim oon oih Eaghiñ eil
Naigh nach deir karrih ma nhi
Loūh leūmb di zhon ī baise
Nhūrh ghaig shea no hoore

Mi choūpan smi charrid ghijl
Naigh nach qūirrig fo skyl rūhin
Gair leūmb di gleh i vaighk
Glaighk foyr shea ainsin Doūhn

Eūmbig dhuin oūysle ī rosse
Nach feid mi noish chur sijs
is quijh leūmbs di zull eig
is mish no deihi gin frijse

Ni er vairrinᵈ foohr oisghaile
Moir ī kail dom ri moose
Kainhoird ī tloij Donill Gormb
is Royri ni koirn sni poose



(Feuch lethtaobh 143).

4. Ni air mhaireann Ruaraidh Mòr ;
A bhrostnadh fa trom dhuinn air thùs ;
Ochòin, nach maireann na suinn
Choisinn le 'n lainn duinn gach cùis !

5. Ni air mhaireann Ruaraidh Geàrr,
Do chumadh spàirn ris gach neach ;
Laoch nach géilleadh ach 'san chòir ;
B' éibhinn leis slòigheadh is creach.

6. Smuainmid air ceannard an tùir,
Bho 'n d' fhuaras mùirn, is mi òg ;
B' éibhinn leis seabhag* is cù ;
B' anns leis cliù na tòir.

7. Ni air mhaireann Mac Ruaraidh fhéil,
Neach nach d' fhuilinn beum bho theud ;
No fear tigh Chille-chrìosd :
Allail an dìs chaidh eug.

8. Smuainim aon ogha Eachainn fhéil,
Neach nach d' eur cara* mu nì ;
'S luath leam do ghon am bàs
An uire* dh' fhàg se 'na thìr.

9. Mo chompan 's mo charaid gaoil,
Neach nach cuireadh fa sgaoil rùn ;
'S gèarr liom do ghleidh a mhac
An glac fuair se anns an Dùn.

10. Is iomadh duin-uasal an Ros
Nach faod mi nois* chur sìos ;
Is cubhaidh liom-s' do dhol eug,
Is mis' 'nan déidh gun phrìs.

11. Ni air mhaireann fir Innse-gall ;
Mòr an call dom ri m' aois ;
Ceannard an t-slòigh, Dòmhnall Gorm,
Is Ruaraidh nan còrn 's nam pìos.

Ni er vairrin[d] maighk vick Leoid
ĩ Tallaisker va road ni kleyre
Si trah ĩ vi feher pailt
Ra-ersher ĩ va tlaijt eijl

Ni er vairrin[d] Eachin oig
Maighk Ellen ni shoil sni poose
No Rehild, vehr doūyn vuirph
No donill Gormb, toir di phijl

Eūmbig karrid chaij voūymb
Vo feihins koūyrt is loine
Gad hairli mi noighk gin chūirmb
Mi zhoigh ĩ shea bhūrn ri oale

Ta mi gin aijr, gin noūhn[d]
Mi laūh loumb ra dull i kūhirt
Veids choisk mish ri kaigh
Zheūhim no ait noighk bhūirt

Di vi oistni da mi zhōin
Gin chostnū er mhuir no toore
Da ni chran cha duggis foūyhnd
Baūns loūhng agas fyne

Sminnig di zhoal mi saūse
Di nijne is meilsh hig vo raijk
Vo skūir mi skriwig ni troisk
Noighk cha nijgh mi zhoagh plank

Bihi mi nish ra mi veoh
Eg Shoirris oig i kaind bhūird
Lea klarsich gi ghaūind dhain
Oalimb gigh trah lain i chuirn

Ni ir vah mi ghroigh ni chūirt
Nach feihim mūirn vo ni mrahi
Di zhi snach heil mi kroy
Shea zheūhim foūh er son graij

12. Ni air mhaireann Mac Mhic Leòid ;
An Tailisgear bha ròd nan cliar ;
'S an tràth a bhiodh am foghar pailt,
'Ra-fhéarsair* a bha 'n t-slaid* fhial.

13. Ni air mhaireann Eachann òg
Mac Ailein nan seòl 's nam pìos ;
No Raoghalt a bh' air Dun-bhuirbh,
No Dòmhnall Gorm, an tòir do phill.

14. Is iomadh caraid chaidh bhuam,
Bho'm faighinn-s' cuairt is lòn,
Ged thàrladh mi 'n nochd gun chuirm ;
Mo dheoch 's e 'm bùrn ri òl.

15. Ta mi gun aighear, gun fhonn ;
'S mo làmh lom ri dol an cùirt ;
Air mheud 's a chosg mise ri càch,
Gheibhim 'na àit' an nochd bùirt.

16. Do bhi iastnach* de mo dheòin,
Gun chostnadh air muir no tìr ;
Do na chrann cha dugas fonn ;
B' annsa long* agus fìon.

17. 'S minic do dh' òl mi sabhs
De 'n fhìon is mìlse thig bho'n Fhraing ;
Bho sguir mi sgrìobhadh nan trosg*
An nochd cha'n fhiach mo dheoch plang.

18. Bidh mi nis ri mo bheò
Aig Seòras òg an ceann bùird,
Le clàrsaich, ge gann dàin ;
Olaim gach tràth làn a' chùirn.

19. Nior mhath mo ghnothuch 'na chùirt,
Nach faighim mùirn bho na mnàith' ;
De dhìth 's nach eil mo cruaidh
'S e gheibhim fuath air son gràidh.

Ffeihlimhir leophir bain
Ains ī glehmir gigh la tuigks
Gigh oūre gi bimir ī ghoistni
Ochadoin is mi fo hurs
Tursigh dhūin etc&

Mairph rijn di reinig lea Ioin M^{c}Kenzie err vaise Chennich vicc año 16

Kraigh is trūim no gigh kaigh
Di zoin chles gin chlij ī teig
Er Fflah deirph maissigh oūrh
Tairk pha sūelk zhūin er eish

Och ochoin is mi gin oūhnd
Ffo oistni gi troūmb ī kein
Kea feist vo feihins mūhirn
Mi chaind eul vi ghaist ī kreah

Ni oinih gad laihim oig
Kea Tearle kea troir ni keid
Ochoin kea toirisle aird
No kea graij ir nūilli hreid

No kea koūspin gaiist sheiwe
Fflah bi rihi bahi is beis
Lea gleit gigh eūmhi hoore
Nūill hi, gin vūhill bheimb

Kea pheil ni mijltive baihrk
No shreyl da ghaiph gi leir
Dehe laiñan shi gigh naigh
Brainan ri er vaish ī leig

Di reir chijn^{d} eijhn fo chloist
Noi-vejhrigh noighk ī feist
Dehe liphird faski ī gijle
Ffo leaghkū i noil ī de

20. Foghlamar* leabhar bàn
Anns an gleidhmar gach là 'n t-udhachd-s'* :
Gach uair gu'm biomar ag ostnadh :
Ochadòin, is mi fo thùrs'* !
Tùrsach duine etc.

XL.

Marbhrainn do rinneadh le Eòin Mac Coinnich air bhàs Choinnich, a mhic.* Anno 16 . . .

1. An creach is truime na gach creach,*
De dh'aon chleas gu'n chlaoidh an t-eug
Ar flath dearbh, maiseach, ùr :
Tearc fàth subhailc dhuinn air éis.

2. Och ochòin ! is mi gun fhonn,
Fo ostnadh gu trom an céin ;
Ce 'm feasd bho'm faighinn-s' mùirn ;
'S mo cheann-iùil bhi gaist'* an cré ?

3. Ni ìonghnadh ged liathaim òg ;
Ce 'n t-iarla ; ce treòir nan ceud ?
Ochòin ! Ce 'n t-iriosal àrd ;
No ce gràdh ar n-uile threud ?

4. No ce 'n connspunn gasda, sèimh ?
Flath bu rìoghdha* bàidh is beus;
Le'n gleidht' gach iomadh thìr
An umhail shìth gun bhuille bheum.

5. Ce 'm feil* na mìltibh bàrc
'Nan sraoil* do ghabh gu lear ?
Deagh leannan-sìth gach neach
Am bréinean* rìgh air bhais* a leag.

6. Do riar,* cinn-fheadhn' fo chlost ;
Neo-mheadhrach nochd am féisd ;
An déidh liobhairt fasgadh 'n gaoil
Fo leacaibh an aoil an dé.

Ni qūirrig asshi er chaigh
Kurrhi naih ga būr ī gleis
Kaind būyhn er nach mūhig naigh
Chūmbig foūijnd fo smaighk ī reit

Kroyh ī skarrih di vi aind
Troūh gigh karrid fo eūmcheil
Gin faijkshin go la loyhn
Broin ī taisk, gi boūyn no zheive

Ffaid nach doigrig erri choūhn
Fo heoil ī dūg voūyn ī gheig
Chūise shin dūyn ga bi craihi
Viig ir dūil gigh la ra skeil

Ni aūli shin is i noūh
Choūle gin troūise ra treiwe
No smijn gi feihir err aish
Oin nhi ghlaighkis ī no beile

Vo ghlaighk ī ti hug ir saijr
Gin aijkin[d] gi braigh ī kreah
Ffa dohijn ni bi mi strih
Ni smo mi chrih cha deijd

Mairg i dhyhig no graijh
Mi hroūrsin ghaijph no zehe
Ffo chaise, ma nailigan oūrh
Mi graijse bi chluihtigh beise

Di veise vi karrandigh seijwe
Mir leinhū ga baird i keil
Lauph gin toomb si toir
Vijllig broin lea kinnall reah

Di phailtish zhijli zhaiwe
Gin airkis di ghail go teijg
Chroūn ni feile ra ijghk
Gin erig er ghijtt no sheid

7. Ni chuireadh ais-sìth air chàch
Curaidh 'n àigh 'gam b'ùr an gleus ;
Ceann-buidhne air nach maoidheadh neach,
Chumadh fonn fo smachd an réit'.

8. Cruaidh an sgaradh do bhi ann ;
Truagh gach caraid fo iom-chéill* ;
Gun faicsinn gu là-luain ;
Bròn an tasg* gu buan 'na dhéibh.

9. Bhàt'* nach d' fhògradh air a' chuan,
Fo sheòl a dug bhuainn a' gheug,
A' chùis sin duinn, ge bu chràdhach,
Bhiodh ar dùil gach là r'a sgeul.

10. Ni amhluidh sin is an uaigh :
Cùil gun truas r'a treubh ;
Na smaoin gu'm faighear air ais
Aon ni ghlacas i 'na beul.

11. Bho'n ghlac i 'n tì thug ar sàr,
Gun fhaicinn gu bràth an cré,
Fa 'n domhan ni 'm bi mi strìth ;
Na's mò am chrìdh cha téid.

12. Mairg an dìothadh* 'na ghràidh ;
Mo threòir-san ghabh 'na dhéidh
Fo chàs mu'n àilleagan ùr :
Mo ghràdh-s' bu chliùiteach beus.

13. Do bheus bhi carthantach, sèimh,
Mar leanabh 'gam b'àrd an ciall ;
Làmh gun tiomadh 'san tòir ;
Philleadh* bròn le cional* riamh.

14. Do phailteas dhìoladh dhaibh,
Gun airceas a'd dhàil* gu t' eug ;
Crùn na féile ri iochd* ;
Gun éiric air ghibht no seud.

Kea loūyhis markis no mūirn
Chūi aijttis di ghūigh ī neis
Kea zū nach di hijle ī ghlaighk
Rijn ī rijn vi chraigh si treijd
Kraigh is smo etc&

heir is sett donne the 4 verse of the former lyns
(being omitted)

Kea chrain^{d} bi vaissigh shih
Hrein chaiskig ī trhi gin streip
Lea kūhirt ma feighth ghrijwe
Dūbērbbig lea oiph ī lehid

Khairrhū orain ni raind

Mi ghraijs ī kain^{d} Phijn
Raūh ardhain ıs ainnigh is kleūh
Beūhmig moiı haūighk
Cur foinūilk ī navid er hūil
Lea toomb no taish
Nach pillīg is maslig na chuise
Ga bhirisle vuhigih
Ra hirrig di chairdis di ghruise

Oin fohist di reinig lea
Murchig m^{c} vijck curchie

Smairg di hreig ī taihir boūhn
Eı veihir vreigiwe ī doiphin
S nach fūill eı tallū i vois
Ach skail falli di zeywnis

No hreig er shaillig nach fan
Di zhehir na zhailligh talvyn
Tahir torrigh gin dhi
Ta kahir hollish ī naird Ri

15. Ce luaidheas macnus no mùirn ?
Chuaidh aiteas do dhùthch' an éis ;
Ce dhiùbh nach do shil a ghlac* ?
Righinn, a righinn ! bhi* creach 'san treud.
Creach is mò etc.

Here is set down the fourth verse of the former lines (being omitted).

16. Ce'n crann le'm* bu mhaiseach sìth,
Threun-chaisgeadh 'n t-srìth* gun streup ?
Le cùirt, mu'm feuchteadh gnìomh,
Dhiom-boirbeadh* le aoibh a léith'd.*

XLI.

Ceathramh orain no rann.

1. Mo ghràdh-s' an ceann-fine
An robh* àrdan is eineach* is cliù ;
B' iomadh* mór thàbhachd
Chuir fionn-uilc* an nàmhaid air chùl ;
Le tiomadh no tais
Nach pilleadh, is masladh 'na chùis ;
Gu'm b' iriosal bhùdhaigeadh*
Riu* shireadh do chàirdeas 's* do ghnùis.

XLII.

Aon fòst do rinneadh le Murchadh Mac Mhic Mhurchaidh.

1. 'S mairg do thréig an t-aighear buan
Air mhear-bhreugaibh an domhain,
'S nach fuil* air an talamh a bhos
Ach sgàil-falaich de dh'aoibhneas.

2. No thréig air sealladh nach fan,
De dh' fheur no dh' eallach talmhainn,
An t-aighear torach gun dìth
Ta 'n cathair-sholuis an Ard-rìgh.

Smairg di hiwe ī bla gin voose
No chlijg lea graijh ī tivill
No hreig aijhir is boūyn bleih
Er choūirt nach glehir gin viphil

Mijm[d] ni Collin smairg di lain
Ffraywe gin torrig ga zhijnvyn
Mi noūrh gigh sūhigh gin sta
Gha doūyse dūhighis gigh oin la

Douyse ī phecki tūirse is broin
Mirr lephir i naightri dohphin
Tuishle Ri davi si lijghk
Hūit ghaiwe ga bi dail i Dıjphild

Ga[b] voir ī neywnis si beaghk
A seywrise is a slouyh rijghkt
Skoaile ni trhevi vo smaighkt
Vo reind sead bo zhe ī nūhlighkt

Mur shin dairnmyd tūirshe is broin
Shaill fo ir nanmin[d] ī chighlo
Eirhmyd shichaiwe agas oighk
Niobhrid ī noūhin orrick

Vo ta teig i nordū zhūin
Treigmyd fairmid is mirūin
Svo is breigigh meihir er leher
is smairg ī hreigis ī taihir

Quarhū orain

Muill ejwnis is mayhir
Eg Mahir ī kahir ni bouyh
Vell shi agas sonnis
is sollis nach feyhir ī loūgh
Oor ī zhūillin ni dhainhi
ī phannig ī channigh ī tloij
Bun mannim gi soighkir
ī foighir di ghardichis voūyhm

3. 'S mairg do thaobh am blàth gun mheas,
No chlaoidheadh le gràdh an t-saoghail ;
No thréig aighear is buaine bladh
Air chuairt nach gleidhear gun bhaoghal.

4. Miann na coluinn 's mairg do lean,
Freumh gun toradh 'ga ghinmhinn ;
Mo nuar, gach subhach gun stàth
Dha 'n duais dubhachas gach aon là !

5. Duais a' pheacaidh tùrsa 's bròn,
Mar leubhar an eachdraidh 'n domhain ;
Tuisleadh Rìgh Dàbhaidh 's a shliochd,
Thuit dhaibh 'gam bu dail* an diabhul.

6. Ge bu mhòr an aoibhneas 's am beachd,
An saibhreas is an sluagh-riochd.*
Sgaoil na treubhan bho'n smachd
Bho rinn siad bhaoth-dhia* an ùmhlachd.

7. Mar sin dearnmaid tùrsa 's bròn,
Seal bho ar n-anmann' a chaochlòdh* ;
Iarrmaid sìothshaimh agus iochd
An ìobairt* an uain ionraic.*

8. Bho ta an t-eug an òrdugh dhuinn,
Tréigmid farmad is mì-rùn ;
'S bho is breugach meadhair air léir*
'S mairg a thréigeas an t-aighear.

XLIII.

Ceathramh òrain.

1. M' uil' éibhneas is m' aighear
Aig m' Athair an cathair nam buadh,
Am bheil sìth agus sonas
Is solus nach faighear a luadh ;
Fhir a dh' fhuilinn na deamhna
A bhannadh,* a cheannach an t-sluaigh,
Buin m'anam gu socair*
Am fochair do ghàirdeachais, bhuam.

Oin foist di reinig lea allister

Troiri maignig ī zhe
Aidvim nach rehe mi hoil
Ta^{m} aiwglik aind ī strhi
Aūphrick ī ri er mi chorr

Mi spirrid er vijnd mi rijn
Ni noinin^{d} kyle do sda meoil
Gin tiphir ī nhi nach faick
Sminir gi vel eack na sloir

Mi spirrid ī gaūhrig gi geir
Er aihir fein ha chon taighkt
Klaickmijd ir corhūm ī shūind
Dher ī chollin reūmb gi beaghk

Gi vel leidhird ormb is skijse
Eddir i doose da vel mea
Moin ni collin di vi vois
Mānim er laiuph zheish vick dhe

Ri ī voūyhichis gigh kah
Vo doūrris gigh mah da^{d} zhoin
Dhijn mi si noimhirvay ghairph
Gin toimbhird, vo is meirph mi hroir
Troiri maignig etc&

Mairph rijn di reinig lea Ioan m^{c}Keinni er bais Ioan ni Comri 168 lea qūarhū orain er gigh rain^{d}

Mi chriis ī ta fo chraid
Gigh slijh gi braigh ga gloūise
Vo ghaigshijn dlihi ma chaiisk
Ma bihim gna fo ghroūymb

XLIV.

Aòn fòst do rinneadh le Alasdair.

1. Treòraich m' aigneadh, a Dhé ;
   Aidmhim nach réidh mo thoil ;
   Taim aimh-ghlic ann an* strìth :
   Amhraic, a Rìgh, air mo chor.

2. Mo spiorad air mhiann mo rian ;
   Ni 'n ionann ciall dò 's do m' fheòil ;
   Gu'n taobhar an ni nach faic ;
   Smaoinear gu'm bheil eachd* na 's leòr.

3. Mo spiorad ag amhradh* gu geur
   Air Athair féin tha chun teachd ;
   " Cleachdmaid ar cothrom an sionn "
   Deir a' cholunn rium gu beachd.

4. Gu'm bheil leadairt orm is sgìos,
   Eadar an dìs d'am bheil m'aodh* :
   Miann na coluinn do bhi bhos ;
   M'anam, air làimh dheis Mhic Dhé.*

5. A Rìgh, a bhuadhaicheas* 's gach cath,
   Bho 'n d' fhuaras gach math de d' dheòin,
   Diòn mi 'san iomarbhaigh* ghairbh
   Gun T' imbirt,* bho is meirbh mo threòir.
   Treòraich m'aigneadh etc.

XLV.

Marbh-roinn do rinneadh le Eòin Mac Coinnich air bàs Eòin na Comraidh 168...
Le ceathramh òrain air* gach rann.

1. Mo chridhe-s' a ta fo chràdh'd,
   Gach slighe gu bràth g'an gluais,
   Bho dh' fhàg sinn an dlighe mu Chàisg,
   Mu'm bithim a ghnàth fo ghruaim.

Groūymbigh ī draijst
Vi cūmijn bi haivir ī mūirn
Gin pha vi meihrigh
ī teihligh ī naij sī chūil
Vo is kraij ri eiñighk
Dei-herr si chlair fo nūhre
Bi lain ghlick deinighk
Meihrig toil dhe ni dhūle

Zhe ī ta gi hūilli kairt
Di zheir leat ī ti shin voyn[d]
Ryls gigh hūilli no di smaighk
Gigh oin naigh da vel ī loyh
Ta loyh eg gigh dhūin
Da būñig ī chardis kijwe
Voyhn[d] ga doimbich
Cha dūirrich er chlair ī zoin
Doūire bair ūrrimb
Lea ūrrids hair ī voin
Boūhn cheyle chūmbvel
is vrraild er chaigh ī skyle

Skiltigh ī nish ma koūyhirt
Skeil ī trouh is eihvir aind
No zheh snach erighe vo noid
Kaind edhi ni troir sni faind
Faind ha di voghti
Gochoin ī gna di zheh
Kraind ī fortoin
Gi koistn ī Pharos dhe
Tain[d] si doghkir
Chaj crostoūh ī vais di hreiwe
Naimb cloist dūit
Gin noghkle gi braigh di vehil

Behil gin naineūl ī saijr chuise
Zheig vūhint ni kleūh feyle
Co-lijnt lea gijttin aijh
Snach arir lea naigh ī vijd

Gruamach an dràsd
Bhi 'n cumann* bu shaibhire mùirn,
Gun fàth a bhi meadhrach
An teaghlach an àigh 'sa chùil ;
Bho is cràdhaidh ri fhoighneachd
An deagh-fhear 'sa chlàr fo 'n ùir,
Bu làn ghlic déineachd*
Meamhradh* toil Dhé nan dùl.

2. Dhé a ta gu h-uile ceart,
Do dh' iarr leat an tì sin bhuainn,
Riaghail-s' gach uile 'na do smachd :
Gach aon neach d'am bheil an luadh.
Ta luadh aig gach duine
D'am buineadh a chàirdeas caomh ;
Bhuainn gu'n d'imich ;
Cha d' fhuirich air clàr a dhìon.*
D' fhuair bàrr urraim
Le uiread's a thàir e mhaoin,
Bun chiall a chumail,
Is urailt* air chàch a sgaoil.*

3. Sgaoilteach a nis mu'n cuairt
Sgeula truagh : is aobhar ann
'Na dhéidh 's nach éirich bho'n fhòid
Ceann-oide nan treòir* 's nam fann.
Fann tha do bhochdan,
'G ochain a ghnàth a'd dhéidh ;
Crann am fortain,
Gu'n costnadh, am Pàrras Dé ;
An teann 's an docair
Chaidh crosdadh a' bhàis a'd threubh ;
An àm clost duit
Gun fhocal gu bràth á d' bheul.

4. Beul gun aineol an sàr-chuis ;
A' gheug mhùinte nan cliù fial,
Coimh-lìont' le gibhtean àigh,
'S nach àirear le neach a mhiad.*

Meid ī vahish, vi cahi
Gin snouh gin aylt
Lyn eil er vahiwe
Tiwtouh ri traighk
Bea moin^{d} Ioan vi cahi
ri sloūh ni baijrk
Mirr ghrijve phlah
Gi feihi shea voih gray

Grai gigh phin deas is touh
Aligan si loūy eg kaigh
Baūhghor astalligh ī veis
No lahi go teirmb ī vaise
Cha vais sho gha tañimb
Ga daigih leat baiñall fo ghroūymb
Ha tlaino^{r} gin vaillig
Ri payig di charronis boūhne
Mi ghraijs mir zhaillig
Naird vrūgh ni nangle go loyn
Sead krahit er tallū
Gari gin skarri dū voūyh

Voyhn gin skarrig croūn i neūle
Oūre chrain feūhindis ni kleihir
Gin noos kea yea verhi baihr
Da disrich mi er klair reūh
Reuh bea di chlekig
Vo ni cheid la vi faickshin di bhuire
Feistighchi kaitkind
is tedin ra frassig i cheūle
Ffeil lughk bertish
is edhi ni nairkigh i bū
Gletigh gin vaslig
Skeltigh fa saigh er i chūle

Er chūle ga di chahi voyhnd
oūrh ī vijs di lūyh eg kaigh
Sgūirri ī nish gi troūh
Di zhūoys fa oiūmb gna

Meud a' mhathais bhi caitheadh
Gun snuadh gun àillt ;
Lìon eile air mhathaibh
An taobh tuath ri tràchd.*
B'e miann Eòin bhi caitheadh
Ri sluagh nam bàrc
Mar ghnìomh flaith,
Gu'm faigheadh se bhuadha gràdh.

5. Gràdh gach fine deas is tuath ;
Ailleagan 's a luaidh aig càch ;
B' àghmhor astallach* a bheus
'Na làithean gu teirm a bhàis.
Cha bhàs so dha t' anam ;
Gu'n d' fhàgadh leat bannal fo ghruaim* ;
Tha d' shlànuighear, gun mhealladh,
Ri pàigheadh do charthannais bhuain ;
Mo ghràdh-sa, mar ghealladh,
An àrd-bhrugh nan aingeal gu Luan ;
'S iad cràite air talamh
Ag aire* gu'n sgaradh tu bhuath'.

6. Bhuainn gu'n sgaradh crùn an iùil ;
Ur-chrann-fiùghantais nan cliar ;
Gun fhios c' eadh e bheireadh bàrr
D'an d' fhiosraich mi air clàr riamh.
Riamh b' e do chleachdadh,
Bho na cheud là bhi faicsinn do bhùird,*
Féisdeachan caitcheann,*
Is teudan ri frasadh a' chiùil,
Féile luchd-beartais,
Is éideadh nan airceach á bùth :
Gléidhteach gun mhasladh,
Sgaoilteach fa seach air a' chùl.

7. Air chùl gu'n do chaitheadh bhuainn
Urra bhios d'a luadh aig càch ;
Sguiridh a nis gu truagh
Do dhuais fo iomadh gnàth.

Gna lea tūil dirighe
Ma skribs vi neig chrūh broin
Ghaig sead kischraūh
Bi phrisoil na leighi oire
Zheig rihi gin dhibird
er zhuin i koire
Bea veis foorrin
Gin vi ghraind hain no zhoig

Hig i dūih ga ta di hrijgh
Smoir ī zhivell sea mijsk ghail
Kaigh gin naihir er ī chuile
Ha sayhid zeha eūle er chaile
Ha kails gha kaitkind
Naimb hi-ighk ghaghi go vūirh
Maūlaūh gin ghaissig
ī krain[d] ī bairh frestle da chleūh
Taind chaij taittimb
Vo chainord ī naghkin Ioan ūirh
Dainsyghk teidd altrūm
bi haynt vi leats bea rūine

Di rūins no feithi chleah
Smairg bi trein mah er chaigh
Sma rejnd dhūin ghais ī krehe
Vi ūilli no reir gi bea
Shea va eoligh
Moir-chuise nighk sī baihi
Krain[d] fo-rin
Ma bronigh ī nish kaigh
Ta lūghk fogir
Gin chnodigh fo hijghkt di vaise
Vo ta storose
Sin chophir fo lijck ī taūh

Taūh no aihir no di zhewe
Cha neih ī noise teid gi braigh
Ski bū teih-idis si feimb
Fo laūhū vijck dhe ni graise

Is gnàth le d' fhuil dìrich*
Mu'n sgrìob-s', bhi 'n eug-chruth bròin ;
Dh' fhàg siad cìos-chnamh*
Bu phrìseal na leugan òir ;
Dh' eug rìgh gun dìobairt
Air dhuine còir ;
B'e bheus fìrinn
Gun bhi gràn̄d a shean no dh' òg.

8. Thig an diugh, ge ta, do thrìath ;
'S mòr a dhìobhail, 's e measg Ghall ;
Càch gun aighear air a chùl ;
Tha saighead dhe a iùl air chall.
Tha 'n call-s' dha caitcheann
'N àm thiochd dhachaidh gu mhùr ;
M'amhluadh gu'n ghaiseadh
An crann a b' fheàrr freasdal d'a chliù ;
Teann chaidh t' aiteam
Bho cheannard an acfhuinn, Eòin Ur :
D'* annsachd ; t' eud altrum,*
Bitheant bhi leatsa, b'e 'rùn.

9. Do rùn-s' na feighean chléith* ;
'S mairg bu tréin* math air chàch ;
'S ma rinn duine dh' fhàs á cré
Bhi uile 'nan réir : gu'm b' à.*
'S e bha eòlach
Am mòrchuis, an iochd 's am bàidh ;
Crann fòirinn
Mu'm brònach a nis càch ;
Ta luchd-fògair
Gun chnòdach bho thiochd do bhàis,
Bho ta 'n stòras
'S an chòmhra* fo lic a' tàmh.

10. Tàmh no aighear 'na do dhéibh
Cha 'n fhaigh an aos-teud* gu bràth ;
'S gu'm b' thu an tigheadas 's am feum,
Fo làmhaibh Mhic Dé nan gràs.

Di ghraisin i hrijnoild
Varkig gi miroildigh trein
Ma vla ī chriwe ion-oild
Cha-rig fois nijsle ī dheh
Gais daij gi loino^{r}
No gharden gin ghiwe fo ni ghrein
Ski dairn-shaid fyñish
Gi dalich gigh fraiwe vo ni zheig

Zheig bi tairhich gha gigh naigh
Bi dailwich draigh no leijg
Ffoor albe zheghin gi faighk
herr-shead ma shaigh nagh bi vreig
Cha breigigh mi veinmijnd
ī feighin di vairph-rijn di chaigh
Bi skeiltigh er targid
Nehrin cha tainmbs fos-nairdd
Va gehri rūit shailvan
is teile da ghairvig i gna
Kea zhedis di lain-vyn
Er ehdin ī tal-vijn i ta

Ta shead gin naihir fo chaise
Ni ma-hi sdū klair er loūyse
Chins nach feihir naigh vo ni vaise
Maighk rah no taijt boūyh
Boūigh gin ne-righe
Di ghoūlligh ni krews i baijhr
Groūm-igh ni keidhi
Snach gloūyshir le evigh i graijh
Ghoyshvoire ni feile
Gin loūgh er son teimb di chaigh
Troūh mir zherich
Loūh si rijh skeile di vaise

Di vaise ghaig mi fo chloist
Och-adoin i skeile i doūre
Gigh slij gha gloūysh gi braigh
Mi chri fo chraid gi boūin
Mi chri-is ī ta etc&

Do ghràsan, a Thrìonaild,
Bharcadh* gu mìorailteach, treun,
Mu bhlàth a' chraoibh* fhìnealt
A chàireadh fos n-ìosal an dé.
Dh' fhàs daibh gu lìonmhor
'Na *gharden* gun ghìomh fo na ghréin ;
'S gu'n dèarn siad fianuis
Gu'n dealaich gach friamh bho na ghéig.

11. A' gheug bu tairbheach dha* gach neach
Bu dealbhach dreach na leug ;
Fir Alba dh' éiginn gu feachd :
Their siad mu seach nach bu bhreug.
Cha bhreugach mo mheanmainn
A' feuchainn do mharbhroinn do chàch ;
Bu sgaoilteach air t' airgead ;
An Eirinn chaidh t'ainm-s' fos n-àird ;
Bha 'g éirigh riut sealbhan ;
Is t' fhéile d' a dhearbhadh a ghnàth ;
Ce dh' fhaodas do leanmhuinn
Air aodann an talmhainn a tà.

12. Ta siad gun aighear fo chàs—
Na ma h-ì ! 'S tu 'n clàr air luaths—
Chionn 's nach faighear neach bho na bhàs,
No mac rath 'nad àite buaidh.
Buadhach gu'n éirich
Do dhuilleach na craoibh-s' a b' fheàrr ;
Gruamach na ceudan,
'S nach gluaisear le éibheachd an gràdh ;
Guaismhor na fèidhlean*
Gun lùth air son* teum do chàch ;
Truagh mar a dh' éirich ;
A luath's 's a ruith sgeul do bhàis !

13. Do bhàs dh' fhàg mi fo chlost ;
Ochadòin, an sgeul a d' fhuair !
Gach slighe dha 'n gluais gu bràth,
Mo chrìdh fo chràdh'd gu buan.
Mo chrìdhe-s' a ta etc.

5 Rijn di reinig lea Gillicallūm Gairph ; mᶜ illichallum

Hivill is dijmbhoin di vūirn
Smairg ī zhūhir lea droigh qūirmb
i trūire bi phailt ra mi reah
Ni er vairrin dhuh ach ī nah skeile

Ta Ingis ī kroighk ni naingle
Laūh nach di cheinin ī sivill
Va shid er ni laūhū bi phailt
Da faighkis i chlannū ghaihall

Laūph eill ver Gillespig
Maighk Chellen Earle ghūinigh
Shea shin dairle laūh bi phailt
Da faigckis di chlannū ghaihall

Lauph Eachin oig vijck Eachin
Mi chraighs bi er i kljig
Bea shin oin lauh bi phailt
Da faighkis ī chlannū gaihall

Nish vo chaij trūir shin saighid
Skin vi aind naigh ga tivig
Ach ead mir zhimbigh ī faijhe
is ro-veg mart ort ī hivill
Hivill is doimhoin etc&

Rijn di reinig lea Oishen mᶜ Phyn

Seisher shin soir ir slijghk
Seisher shin nach smijn olk
Ffeher deh ir seishir fo lijck
Mi chraigh meid ir kliskgi noghk

XLVI.

Cùig roinn do rinneadh le Gille-calum Garbh Mac Ghille-Chaluim.

1. A shaoghail, is diombuan do mhùirn ;
'S mairg a dhubhar* le droch chuirm ;
An triùir bu phailt ri mo ré
Ni air mhaireann diubh ach an ath sgeul.

2. Ta Aonghus an Cnoc*-nan-aingeal,
Làmh nach do chaomhain an saoghal ;
Bha i siod air na làmhaibh bu phailt
D'am facas a Chlannaibh Gaidheil.*

3. Làmh eile bh' air Gill-easbuig
Mac Cailein, Iarla Dhuibhneach ;
'S e sin an dàrla làmh bu phailt
D' am facas de Chlannaibh Gaidheil.

4. Làmh Eachainn òig Mhic Eachainn—
Mo chreach-s' i bhi air a claoidheadh !
B' i sin an aon làmh bu phailt
D' am facas a Chlannaibh Gaidheil.

5. Nis, bho chaidh an triùir sin seachad,
'S gun bhi ann neach g'an taobhadh,
Ach iad mar ghiomaich am faiche,*
Is ro-bheag m' fheart ort, a shaoghail.
Shaoghail, is diomain* etc.

XLVII.*

Roinn do rinneadh le Oisean Mac Finn.*

1. Seisear sinn : saor ar sliochd ;
Seisear sinn nach do smaoin olc ;
Fear de ar seisear fo lic ;
Mo chreach, meud ar clisgidh 'n nochd !

Qūeig-err shin dūll er sheid
Shinidir ī teig ra ir tijwe
Dai-nig taighkir gin troūise
Vūn ea voyñ[d] queigi kijwe

Kair-err shin shailg ra shaill
Chaihirn airmoil nach ghirr
Er chroūise da qūirrimir kah
Vūnhi voyñ[d] feher zeh ir fihir

Treirr shin dull ī kein
Shūid dir hūgid Ri Greig
Cha[b] dairmid zhūyn vi er choūyrt
Vūni voyn ī trese deh ir treir

Shijh-mjid no ir doose i steih
Skilidir ī rijst ir genn
Tūikshi teig mir is dluih
Vūn shea voyn ī dairle feher

Nish no monhir no deihi
Goisin cha viphill ach baise
Cha naise er ī tallū soūise
Da chouyse nach tairlir si chaise

Smi noin chrain si chroighk
Smi stoighk ra būyltyrr toūind
Cha veah ghom ach ī baise
Smairg da faigir ī laūh loūim

Smi noin chro si voigle
Sgin chroin eill no maskin
Is beg ī boigi lea tūittimb
Gijh dull fohim gi farsim

Kihild is Goule is Gohri
Agas Oskir tan kris-ghale
Mish is Ryn va ni vainmin[d]
Gir ea shuid i inainn[b] da teisher
Sheisher sin etc&

SEUMAS VII.
Rìgh Bhreatuinn.

Photo., Rischgitz Collection.
(From the Portrait by Sir Godfrey Kneller.)

IONBHAR-NIS 'SA BHLIADHNA 1688.

(Feuch leithtaobh 171).

2. Cùigear sinn a' dol air seud,*
Sìneadar an t-eug ri ar taobh ;
Dàinig an teachdair gun truas ;
Bhuin e bhuainn an cùigeamh caomh.

3. Ceathrar sinn a' sealg ré seal ;
Ceatharn armail* nach gior* ;
Air chruas d' an chuireamar cath,
Bhuineadh bhuainn fear dhe ar fir.

4. Triar sinn dol an céin ;
Siuthadar* chugad, Righ Gréig ;
Cha bu dearmad dhuinn bhi air chuairt ;
Bhuineadh bhuainn an treas de ar tréir.*

5. Sitheamaid 'na ar dìs a steach ;
Sgaoileadar a rìst ar gean ;
Tiucas* an t-eug mar is dligh ;
Bhuin se bhuainn an dàrla fear.

6. Nis 'nam ònar 'nan déidh,
Dhòmhsan cha bhaoghal ach bàs ;
Cha'n fhàs air an talamh suas,
D'a chruas,* nach tàrlar 'sa chàs.

7. 'S mi 'n aon chrann 'sa chnoc ;
'S mi 'n stoc ri 'm buailtear tonn ;
Cha bheatha dhom ach am bàs ;
'S mairg d' am fàgar an làmh lom.

8. 'S mi 'n aon chnò 'sa mhogul,
'S gun chnothan eile 'nam fhaicsinn* ;
Is beag am bogadh le'n tuitim,
'S gaoth dol fodham gu farsuinn.

9. Caoilte* is Goll is Goraidh,
Agus Oscar tana cneas-gheal,*
Mise 's Raonaidh bha 'na mheanmainn,
Gur e siod an ainm d' an t-seisear.
Seisear sinn etc.

A phrofesie
made before the situas'ne of Invernes

Streid wahell sallich ī shūin^{d}
Wohgre fijne a darrich douyn^{d}
i Daine Chain^{d} voddog ghail
Droūile er i weihwid oūyn^{d}

Invernish Daill chlaisk
Dorire kaha tūirhglash
i dig M^{c}Pehaig i mach
Lea layn agas lea luhrich
Tuitti ni Ghayle ma saigh
Ma voirlūmb toim ni hurich

Rijn di reinig lesh ī skripher naimb ī dorig Ri Shemis 7 a Sassin anno 1688

Gir faijlt carroile ī sivill
Gi maile ea barroile nī sijhijn
Siljlmbs gir foir ī skeil
Wo ni zherich di Ri Brettin

2 Ga^{b} voir ī heywris sī vūirn
Steyle fois si zho chrūin
Lohri ūll sī hreish
Doigrī leo ea gi mi-yeish

3 Ga^{b} voir ī hovird si ghoyse
Da choivirle agas da louh
Di ghijghk ead eil lea taish
Eidighe ī skeil ra ahrish

XLVIII.*

A Prophecy made before the situation of Inverness.

1. Straid-bhaile salach an sionn ;
   A' mhachair* fionn, an darach donn ;
   An Dana-cheann* a' bhodag* gheal ;
   Drùil* air am faighmid* onn.*

2. Ionbhar-nis an Dail-chlasg,*
   An toirear cath an tùir-ghlais,
   A'n tig Mac Beathaig* am mach
   Le lainn agus le lùireach,
   Tuitidh na Gaidheil ma seach
   Mu bhòrlum* Tom-na-h-iùbhraich.

XLIX.*

Roinn do rinneadh leis an sgrìobhair an àm an d'fhògradh* Righ Seumas a seachd á Sasuinn. Anno 1688.

1. Gur feallta, carail an saoghal ;
   Gu'm meall e barail nan saoidhean;
   Saoilim-s' gur fìor an sgeul,
   Bho na dh'éirich do Rìgh Bhreatuinn.

2. Ge bu mhòr a shaibhreas 's a mhùirn,
   A *style* fòs 's a dhò chrùn,
   A shlòghraidh* uile 's a threis,
   D' fhògradh leò e gu mi-dheas.

3. Ge bu mhòr a thobhairt 's a dhuais
   D'a chomhairle agus d'a shluagh,
   Do dh' ìoc iad fhéil' le tais* :
   Eiteach an sgeul ri aithris.

4 Maighk ī feihir pha ī neighk

Ye 4th verse Maghk ī pheihir fa ī neighk
Co-chavill rish er gha gleis
Chlewhin oile agas oūll
yimbich da yoin go hrūinei ghūinn

5 Ga[d] haimbs cūrr ī keil
Di zhūmb zhūn voir skeil
Ni vell fois er bhi kea yea
Ehvir zhe, no pha i zhūmi

6 Ach ghlesih Ri er veid ī hreish
Vhi[n] vrihi corhūm ko-yeish
Gin rūihn leggell fa skoole
No zhin, vaillih lea deo-gloir

7 Loyhri ull chūmvell kairt
Deo-chreiddi fo lain smaghk
Rairs mir heiggisk Christ gi beaghk
Agas ta reis hest oistle

8 Shaū-keid bleind ta reish eig
Va vreihri zhūn[d] ull reah
Lain-vi-mir ni kembni keind
Sno eigni-chi-mir i foighkle

As shin tūigfir mir ī daile
Gir oin sli choistnis haile
Cha dehlimb ead reūh ī skoile
Hoile hohird da gigh oin nehr

Ach gogh ir brihi mi sī chuise
Heddir Ri Breittin sī prūinse
Derph, ha ir pecki cho cūirst
Skūirsir shyn a leah ni keirh

Ni oinih shin hjīghkt oirn
Oūrh lijn gigh shain, ghall gigh noh
Di vreignich shyn ull ī test
Verh shyn gin cheist, ni ha-vijñin

4. Mac a pheathar—fath* an euchd—
Comh-cheangailt' ris air dhà ghleus ;
A chliamhain, 'fheòil agus 'fhuil,
Dh' imich d'a dheòin gu dhi-chrùnadh dhuinn.*

5. Ged thaim-s' a' cur an céill
Do dh' iomadh dhuin' a' mhór-sgeul,
Ni'm bheil fios air bith c' eadh e
Aobhar Dhé, no fàth a dhìombaidh.

6. Ach dhleasadh rìgh, air mheud a threis,
Bhi 'na bhritheamh cothrom comh-dheas
Gun rùn a leigeil fa sgaoil,
No dhaoin' a mhealladh le deagh-ghlòir ;

7. A shluaghraidh uile chumail ceart ;
Deagh-chreideamh fo làn smachd,
Réir 's mar theagaisg Crìosd gu beachd,
Agus, tairéis a theasd,* ostail.

8. An sèathamh ceud* bliadhn' tairéis 'eug,
Bha bhriathran dhuinn uile réidh ;
Leanfamar na ceumanna ceund,*
'S na éignich-mar am focal.

9. As sin tuigfear, mar an dall,
Gur aon slighe chostnas thall ;
Cha d' fhòghlum iad riamh an sgoil
A thoil a thobhairt do gach aon fhear.

10. Ach gachar britheamh mi 'sa chùis
Th' eadar Righ Bhreatuinn 's am Prionns,
Dearbh, tha ar peacadh cho cùrst :
Sgiùrsar sinn a leth na coire.

11. Ni ionghnadh sin a thigheachd oirnn ;
Ur leinn gach sean, geal gach nòdh* ;
Do bhreugnaich sinn uile 'n *test* ;
Bheir sinn gun cheist na h-ath-mhionnan.

Kighla shyn, mir chighlas strūh
Shemis ī deh Prūinse ī dūih
Deirph leūhm, vo skeil doyrh
  Bairh-ī ti bi doūile, no hainig

Ach ghūihmijd as ī leah gi taijnd
Ead vhi fa roin er oin raind
Go gloir zhe, is Ise ī kain[d]
  Chon sgi daijnt ī toile gin deylh

Dain-ni-mir broin agas traisk
Ma loinfir shyn na moir reaghk
Lea ūllih di zhe sgigh caise
  Err ir glūni, gna gi soyller

Treig-mijd fairmid is oūhphir cūirp
Treig-mijd, mi-rūin, is moir ghluit
Treig-mijd fourh chreddi gin vla
  Treigmijd gi braigh vi feylloile

Eair-mijd shichawe, eairmijd ijghk
Eairmijd fijūh zhe, tuis vi ghlick
Eairmijd creiddi, treigmyd saijnt
  Vo is faijlt carroile ī sivill
    Gir faijlt carroile etc&

Ghrea orhan di reiñig leish i Skripher si naimb chijnd anno—88

Ta sivils carroile
Ha ea didain da ir maillig gi gheir
Leūhid kighla herr tallū
is Dhoon er ī dallig lea vreig
Chrek Pairt dūis ī nañim
Sdi chighle ead barroile chijn sheid
  Oir chai aunsī chrāñoig
  Ghoirt tūill da ir kañigh
O oin Ri voire beanni nir creid

12. Caochlaidh sinn mar chaochlas struth ;
Seumas an dé, am Prionns an diugh ;
Dearbh leam bho 'n sgeul d' fhuair
B' fhèarr an tì bu dual na* thàinig.

13. Ach guidheamaid as a leth gu teann :
Iad bhi far aon air aon rann,
Gu glòir Dhé is Iosa an ceann,
Chun's gu'n deant' an toil gun doille.

14. Deanamar bròn agus trasg',
Mu'n lìonfar* sinn 'nam mòr reachd ;
Le ùmhladh do Dhé 's gach càs
Air ar glùinean ghnàth gu soilleir.

15. Tréigmid farmad is uabhar cuirp ;
Tréigmid mìorun is mòr ghlut ;
Tréigmid fuar chreideamh gun bhlàth ;
Tréigmid gu bràth bhi foilleil.

16. Iarrmaid sìothshaimh ; iarrmaid iochd ;
Iarrmaid fiamh Dhé : tùs bhi glic ;
Iarrmaid creideamh, tréigmid sannt,
Bho is feallt carail an saoghal.
Gur feallt, carail, etc.

L.

Gnè òrain do rinneadh leis an sgrìobhair 'san àm cheudna. Anno —88.

1. Ta 'n saoghal-s' carail ;
Tha e daonnan d'ar mealladh gu geur ;
A liuthad caochladh th' air talamh,
Is daoin' air an dalladh le 'bhréig ;
Chreic pàirt diubh-s' an anam,
'S do chaochail iad barail chionn séid* ;
Fhir chaidh anns a' chrannaig,
Dhoirt T' fhuil do ar ceannach,
O, aon Righ mhòir, beannaich nar creud.

O ahir ni graise
No failig shijn nir croūise
Ach aūphrig oirn tra
Lea tlaise o[d] lahis ī noūise
Mirr hug ū lea[d] wirūild
Clain[d] Iseraell
Gin dhi foirr si choūyn
    Dhine teglish di riri
    Ga ghoyh lea lūighk ī miroune
Vo skribs ta tijghk ma kouyrt

Skoir rijs vi oūild
Ga ta ī fo ghuh ains i naimb
Gir ead ī peakin ī duhire
Harrine oirn pūhire is kaile
Ach dainmir traisk agas kūh
Rish i nerr
Gha gin deūhir si chrain
    Chons gi kaisich ea weūhin[d]
    Chleak ī negoire is dūih
Mir ha bregin is lūhin is faile

Zhe chūrrind laidhir
Ghalich mūir agas teere
Ha ū faikshine ī draist
Mir ghalig ī prabirrs i Ri
Ach rairs mir haghir di Gaij
Noūire gaiph absolon
Pha er go zhi
    Berr ghaghi ma ghaile laitt
    Ghainoin ī partī
Nir Ri chon ait, lea shih

5 Fferr eill sma ī shoile do[m]
Ha gheist oūire er foighir
    No phairt
Loighk ni cūrrijn ī shoilt
Di hogrig snach obigg
    ī spairn

2. O, Athair nan gràs,
Na fàilig sinn 'nar cruas ;
Ach amhraic oirnn tràth,
Le tlàths o d' fhlaitheas a nuas ;
Mar thug thu le d' mhìorailt Clann Israel
Gun dìth fòir 'sa chuan,
Dìon t' eaglais da rìreadh,
'Ga goidh le luchd a mìoruin,
Bho'n sgrìob-s' ta tiochd mu'n cuairt.

3. 'S còir dhìth-s' bhi umhailt
Ge ta i fo ghuth anns an àm ;
Gur iad a peacannan dubhar'*
Tharruinn oirnn puthar is call ;
Ach deanmar trasg' agus cumha
Ris an fhear chaidh* gun diubhair 'sa chrann,
Chun's gu'n ceannsaich e bhuidheann
Chleachd an eucoir is duibhe,
Mar tha breugan is luighean is feall.

4. Dhé churanta, làidir,
Dhealaich muir agus tìr,*
Tha thu faicsinn an dràsda
Mar dh' fhàilig am pràbar-s' an rìgh ;
Ach riar's mar thachair do Dhàbhaidh
Nuair ghabh Absolon fàth air gu dhìth,
Beir dhachaidh, madh àill* leat,
Dh' aindeoin am pàirtidh,
Nar rìgh chun àite le sìth.

5. Fear eile 's math is eòl dom
Tha 'n ceart uair air fògar
'Na phàirt,
A shliochd nan curaidhean solta*
Do thogradh 's nach obadh
An spàirn ;

Ga tāmil leen vyn^{d} ū
Ni dorimir foūh zhūit
Gi bragh
Sand da ir shoirs bi doūle shin
Eddir Vhei agas oūylsī
Wi er di zheislaiph ī croudall
Si caise

6 Troūh nach faickin ū tijghk
Mirr baitt lea mi chri
Si naimb
Ffar ri Shemis lea beūhin^{d}
Nach gheil ī zeūhir
Ni ghaile
Ha draist no weūich
Veids gin hijighe
ead faile
Lea sholig slea neūhimb
Ains ni modū is dūih
Chuirr fa zho shiwe er shūile
Di Raink

7 Ach ha maijr sni dūhi
Gi kighile ī coūirse
sho foist
Gi faijk mi lea^{m} hūlī
Vi skūirsī gigh trūh, va
sni moijd
Sgigh Barron beg cūbigh
Vaile lea carrū is lūbin
Prince oire
Gheūh McKellen er hūise dūih
Ghainoin ī chūirt
Gallire bī dūighisich
gho

8 Bea ghūghis vo hain^{r}
Vi didain ra maillig
gigh tij

Ge tamull leinn bhuainn thu,
Ni 'n toireamar fuath dhuit
Gu bràth ;
'S ann do ar seòrs bu dual sin,
Eadar mhithean agus uailsean,
Bhi* air do dheas-laimh an cruadal
'S an càs.

6. Truagh nach faicinn thu tigheachd,*
Mar b' ait le mo chridhe
'San àm,
Far ri* Seumas, le buidhinn
Nach géilleadh a dh' uimhir
Nan Gall,
Tha'n dràsda neo-bhuidheach,
Mheud 's gu'n shuidhich
Iad feall,
Le 'n seòladh 's le 'n uigheam,
Anns na mòdaibh is duibhe,
Chuir fa dheòidh sibh air siubhal
Do'n Fhraing.

7. Ach tha m'aire 'sna dùthchan,*
Gu'n caochail an cùrsa
So fòst,
Gu'm faic mi le m' shùilean
Bhi sgiùrsadh gach trùth bha
'Sna mòid ;
'S gach baran beag cùbach
Mheall le caraibh is lùban
Prionns Or ;
Gheibh Mac Cailein air thùs diubh,
Dh' aindeoin a chùirte,
An galar bu dùthchasach
Dhò.

8. B'e dhùthchas bho sheanair
Bhi daonnan ri mealladh
Gach tì ;

Cha baire ea hiwe ahir
Ga[b] voire i wahis
Vo Ri
Ma sea sho ī treis gahell
Hugg ūisk voūh vaihall
Go proos
Lea meydin scorriach skahoile
Chad chaiusichig faist
Ga[d] hūitt oū cha naihish
Dūit ī

9 Oūimbig Tijhorn is poist
Nach oyle dois ī noish chur
I dhain
Ha draist gi moittoile
Le phrabir gi boistoile
i[d] phaijrt
Saind duih shin Cullodhir,
Graintich, is Rossich
i chaile
Noūire haintas ī roihj
Chon ainsighk vo hossigh
Gir taijnt ghaij chroighe
Misk chayghe

10 Ach earrū ni hailb
Ga dailligh li draist
nir couirt
Ga[d] lepht siw vo ir lainbighk
Svo la gheils sijwe Ghergus
err hūise
Huitt gigh foinn lea tairmisk
Di hreig snach rouh earbsighe
Di[n] chroūin
Ach shoh tailigh ī ghairvis
Gi hari ī saiñchis
Gi neirrighe mi hailvoire
Da kleuh

Cha b'fhèarr e thaobh athar,
Ge bu mhòr a mhathas
Bho n' rìgh ;
Ma's e so an treas gabhal*
Thug uisge bhua* 'n bhalla
Gu prìs,
Le maighdinn sgoraidheach, sgathail,
Cha do cheannsaicheadh fathast,*
Ge do thuit thu cha 'n athais
Duit* ì.

9. Iomadh tighearn is posta*
Nach eòl dòmh-s' a nois* chur
An dàn,
Tha 'n dràsda gu moiteil,
Le pràbar gu bosdail
A'd phàirt,
'S ann diubh sin Cul-fhodair,
Granndaich is Rosaich
A' chàil ;
Nuair theanndas* an rotha
Chun annsachd bho thoiseach,
Gur teann* dhaibh a' chroich am
Measg chàich.

10. Ach fhearaibh* na h-Alba,
Ge dealbhach leibh 'n dràsd
Nar cùirt,
Ged leubht'* sibh bho 'r leanbachd,
'S bho 'n là ghéill sibh dh'Fhearghus
Air thùs,
Thuit gach fine le tairmeasg
Do thréig 's nach robh earbsach
Do'n chrùn ;
Ach so'n t-àlach a dhearbhas—
Gu h-àraidh an seanchas—
Gu'n éirich mi-shealbhmhor
D'an cliù.

11 Ni kan mi ni sleir rom
Ri ir mahi, ri ir cleir
ri[r] poire
Deish ir miñin ī Heirlis
Gi seisī shiwe pean ea
nehij dohin
Si teyhri dlygh no gheis
Hūitt nish go Shemis
ra veo
Ach ghaiñoin ir leirs
Ga moir ir qūyd leiph
Herr leoūmbs gin reib siwe
ī choire

4 verses to be inser[d] heire as follows

16 Ghaiallū gaist
No layhi fo waisle
Si chuise
Ach feyhir siwe tappie
Si Ri Shemis no haick
er ir cūil
Ga ta Vlliam ī Sassin
No gheliwe i feast
da chroūn
Leūmb is kijnttigh mir haghris
Hijwe oinlighk ī wearrtine
Gi pijltir ea gaghi,
gin chleū

17 Noh[m] oin lywe pein sho
Shin ghlaighk eash i negore
err chain[d]
Va vanefesto ro eidighe
Nach faijk sywe gir bregigh
i chaijnt
Sgigh gaillig di reyn[d] shea
Di Hassin di hreig shea
gi taijn[d]
Ha ead nish neyhi cheile
Noūire hūig shead ī reson
Ach ni ha Phresbiterianich
— aind

11. Ni 'n can mi na's léir dhom
Ri ur maithean, ri ur cléir
'S ri 'r pòr,
Déis ur mionnan a Sheurlas
Gu'n seasadh sibh péin e
'N aghaidh an domhain,
'S an t-oighre dligheach 'na dhéidh-san,*
Thuit nise gu Seumas
R'a bheò ;
Ach dh' aindeoin ur léirsinn,
'S ge mòr ur cuid leubhaidh,
Their* leam-s' gu'n do reub sibh
A' chòir.

16. A Ghaidhealaibh gasda,
Na laighibh fo mhasladh
'Sa chùis ;
Ach faighear sibh tapaidh,
'S an Rìgh Seumas 'na thaic
Air ur cùl ;
Ge ta Uilleam an Sasunn,
Na géillibh* am feasda
D'a chrùn ;
Leam is cinnteach, mar thachras
Thaobh ìnnleachd a bheartan,
Gu'm pilltear e dhachaidh
Gun chliù.

17. Na ma h-ìonghnadh leibh péin so,
'S gu'n ghlac es' an eucoir
Air cheann ;
Bha *mhanifesto* ro-éiteach ;
Nach faic sibh gur breugach
A chainnt,
'S gach gealladh do rinn se
Do Shasunn, do thréig se
Gu teann,
Tha iad nis 'n aghaidh chéile,
Nuair thuig siad an reuson,
Ach na tha Phresbitérianaich
Ann.

18 Na[m] lehid nir mistnighk
Gi roū ead sho bristnigh
na coūirse
Ffo skaile religion
Bea navist si ghlighkis
Vo hūise
Co zūh ailigh ī nish
Nach dacha ī nijghk
Lea miroūine
Ach ha nait lea foise dhūin[d]
(Ga[d] ghailig, Rijn trijck ead)
Eg gigh Airmin[d] va tyrggig
ī chrouine

19 Gim aūli sho gheris
Vaihi Albe sni Heir
si naimb
Ha caihi lea Shemis
Snach daiphrig ead fein
err ī kaile
Ach beill i bayst si nedin
Ffo gigh naich va ri bregin
Sri faijle
Gaiph i test va eijdighe
Eddir Vaihi is chleir
Ho[r] ī nanme ga negoragh
— vaylt

12 Oin loūh er coir zhirich
ha maslig no zhibir di phairt
Va oūyr ī staijt oosle
Sī ha err torrig lea ooghk ma i draist
Shain achkle sgir foore ea
Va reūh eddir Christini grai
Girr mis no añspirrit
Dūin mi hainkoile
Gaiph na sloir rūis naimb er no chais

18. Na ma lughad nar mistneachd*
Gu'n robh iad so bristneach
'Nan cùrs :
Fo sgàile *religion*
B'e 'n àbhaist 's an gliocas
Bho thùs—
Co-dhiùbh, 'n àlach a nise
Nach d'àicheadh an iochd
Le mi-rùn—
Ach tha 'n àite, le fios duinn,
(Ged dh' fhàilig rìghean* tric iad)
Aig gach àrmunn bha tiorcadh
A' chrùin.

19. Gu ma h-amhluidh so dh'éireas
Mhaithibh Alba 's na h-Eire
'San àm,
Tha cathadh le Seumas,
'S nach d' amhraic iad féin
Air an call—
Ach am beil am bàthaist 's an aodann
Bho gach neach bha ri breugan
'S ri feall—
Ghabh an *test* a bha éiteach,
Eadar mhaithean is chléir :
Thoir an anaman g'an eucoireach
Mheallt.

12. Aon shluagh air còir dhìrich
Tha masladh, no dhìobair do phàirt,
Bha uair an staid ìosail
'S a tha air tòrradh le ìoc* math an dràsd,
Sean fhacal, 's gur fìor e,
Bha riamh eadar Crìosdaidhean* gràidh :
Gur miosa na ann-spiorad
Duine mi-thaingeil ;
Ghabh na's leòr dhiubh-s' an àm* air 'na chàs.

13 Kais eill nach fass
Zherich mir asson si royūgs
Chlain fein vi no taijkt
Da gigh naich ha cur as da ma couy...
Di hreig eid scha naijtt dai
Qūeūgū fain va ch ... ga loūyh
Noinado[r] wairt sho
Di naich gaiph baistig
and ī namb ni tri person ha soūis

14 Ach oirr zuibbrich gigh miroild
Va misk chlain Iseraell vo hūise
Nach shoyller i gijwe sho
Zoin naich gaiph Christighk mir groūn[t]
Vo lijh gheilt agas foiph moir
Err gigh Marquos gigh Earl sgigh Dūighk
Kaisk fein nairyīlds
Mas toil leats ī zhe ea,
Ma tuit shin fo eyrist di grūise

15 Smoir eyris ruītt ī Wreittin
Snach dedig di heiggisk no aim
Cha leir rūitt fa tegle
Gin harrin ancreddi ort cail
Vo la vūirt sjiwe Sheirlis
Ha ūilsin ghewighk gi tain[d]
Gaiph ahri i tegoir
Hoir ghachi Ri Shemis
Noih higg skuirse vo zhe ort i nail

20 Ach ha mi daile no mi varrole
Mar chaysich Dhe charrighks
i tra
Smar vayltir leash barrole
Chlainnish oyure alloile
gin vla
Smairg ī hosich mir ailli
Ahir keile chur ahloūh
vo vaire

13. Càs eile nach fasa,
Dh' éirich mar fhasan 'san ruaig-s',
A chlann féin bhi 'nan teacht*
Do gach neach tha cur as da mu'n cuairt* ;
Do thréig iad, 's cha 'n ait daibh,
An cùigeamh fàithn' a bha casg'* a shluaigh ;
Neo-nàdurr a' bheart so
Do neach a ghabh baisteadh
Ann an ainm nan tri pearson tha suas.

14. Ach fhir dh'oibrich gach mìorailt
Bha'm measg Chloinn Israel bho thùs,
Nach soilleir an gìomh so
Dh' aon neach ghabh Crìosdachd mar ghrùnnd ;
Bho luigh geilt agus fiamh mòr
Air gach marcus, gach iarla 's gach diùc,
Caisg féin an aimh-riaghailt-s',
Ma's toil leats', a Dhia, e
Mu'n tuit sinn fo fhiabhrust* do ghnùis.

15. 'S mòr 'fhiabhrus riut, a Bhreatuinn,
'S nach d' fhaodadh do theagasg 'na àm ;
Cha léir dhuit fàth t' eagail :
Gu'n tharruinn an-creideamh ort call ;
Bho'n la mhurt sibh Righ* Seurlas
Tha fhuil-san ag éibheachd gu teann :
" Gabh aithridh á t' eucoir
Thoir dhachaidh Rìgh Seumas,
No thig sgiùrsadh bho Dhé* ort a nall."

20. Ach tha mi dall 'na mo bharail
Mur ceannsaich Dia an carachd-s'
An tràth ;
'S mur mhealltar leis* barail,
A' chleamhnas* fhuar allail
Gun bhlàth,
'S mairg a thòisich mar ealaidh
Athair-céile chur ath-luath*
Bho bhàrr ;

Ach sho ordū ni balligh
Farr ri dochis ni kelli
Si tivill chroyh charroils
ī ta
Ta sivills carroile etc&

Greh ell foist di reinig er fohgri
Ri Shemis 7

Mi[m] leabbi er moin tijwe gin chadle da itin
Ha maigni ri smiñti er ī tivills i ta
Na choi er gigh Juigh gin soyvairt da skilig
Ti smo ha toird gijle da ha hiltinis ba
Sea coni mir oillich flūigh royti oūimghiich
Ochoin gi bea drihi sni ghidir sho ghra
Noūire chuirrig Ri Shemis lea oimbird sle egin
Gin vūill gin vemland, vo hreid a whithall

2 Leūhid trein ūrr va achk gi hūilli
Di laūrig i nūrri kea burr si spairn
Va trakig er būiñig si chardis dai vllī
Noi-nado[r] ī skuirr ead hrai tūill er ī ghraij
Vick Mūirr faijk fein sho, sbi tūrr ansin reijt
Si di vūills is trein no kedhi si spaijrn
Vo nach t vūn ea gha negōr mir churr ead leid er
Gigh turris da deid ea bi fein er mirr ghaird

3 Baighti liwe pein sin, hiwe aightri no lephin
Oin des chrain cho trein rish gha derrich mig
Breittin is Erin no chairt fo oin neiwe
Ga barshin ī hrediwe, ead fein hoird ī hair
Noūre chassī no eimb ea le lassan ankeli
Va dlessonis edich noure hreig ead i phairt
Vo-is kairtis bi veis da, hig askell er Shemis
Lea nairt vo ni sperū an-ewijn sin dai

Ach so òrdugh nam balach,
Far* ri dòchas nan caile,
'San t-saoghal chruaidh, charail-s'
A tà.
Ta 'n saoghal-s' carail etc.

LI.

Gnè eile fòst do rinneadh air fògradh Righ Seumas a seachd.

1. Mi'm leabaidh air m'aon taobh gun chadal d'a fhaotainn,
Tha m'aigne ri smaointinn air an t-saoghal-s' a tà
'Na cheò air gach aon-neach* gun sò-bheart d' a sgaoileadh :
An tì 's mò tha toirt gaoil da, tha shaoiltinneas bàth ;
'S e 'n còmhnuidh mar fhaoilleach fliuch, reòdhte, iom-ghaothach—
Ochòin ! gu'm b'e 'n draoidheadh 'sna dh' fhaodar so ràdh* ;
Nuair chuireadh Righ Seumas, le iomairt 's le éiginn,
Gun bhuille, gun bheum-lann bho threud á Whitehall.

2. A liuthad treun-urradh bha aca gu h-ullamh,
Do labhradh an uiridh—ce b'urra 'san spàirn—
Bha tràchdadh air bunadh, 's a chàirdeas daibh uile ;
Neo-nàdurra sguir iad : thràigh tul* air an gràdh.
Mhic Muire, faic féin so, 's bi 'd urr' anns an réite ;
'S i do bhuille-s' is tréine na ceudan 'san spàirn ;
Bho nach do bhuin e dha'n eucoir, mar chuir iad a leud air,
Gach turus d'an téid e bi féin air mar gheàrd.

3. 'S beachdaidh leibh péin sin, thaobh eachdraidh* no léibhinn :
Aon deas-chrann cho treun ris cha d'éirich measg chàich* ;
Breatunn is Eirinn 'na cheart fo aon éibheadh,*
'S gu'm b'fharsuinn a threudaibh iad féin thoirt a shàr* ;
Nuair chasadh 'na fheum e le lasan an-céillidh,
Bha'n dleasanas eudach nuair thréig iad a phàirt ;
Bho is ceartas bu bheus da, thig ascal* air Seumas
Le neart bho na speuraibh : an-éibhinn sin dàibh.

4 Zibbir gin cherr lea oinlighk lughk feyll
Shain mirūn na an-ijghk gi mairr sho ach gair
Bi-i ti er ī bainnū ni noirrin ī kaindle
Ra-treut air gu teann a Bhreatuinn gu chall,
'S Rìgh Seumas 'na cheannard buidhne ;
Ce reithist* bu 'm pòr chuireadh éis air an* chòir—
Their leam-sa gur dògh dhaibh cùbadh ;

Sbihi Mahi fo eamb, nouhre hig ead sho naile
Cha ghavir voh meen mir oule

Bihi chūig gi leir, agas Levin i peine
Is Craford i deish i squirsie
McCellen si Chlain i teañie ni laūh
Cha tairin i chain vo duchis
Bihi Fforbessich boghk & Grantich gi noght
Ffo chossū ni nolk da spūlig
Bihi Kiñig VcKy . si Mraihi ga kijh
Teihig ni gijh go geūlan

Bihij Daij beg Doūyn, gin nerrose gin noūhnd
Si chinig gi troūme da chursig
Bihi Tearle shin Chatt si veavill gi kairt
Sea tryle tairshine as di new land
Ha kijnd eyhin or i vaire, ro veyrrigh i drast
Ra eynhighk cha nand go curt dai
Zeūh ead style lughk faile, & eyrrighk gin veayg
Vo Veidin nacht haintich shursich

Gigh ti hessie i chore, bihi ead sesshigh na sloir
Gad doūhrie leo leoin si chuise oid
Lea honnor is couirt, har lughk i mi-rūine
Slear rūine gir feū i cleū shin
Smairg ī ghorig gi taind si dorine i vaind
Mar eihir leo tainck na deuvell
Vihig ferrin lughk faile, da rein orh i baind
No feihins raine mir ghūrighk

Bihi Cāmond er hoile nacht chūñis leo foist
Cha phai ead ni smo a smūdie
Bihi mish mi ghoi curr zillin er stoile
Sda griñichig i choire ni pupait
Leam zooish lag oig na sih fam choir
Sea brihine mi choile smi hūgrig
Killdūich mi haiwe lyhir leūme saij
Sni bihimir and ra tuirshe

'S bithidh maithean fo fheam* nuair thig iad so nall ;
Cha ghabhar bhuatha meann mar ùnlagh.*

12. Bithidh a' Chuige* gu léir agus Leven am péin ;
Is Crawford an déis a sgiùrsaidh ;
Mac Cailein 's a chlann an teannadh nan làmh,
'S cha teàrainn e cheann bho'n dùchas* ;
Bithidh am Foirbeasach bochd, 's an Granndach gu nochd,
Fo chosaibh nan olc d' an spùilleadh ;
Bithidh Cinneadh Mhic Aoidh, 's am mnathan 'gan caoidh,
Is taghadh nan gaoth 'gan giùlan.

13. Bithidh Daibhidh beag donn gun earras gun fhonn,
'S a chinneadh gu trom d'a chùrsadh ;
Bithidh an t-iarla sin Chat, 's a mhiamhail gu ceart,
'S e triall tarsuinn as do *New Land* ;
Tha cinn-fheadhn' orra bhàrr ro mheadhrach an dràsd,
Ri fhoighneachd—cha'n ann gu cùirt daibh ;
Gheibh iad *style* luchd-feall, agus oighreachd gun mheang*
Bho mhaighdinn nach d' shanntaich siùrsachd.

14. Gach ti sheasadh a chòir, bithidh iad seiseach* na's leòr,
Ge d' fhuaradh leo leòn 'sa chùis ud,
Le h-onoir is cùirt thar luchd am mi-rùin ;
'S léir dhuinne gur fiù an cliù sin ;
'S mairg a dh' fhòireadh gu teann 'san dòruinn a bh'ann,
Mur fhaighear leo taing 'nan dìobhail ;
Bhitheadh fearann luchd-feall d' a roinn orr' am bann
Na'm faighinn-s' an rann mar* dhùrachd.

15. Bithidh cumann* air sheòl nach d' chunnas leo fòst ;
Cha phàigh iad na's mò an smùdadh* ;
Bithidh mise ma dheòidh* cur ghillean air stòl,
'S d'an grinneachadh* chòir na pùpaid* ;
Le m' dhithis lag òg 'nan suidhe fa m' chòir :
'S e 'm bruidhinn* mo cheòl 's mo shùgradh ;
An Cill-dùthaich mo thàmh luighear liom sàmh,
'S nì 'm bitheamar ann ri tùrsa.

Couh Joan[r] Vreittin or Jock Breittans complent Irished to the toon q[n] the king coms home in peace againe—Julie 1693

Tuirsh mi veanmine tuirsh is ainm ghom
Tursigh armoile i ghaise mi grount
Dairkig an-meine ni Halbin[d]
Si cleaghkig barbre ha no coūirt
    Curr eaghigh orn mir yewe
    Go ahish er ir Cleire
Tairks Hemish chur er chūile
    Ach i ghainoine lughk i hrih
    Bihi ni meennins gin vrih
Nouhre hig mi Ris i rist go chroūne

2 Smi Jock Brettin sboghk fa[m] vrett te
Slughk gha[m] hessū dull go baij
Hreig i Negglish va ga[m] heiggisk
Rears mir heiggisk Crist is Ahij
    Achs daile leūm i spirrit
    Va ga ir nimbir
Gin cheūme girri ro vinnin baish
    Gir ahrie chuise vilt
    Sho gheūs agas dhijtt
Noūhre hig mi Ri lea shi chon ait

3 Ffaid i leūms i skeile gin chleuntin
Tihighk i Veūtrijgh orm er saile
Chon sgi teñtaig rah ni qūyle
Err lughk eūpre vinnin graine
    Cha zainnigh leo nir ni
    Gin ir nanmin chur i zih
Chors sgi ditih shine la vrah
    Ni sho eūrressie no di
    Cheūrrir er mi hire
Ach i dig mi Ri lea shi chon ait

LVI.

Cumha Eòin Bhreatuinn, or "Jock Britain's Complaint," Irished; to the tune "When the King comes home in peace again."—July 1693.

1. Tùrsa mo mheanmainn, tùrsa is ainm dhom;
Tùrsach, armail a dh' fhàs mo ghrùnnd;
Dearcadh ana-meinn na h-Albann,
'S an cleachdadh barbra tha 'na cùirt:
Cur aingeach oirnn mar dhéimh*
Gu athais air ar cléir,
Tairgs' Sheumais chur air chùl;
Ach a dh' aindeoin luchd-a-shrìth,*
Bidh na mionnan-sa gun bhrìgh
Nuair thig mo Rìgh-s' a rìst gu chrùn.

2. 'S mi Seoc Breatunn, 's bochd fàth mo bhreatail,*
Is luchd-dha-m'-sheasamh* a' dol gu bàth;
A thréig an eaglais bha 'gam theagasg,
Réir 's mar theagaisg Crìosd is fhàidhean;
Ach 's dall leam an spiorad
A bha 'gar n-iomair*
Gun chuim* is giorra romh mhionnan bàis.
Gur aithridh a' chùis mhillt'
So dhiùbh-s' agus dhìot
Nuair thig mo rìgh le sìth chun àit'.

3. Fada liom-s' an sgeul gun chluinntinn:
Tigheachd a mhuinntreach orm air sàil,
Chun's gu'n tionndaidheadh rath na cuibhle
Air luchd-oibre mhionnan gràin;
Cha gheanaich* leò* nar nì
Gun ar n-anman chur a dhìth,
Air chor's gu'n dìteadh sinn la bhràth;
Ni so uireasbhuidh no dìth
A chuirear air mo thìr,
Ach an tig* mo rìgh le sìth chun àit.'

4 Ha touhre zull as orms gi kairt-vreigh
Ma ghonis sesse agas argid chain
Beart nach fas gaise mir asson
Minnin tarshine da curr i baine
Ver sho orn i faisk
Ffranckich ghaist
Go ir maslig. lea neaghū shaing
Shea ir sljis go shaghnū
Fa roon si vi berttigh
Mi Ris hoird daghi si chairt aim

5 Ro veg i hile mi ra mi hivill
Nolaind oone vi skile orm koih
Cha leh mi smintine as mi zoon
Vi cho moole sgin leg shead leo
Mi chroūin mur sho chūmig
Di Mahrie sdi Ghūilliam
Snagh bead ni hurrin da mi coire
Cho faids si vi Ri Shemis
beo si Vaghk femoile
Ti hig er gleise go eyrighk orn

6 Nagh more i dairmid di vahi Albe
Noño^{r} zairse chur er chuile
Coirs keid Riri er i noon tli
Er tijghk vah dirigh magh go cleū
Skeile sho ta kintigh
Gir and deūs i doose oid
Rears mir skrive lughk-shainchis dūine
Gigh tih vaile i dilsighk
Orhs agas foorine
Heid go dih nouhre is shi da^{m} chroūine

7 Cha leh i vaslig di Vahi Hassin
Ead vi curr as dai pein da doine
Chaile ead berttish rish gi farssig
Is lūīñgis varsand na sloire
agh sea vaile ead gi heulli
Gaile veg ferr Lūndin

4. Tha tur dhol as orm-s' gu ceart-bhreitheach,
Ma dh' fhòghnas *cess* agus airgead cheann ;
Beart nach fasa* dhà-s' mar fhasan :
Mionnan tarsuinn d' an cur am bann ;
Bheir so oirnn am faisg'
Frangaich ghasd'
Gu ar masladh le 'n eachaibh seang ;
'S e ar slighe-s' gu'n seachnadh,
Far aon, 's a bhi beartach :
Mo rìgh-s' thoirt dachaidh 'sa cheart àm.

5. Ro bheag a shaoil mi, ri mo shaoghal,
An Olaind aon bhi sgaoil' orm ceò ;
Cha lugh' mo smaointinn as mo dhaoine
Bhi cho maol 's gu'n leig siad leò
Mo chrùn mar so chumadh
Do Mhàiri 's do dh' Uilleam,
'S nach b' iad na h-urrainn do mo chòir,
Cho fad's a bhiodh Righ Seumas
Beò, 's a mhac feumail,
An tì thig air ghleus gu éighreachd òirnn.

6. Nach mòr an dearmad do mhaithean Alba
An onoir dhearbh-s' a chur air chùl :
Còrr 's ceud rìghrean air an aon t-sligh'
Air tiochd bha dìreach mach gu cliù ;
Sgeul so ta cinnteach :
Gur ann diubh-s' an dìs ud,
Réir 's mar sgrìobh luchd-seanchais duinn ;
Gach tì mheall an dìlseachd
Orra-s' agus fìrinn,
Théid gu dìth nuair is sìth d' am chrùn.

7. Cha lugh' a mhasladh do mhaithean Shasuinn
Iad bhi cur as daibh péin d'an deòin ;
Chaill iad beartas ris gu farsuing,
Is luingeas mharsanta na 's leòr ;
Ach 's e mheall iad gu h-uile
Geall bh' aig fear Lunnainn

Er bhi chūmond hijghk no lorg
Ha ead mailt fo chūñdort
Skrisse vi ghai ūlli
Nouhre hig mi Ris er mūir go choire

8 Nagh failt i dois rein i Nolain^{d}
Lea ir gorighe go ir caile
Dar i foise eads lea moir-chuise
Oirph Preūse Orienge mir ir kain^{d}
Cha nain^{d} er ghile hor ros
Reiñi leo i toistis
Agh eggill foist vi orh ro aile
Smas i dhoon i beo shi
chi shi vi ga oigre
Nouhre hig mi Ri go choire i naūle

9 Smarg hoile i vert cho gorigh
Si rein Preuse Orienge ansin naim
Dar i chaile ea coire i heisrie
Mir huitt i neole vo^{n} cheon si damb
Sgigh oon gift is feile
Zeūt vo Ahir keile
Sgir ea maghk i pheahir fein i vand
Ha dhe mir err deve er
Dull chaile chuise lea egor
Mar hi mi Ri lea reit i naūle

10 Agh Errū dilish bihive kintigh
Nagh deid i vi stirighks ma lair
Sgi tuitt i scribs orh da oolt
Chleūh ni deestins er mi chlair
Sla squirsie sho ta cūmond
Zeūh gi oon deū beull
Ha fooltigh furranigh i draist
Si nouhre is laig i Dūin
Ha mi Zhe cho oūhllie
Go mi Ris i churr no ooñid slaine

11 Quirri cuille ri minnin gin noon-ghirrig
Treigi nimbird si grive naire

Air a' bhith chumant* thiochd 'na lorg ;
Tha iad meallt' fo chunnart ;
Sgrios bhi dhaibh uile
Nuair thig mo rìgh-s' air muir gu chòir.

8. Nach feallt an dòibheus* rinn an Olaind
Le ar gòraich gu ar call
Dar a phòs iad-s' le mòrchuis
Oirbh Prionns Orainns mar ur ceann ;
Cha'n ann air ghaol 'hó-ro'-s
Rinneadh leò an tòsta-s',*
Ach eagal fòst bhi orr' romh fheall ;
'S ma's a daoine beò sibh,
Chì sibh e bhi 'ga fhògar,
Nuair thig mo righ gu chòir a nall.

9. 'S mairg a sheòl a' bheart cho gòrach
'S a rinn Prionns Orainns anns an àm,
Dar a chaill e còir a shinnsre mhòir*
Mar thuit an fheòil bho 'n tseòn* san dàm*—
'S gach aon ghibht is féile
Gheibht' bho athair-céile,
'S gur e mac a pheathar féin a bh'ann :
Tha Dia mar fhear-déimh* air—
Dol a chall a chùis le eucoir
Mar thi* mo rìgh le réit' a nall.

10. Ach, fheara dìleas, bithibh* cinnteach
Nach téid a mhìstearachd-s'* mu làr,
'S gu'n tuit an sgrìob-s' orra da' fhillte
A chluich na dìstnean-s'* air mo chlàr.
'S le'n sgiùrsadh so ta cumant
Gheibh gach aon diubh buille,
Tha faoilteach, furanach an dràsd ;
'S an uair is lag an duine,
Tha mo Dhia cho ullamh
Gu mo rìgh-s' a chur 'na ionad slàn.

11. Cuiribh cùl ri mionnan gun aon ghioraig ;
Tréigidh 'n iomairt 's an gnìomh nàr,

Leg lughk ooññid hive spinni
Go vi millig orne snir gnaise
agh daiñiṁir ir mūnnin
Si Tis ta vrrid
Vo is sea is vrr ghūine no ir caise
Sver eash orne gin chuñord
Er aish (cha nea Vlliam)
Ri cha chūṁig ghom lea graise

12 ZHE di ghordich ghom vi beofie
Chi ū deo-vert orm mir chaise
Cleaghk di hoilig go mi chonig
Sno leggs ghoi mi chlij gi braigh
Ach tessrig mi gin veid
Vo naskine is vo neigh
Sgi feilimir vo^{d} chreid i gna
Gin ir nañim chur go dih
Lea naineūle er son nhi
Agas grese mi Ri lea shi chon ait

An other Irished by the same outhor called the true Protestants complent año 1693

Nach faick sive i zoone
Gir moir i cighlas ha Brettin
Mir huird Ffillie mah oraine
Ha choire and da straghkig
Gaid yaint and i negoire
Cha leir ferr i caisk
Vo la vurttig Ri Sherlis
Cha drogh vesin i claickig

Ach na pait leo erig
Ni tijs is trein va aghk
Vūintt i kain de gigh rebell
Di zeha ma ni vert oid

A leig luchd-ionaid, a thaobh spionnaidh,
Gu bhi milleadh òirnn 's 'nar gnàth-s' ;
Ach deanamar ar muinghinn
'S an Ti-s' ta urrad,*
Bho 's e is urra dhuinn 'nar càs ;
'S bheir es' oirnn gun chunnart
Air ais—cha'n e Uilleam—
An righ chaidh chumadh dhom le gràs.

12. Dhé do dh' òrduich dhom bhi 'm bheò-bhith,*
Chi thu dò-bheart orm mar chàs ;
Cleachd do sheòladh gu mo chòmhnadh
'S na leig-sa dhoibh mo chlaoidh gu bràth ;
Ach teasraig mi gun bheud
Bho'n ascaoin is bho 'n fhéich ;
'S gu'm foghlumar bho d' chreud a ghnàth
Gun ar n-anam chur gu dìth
Le'n aineol, air son* nì ;
Agus greas mo rìgh le sìth chun àit'.

LVII.

Another Irished by the same author, called "The True Protestants' Complaint." Anno 1693.

1. Nach faic sibh, a dhaoine,
Gur mòr an caochladh-s' tha'm Breatuinn ;
Mar thuirt filidh math òrain ;
"Tha chòir ann d' a stracadh" ;
Ged dheant' ann an eucoir,
Cha léir fear a casgadh ;
Bho'n là mhurtadh Rìgh Seurlas
Chaidh droch bheusan an cleachdadh.

2. Ach na'm pàighteadh leo éirig
Nan tis* is tréine bha aca,
Bhuint' an ceann de gach reubal
Do dhéidheadh* mu'n bheart ud ;

Sla nach drein i vaghk Sherlis
Teighks er hi-ighk ghaghi
Ha Vrahir Ri Shemis
Er eignig lea praskan

Smairg di yerb as i toirse
Gha mi noise vi bristnigh
Reack i Tahir chin storoise
Er bhi gho dull no nighks
Ach na būintt reū shoilt
Mir bi coire yerr glickish
Cha vihig Shemis er oighir
Gi hanordoile lea slighks

Ghaig spirrit ni shichai
Nir crighin gin noosh dūine
Cha nell foorin no Intighki
Ach tairk ri Itoon i nish and
Cha naickir i nigisk
Eg ni doon oid gi righkoile
Chuir ferr voyrig i tivill
Gigh oon deū fo visk

Ha pleūrisies campre
Si naims er i glaickig
Gaise sheillen no cains
Chuir gi tain ead i breaghlim
Sgad ha imbird ni frankigh
Lea laūsin i cask sho
Cha squirr ead ye i naintlaghk
Agh gi kainsichir as ead

Va mi ouhre nacht di hoole leimb
Tijghk a igisk i teiggisk
Ach gi couhli mi riri
Murt Ri agas Espick
Sma vihis Wlliam da tivig
Cha nijd ea vi tesrickt
Bihi claij gha ivir
Achk diden da frestle

UILLEAM III.

Rìgh Shasuinn.

Photo., W. A. Mansell & Co

(From the Portrait by Jan Wÿck in the National Portrait Gallery.)

'S le* nach d' rinn a mhac Seurlas
An t-euchd-s' air thiochd dhachaidh,
Tha bhràthair, Rìgh Seumas,
Air éigneadh le prasgan.

3. 'S mairg do dh'earb as an t-seòrsa
Dha 'm bu* nòs a bhi bristneach,
Reic an t-athair chionn stòrais
Air bhi dhò dol 'nan iochd-san* ;
Ach na'm buinteadh riu seòlta,
Mar bu chòra dh' fhear gliocais,
Cha bhiodh Seumas air fhògar
Gu h-an-òrdail le 'n slíochd-san.

4. Dh' fhàg spiorad na sìothshaimh
Nar crìochan gun fhios* duinn ;
Cha'n eil fìrinn no aontachd
Ach tearc ri fhaotainn a nis ann ;
Cha'n fhaicear an aogasg
Aig na daoin' ud gu riochdail ;
Chuir fear-bhuaireadh an t-saoghail
Gach aon diubh fo mhisge.

5. Tha 'm *pleurisi* 's campar
'San àm-s' air an glacadh ;
Dh' fhàs seillean 'nan ceann-s'
Chuir gu teann iad am breachlam ;
'S ged tha iomairt nam Frangach
Le'n lannsan a' casg so,
Cha sguir iad dhe 'n anntlachd
Ach gu'n ceannsaichear as iad.

6. Bha mi uair nach do shaoil leam
Tiochd á aogasg an teagaisg,
Ach gu'n cuala mi rìreadh
Murt rìgh agus easbuig ;
'S ma bhios Uilleam d' an taobhadh
Cha'n fhaod e bhi teasraigt' ;
Bithidh claidheamh dhà fhaobhar
Aca daonnan d' am freasdal.

Chai kearttis er chuile dhūine
Leish ni coursinins haghks
Grai creiddi is duile vah
Cha i truir shin er shaighran
Ni vaire ha ga ir quyrrig
Argid smūide agas sesse
Cha leih nir cūrūm
Ma ghūiblir oirn faighk

Bert ell mir chaise oirn
Ghaise i vairle gi farssig
Far ri spūli ni rodi
Geid Vo agas chaippli
Sgad deihtt ferr coire reū
Yainū skoile dom chind taiskell
Ni ni Houghtaren toire err
Cho chairts is beo ea no chraghkin

Sgad chuir Vlliam naūle oirn
Cōmander i chaisk sho
Leish ni hjichig stoūhse
ands si noūhns ha curr as deū
Cha nūrrin ea chaissichig
Aintlaghk Lochairkegg
Sni mairt i gheiddir leo staivrig
Sheads loine gaivrie gha cheaptin

Chai shine eulli vo reyild
Vo cheūg bleine ni taghks
Lea miñin is breahrin
Chi deh mas i kairt ea
Ffo chūñord ni fijgh sive
Ma zeihrir i sheaghnū
ach don cro agas eeghlin
Er i cheid veile i ghlaghk ead

Ha lughk ir teiggisk a pūpait
Er i mūnig lea faction
Va reave ri drogh lubin
Tairks ir croūin chuir as oirn

7. Chaidh ceartas air chùl duinn
Leis na cùrsanan-s' th' ac-sa ;
Gràdh, creideamh is dùil mhath :
Chaidh an triùir sin air seachran ;
Ni a bhàrr tha 'gar ciùrradh
Airgead-smùid* agus *cesse* ;
Cha lugha nar cùram
Ma dhùblar oirnn feachda.

8. Beart eile mar chàs oirnn :
Dh' fhàs a' mheàirle gu farsuing,
Far ri spùilleadh nan ròdan,
Goid bhò agus chapull ;
'S ged fhaighteadh fear còrr dhiubh
Dheanadh sgeòil dom chionn taisgeil,*
Ni na h-uachdarain tòir air,
Cho ceart 's is beò e 'na chraiceann.

9. 'S ged chuir Uilleam a nall oirnn
Commandair a chasg so,
Leis na shuidheachadh stannsan*
Anns an fhonn-s' tha cur as diubh,
Cha'n urrainn e cheannsachadh
Anntlachd Loch-arcaig ;
'S na mairt a ghoidear leò 's t-samhradh,
'S iad 's lòn geamhraidh dha chaiptean.

10. Chaidh sinn uile bho riaghailt
Bho chùig bliadhna na tac-sa ;
Le mionnan is briathran :
Chi Dia ma's a ceart e ;
Fo chunnart nam fiach sibh ;
Ma dh'iarrar an seachnadh,
Ach do'n chrò agus iodhlainn*
Air a cheud mhìol* a ghlac iad.

11. Tha luchd ar teagaisg à pùpaid
Air am mùineadh le *faction*,
Bha riamh ri droch lùban
Tairgs' ar crùn a chur as oirnn ;

Ach ma chinnis i tūirne leo
Rear i duhrighks i haighk
Verrin miñin dai oūlli
Nach and di W^{m} i basse ea

Sgir ead ir peaccinin cūirst
Chūir da ir neūsie cho caitkind
Ea sho mir err scoūirsie
Go nir duski fein ast
Ach no baihri is toūirse ea
Lea ir suli gi frassigh
Chūirtt i tlaitt and is steinn
Mir ni ferr toome ri vaghkan

Ach Oorr i hoūsklis gigh croychūise
Gloyse i sloūhs go kairttis
Chor sgi fouhdich ead voyhn
Gigh oon noūh is drogh verttin
Ach ver mi dulain i resoin
Gi fedir sho kairtt leo
Ach gi dorir lea reit
Eyre Vretine er aish dhūine

Gir ea mi varroil i draist
Vri gigh airsighk ha^{m} faickshine
Nach kinnich sho tra leo
Ach gi faise ead gi hairckoile
Sgi dorir lea nain-tlaghk
Ffranckigh i steagh oirn
Chūirris eulli fo chraine shine
Eddir hain-duihn is leskigh

Beart ha ferris sho ghas
La gaise ea gi tappie
Si leūhid ferr i ta Nailbe
Agas yarvine i Sassine
di chahis ead fein lesh
& i Nerig i vasli
— As gi doigre lea bregin
— Eyre i Vrehtine i mach voyh

Ach ma chinneas an tùrn leo
Réir an dùrachd-s' a th'aca,
Bheirinn mionnan daibh uile
Nach ann dh' Uilleam a b' fhas e.

12. 'S gur iad ar peacannan cùrsta
Chuir d' ar n-ionnsaigh cho caitcheann
E so mar fhear-sgiùrsaidh
Gu nar dùsgadh féin asda ;
Ach na'm b' aithridh is tùrs' e
Le ar sùilean gu frasach,
Chuirt' an t-slat ann an* steinn,
Mar ni fear tioma ri mhacan.

13. Ach fhir a thuasglas gach cruaidh-chùis,
Gluais an sluagh-sa gu ceartas,
Chor 's gu'm fuadaich iad bhuainne
Gach aon fhuath is droch bheartan ;
Ach bheir mi dùlan an reuson
Gu'm faodar so ceart leo,
Ach gu'n toirear le réite
Oighre Bhréatuinn air ais duinn.

14. Gur e mo bharail an dràsda,
Bhrigh gach àrsachd thaim faicsinn,
Nach cinnich so tràth leo,
Ach gu'm fàs iad gu h-airceil ;
'S gu'n toirear le 'n anntlachd
Na Frangaich a steach oirnn,
Chuireas uile fo chrann sinn
Eadar sheann-duine 's fhleasgach.

15. Beart tha fearas* so dhà-s',
La dh' fhàs e gu tapaidh ;
'S a liuthad fear a ta 'n Alba—
Agus dhearbhainn, an Sasuinn—
Do chathas iad féin leis
Ann an éirig a' mhaslaidh,
As gu'n d' fhògradh le breugan
Oighre Bhréatuinn am mach bhuath'.

Si spinnig bi coire rai
Vi ma ir coirssme da ir sessū
Ach gi riggis i storose
Bi noise vi ghai frestle
    Ghaig ead shid and i Fflanrisk
    Gin leūh er gaūlis vi eattire
    Sma ha foose egg i Rankigh
    Gir cairt aimb sho go laittird

Gna aghkle ra eistnighk
Cha vreignichir feist ea,
Teih i neihi i cheile
Cha nedir leish sessū
    Aūli shin is mir yeris
    Mi le-chraigh di Vrettine
    Heid i Creiddi i skelig
    Sgigh oon treve yeūs i scappig

Ach ma hairlis sho ghūine
Is evir tūirse gi kairt ea
Vi cravig si gūihle
Saigh i trūir shin i chlaick shine
    Snagh eill ainm fo ni greins
    Vo feid shine vi tessrickt
    Ach i tainm shin J-e-sus
    Naigh ha reittigh ir peaccie

Scha nell ni fo ni greins
Err i mo mi zevs go leanvine
No teiggisk Vick dhe ghūine
Phai ehrig nir nanmin
    Ha veartts ro-rea gha
    Ti yehlis da hainchis
    Gad ta eadsin da rebigg
    Yainū reir i maghk-meamnind

Ha maillighkin eidich
Da ti i hemis rish an-var
Vaghk saūile sho gehri
Gais i vehris oon veag zhea

16. 'S e 'n spionnadh bu chòir dhaibh :
Bhi* m' ur còir-s* 's meud* d'ur seasamh,
Ach gun ruigeas an stòras
Bu nòs bhi dhaibh freasdal.
Dh' fhàg iad siod ann am Flannrasg,
Gun luaidh air gamhlas bhi eatorra ;
'S ma tha fios aig an Fhrangach,
Gur ceart àm so gu leadairt.

17. Gnàth-fhacal r'a éistneachd—
Cha bhreugnaichear feasd e :
" Tigh an aghaidh a chéile
Cha'n fhaodar leis seasamh " ;
Amhluidh sin is mar dh' éireas—
Mo léir-chreach !—do Bhreatuinn ;
Theid an creideamh a sgaoileadh
'S gach aon treubh dhiubh-s' a sgapadh.

18. Ach ma thàrlas so dhuinne,
'S aobhar tùrsa gu ceart e
Bhi cràbhadh 's ag ùmhladh,
Seach an triùir sin a chleachd sinn.
'S nach eil ainm fo na ghréin-s'
Fo 'm faod sinn bhi teasraigt',
Ach an t-ainm sin I-ésus,*
Neach tha réiteach ar peacaidh.

19. 'S cha 'n eil nì fo na ghréin-s'
Air am mò mo dhéibh-sa gu leanmhuinn,
Na teagasg Mhic Dhé dhuinn,
Phàigh éirig nar n-anman ;
Tha bheart-sa ro-réidh dha 'n
Tì ghéilleas d' a sheanchas ;
Ged tha iadsan d' a reubadh,
Dheanamh réir am mac meanmainn.

20. Tha mallachdan éiteach
D' an tì theumas ris anbharr ;
'Mhac-samhuil so 'g éirigh
Dhà-s' a mheuras aon mheang dheth ;

ach chi si da hreib oid
Da reirs sho da damnig
Mir ha beairt besigh
Si Pres-bi-terianigh lainbi

Ha Fferr reū gi shoilt
Toyrm̄isk posie is bea ghūine
Si teiggisk noūhighk ver storose
Yeusie cofir i Chleir
Ha Fferr eill lea ghorich
Cūrr ordū i deislave
Gad duhir Peddir is Poale reū
Gi beimoile dhois lea cheile ead

Sgir eūmbig ni lehvir
Chuir i Chlear oid as ooñidd
Gir and deū sho ni besine
Ha no Nephrine fo vinnin
Gi kaillichir feoile leo
Ffor mi choir rais i spirritt
Cha rouh Christ cho an-ordle
is beat gin dochis i hirrig

Nach moir i blasveimb ri eistnighk
Gha ti levis gi min ea
Corp herr deslave mi yhes
Chur go deishine no ir minnigh
Sgad di vinich Christ rea sho
Gha yislie pein vi no spirrit
Ha sho is teūlli no creids
Ffo anna-thema gin zirrig

Ha cravig da^{n} marvhū
Lañ dervig gir fihre sho
Si nūrni gais er i glūnie
Si luibi di yivay
Sga di lavir dhe fein reū
Gi beidvoir ma^{n} grive ea
Saind i ghoigre leo nains
Egg naire as i krighin

Ach chì sibh 'n dà threubh ud
D'a réir so d' an damnadh,
Mar tha 'm beart beusach
'S am Presbitérianachd leanbaidh.

21. Tha fear dhiubh gu seòlta
Toirmeasg pòsaidh is bé* dhuinn,
'S a' teagasg nuaidheachd* bheir stòras
Dh' ionnsaigh còfair* na cléire* ;
Tha fear eile le ghòraich
Cur òrduigh an déis-làimh ;
Ge dubhairt* Peadar is Pòl riu
Gu'm b' fheumail dhoibh-s' le chéil' iad.

22. 'S gur iomadh ni leubhar
Chuir a' chléir ud as ionad ;
Gur ann diubh so na beusan
Tha 'nan éifreann* fo mhionnan ;
Gu'n càilichear* feòil leo,
Far am bu* chòir dhaibh-s' an spiorad ;
Cha robh Crìosd cho an-òrdail
Is beud gun dòchas* a shireadh.

23. Nach mòr am blas-bheum* ri éistneachd,
Dha'n tì leubhas gu mion e ;
Corp th'air deas-laimh mo Dhé-sa
Chur gu déisneach* 'nar mionach ;
'S ge do mhìnich Crìosd réidh so*
Dha dhìlsibh péin bhi 'na spiorad,
Tha so, is tuillidh, 'nan creud-san
Fo *ana-théma* gun ghioraig.

24. Tha cràbhadh d' am marbhadh :
Lan dearbhadh gur fìor so
'San ùrnuigh dhaibh-s' air an glùinean
'S an lùbadh do dh' ìomhaigh ;
'S ge do labhair Dia féin riu
Gu'm b' eudmhor m'an gnìomh e,
'S ann a dh' fhògradh leo 'n àithn-s',
Aig nàir, as an crìochan.

Ach moilli mi riri
Gigh oon ni mah aghk
Si grivire foorghlick
Rears mir chrighich ni haspile
Smir vi oule di zailve ghom
Is feoile i vearvig naght chlaighk ead
Verrin honor is aitt
Dan Phaipe mir aird Espig

Cha lean mi gi geir sho
Ga lear rom i cleackig
Sni can mi nagh deid ead
Lahis Dhe la cha baistig
And i meir yeh ni chreve oid
is leirrom vi caitlig
Gad herr eads ea gi deisnigh
Rinn hreig ead ma nassons

Snach ell meir yheh ni chreve oid
Gin i cron fein vi no haghlish
Mir ha shoyller i zeig shin
Nagh geil di Reri no nespigg
Ha ir quid vnnin fein deh
Mi chraigh lear sin ea haghird
Achs trouh nagh baihrie gi leir rūin
Si vi reah er i chairttis

O eūghir gigh reitt
No leggs i treid shin er haighran
Ha gehrig i yeinchuid
Duitt fein sda di Vaghk
Ach cūime shine ra cheile
Si noore chreids ta aggids
Vo vraighlim svo vregin
Phes-be-terian is haggird

Ha mi ghūile and di hroicre
Gi doinich ū maghoine
Snach bi Ffranckigh cho gorigh
Sgi tosich ea veartts

25. Ach molaidh mi rìreadh
Gach aon nì math th'aca,
'S an gnìomharran fìor-ghlic,
Réir-'s mar chrìochnaich na h-asbail ;
'S mur bhi ùmhladh do dhealbh dhom,
'S feòil a mheirbheadh nach d' chleachd iad,
Bheirinn honoir is àite
Do'n Phàp mar ard-easbuig.

26. Cha lean mi gu geur so,
Ge léir dhom an cleachdadh,
'S ni 'n can mi nach téid iad
Fhlaitheas Dhé la chaidh 'm baisteadh ;
Ann am meur dhe na chraoibh ud
Is léir dhom bhi Caitlic,
Ged their iad-s' e gu déisneach
Ruinn, thréig iad mu'n fhasan-s'.

27. 'S nach eil meur dhe na chraoibh ud
Gun a cron féin bhi 'na h-achlais ;
Mar tha soilleir : a' gheug sin
Nach géill do 'n réighrean no'n easbuig.
Tha ar cuid unnainn féin deth ;
Mo chreach léir sin, e thachairt !
Ach 's truagh nach b'aithridh gu léir dhuinn,
'S a bhi réidh air a' cheartas.

28. O, iuchair gach réite,
Na leig-s' an treud sin air sheachran .
Tha 'g aoradh a dh' aon chuid
Duit féin 's do Do Mhac-sa ;
Ach cum sinn ri chéile
'San fhìor chreud-s' a ta agad-s',
Bho bhreachlam 's bho bhreugan
Phresbitérian is shagart.

29. Tha mo dhùil ann do thròcair
Gu'n deònaich thu m' achain,
'S nach bi 'm Frangach cho gòrach
'S gu'n tòisich e bheart-sa ;

Sma rein ū ghūine lea tordū
Zeah ferr troire agas taghk
Yeuh ū coggig ni sloire ra
Gin vi toire er ri vaghks

Ach ma ghaile leatts i chighla
Di hoile hoors gi taghir
Vo ni shoiller rūine evir
Snir dull didain i magh ort
Ach ma chellis du oirn
Di gloir agas taighkle
Is trouh ir corr ansin tivills
Och i yoone nach faick sive
Nach faick sive i yoone etc&

An song made be an certain Harper on ye accompt of some offers q° for fear quat their Comissions in K : W : service & pretended to be compond be be on Gillimichell m^c^ Donald tinkler as follows

Sheid ni būilg shin oolli ghom
Ri noonoine . fair i tord
Beg oini ghūine vi ajirrich
Sdeūh najighk go breh oirn
No vailli mi mi lein
Vo shi eidigh ha ra meoile
Mir yaintī leūm gair evine
Ach Ri Shemis hjighk go choire

Gad herr ead rish ni Kairdinin
Gir gna leo vi ri oile
Cha nell misk no merran orm
Gairrish deū mi skoile

'S ma rinn Thu dhuinn le T' òrdugh
Dheth fear-treòir agus taice,
Gheibh Thu cogadh na's leòr dha
Gun bhi tòir air 'n rìgh-mhac-sa.

30. Ach madh àill Leat-s' an caochladh,
Do thoil shìor-sa gu'n tachair ;
Bho'n is soilleir dhuinn aobhar
'S nar dol daonnan am mach ort ;
Ach ma cheileas tu òirnne
Do ghlòir agus t'fhacal,
Is truagh ar cor anns an t-saoghal-s' :
Och, a dhaoine, nach faic sibh !
Nach faic sibh, a dhaoine etc.

LVIII.

A song made by a certain harper on the account of some officers who, for fear, quitted their commissions in King William's service ; and pretended to be composed by him* on Gille-michael MacDonald, tinkler, as follows :—

1. Séid na builg sin, 'ille, dhom ;
Ri 'n* innean fair an t-òrd ;
'S beag ìonghnadh dhuinn bhi aighearach,
'S deagh naidheachd gu breith òirnn ;
Na mhealadh mi mo léine,
Bho 's i aodach* tha ri m' fheòil,
Mur dheanteadh liom gàir éibhinn,
Ach Rìgh Seumas thiochd gu chòir.

2. Ged their iad ris na ceàrdannan
Gur gnàth leò bhi ri òl,
Cha'n eil misg no mearan orm
Ag aithris duibh mo sgeòil ;

Ach shuid mir ha mi varroils
Ga yeam̄idigh mi gloir
Ris haiñig i ghannose orn
Gir failles ea na koih

Sgir eūmb naigh va ajirrigh
Ra eyhin as i hoise
Cha chreddig ead nach baingle ea
Hug flahis dai da yoine
Ach noūhre hig i suline dai
Si ghūiskis ead er choir
Cha vegg i tevir tuirse leo
Noūle rein ead do

Zerich ead gi bastiligh
Lea brattichin fa hoile
is hreig ead i Ri dlessinigh
Shea Prūise i baitti leo
Deuh nach moir i deūm-boy gai
Ra chūnttig er i hoise
Noūhre yisrich ead i coūndordin
Mir heutta quid deu cloick

Noūyr gaihrich ead ea failigig
Cha tavig ead da doine
Va geilt is groym da sarichig
Vo groyh go saile i broig
Ord Goūh ni cairdigh
Gad harlig ea no doirn
Cha sparrig ead i trahid leish
Natigin go cro

Ach fairr fairr lastolighk
Va shin ga bea oūyre
Vo Chaptinin go majorin
Ha draist er dull a foymb
Hile leo gi bjig skeyhin
Er da hrin sni va stiv touh
sGi sheūlig ead mir ryllig ead
Ni heyrmaildin er loūse

Ach siod mar tha mo bharail-s',
Gidh amaideach mo ghlòir :
An rìgh-s' a thàinig dh' annas oirnn
Gur fallsa e na ceò.

3. 'S gur iomadh neach bha aighearach
R' a fhaighinn as a thòs ;
Cha chreideadh iad nach b' aingeal e,
Thug flaitheas daibh d'a dheòin ;
Ach nuair a thig an sùilean daibh,
'S a dhùisgeas iad air chòir,
Cha bheag an t-aobhar tùrsa leo
An ùmhladh rinn iad dò.

4. Dh' éirich iad gu bastallach*
Le brataichean fo sheòl,
Is thréig iad an rìgh dleasanach :
'S e'm Prionns a b'aite leò.
An diugh nach mòr an diombuaidh dhaibh,
R' a chunntadh air a thòs,
Nuair dh' fhiosraich iad an cunndartan,
Mar thionndaidh cuid diubh cleòc.

5. Nuair dh' fhairich iad e fàiligeadh
Cha tàmhadh iad d'an deòin ;
Bha geilt is gruaim d' an sàrachadh
Bho 'n gruaidh gu sàil am bròig.
Ord gobha na ceàrdaich,
Ged thàrladh e 'nan dòrn,
Cha sparradh iad an t-snàthad leis
An àiteiginn g' a crò.*

6. Ach faire, faire, làstalachd !
Bha sin 'gam bàthadh* uair,
Bho chaipteanan gu màidsearan
Tha 'n dràsd air dol á fuaim ;
Shaoil leò gu'm bitheadh sgiathan air
Da thrian 's na bha 's taobh-tuath,
'S gu'n siùbhladh iad, mur riaghladh iad,
Na h-iarmailtean air luaths.

Ach ha qūyle nortūne avirdigh
Dar hig i straghk ma coūhrt
Vail i rears mir charri lea
No barroile miltive sloūyh
Sno dūgt geir i nairh yi
Ha trein dea carrighk croy
Cha no hine stri no ardani dai
Go lave ho ird er i boyh

Sleir i vla ra eackshin
Er ni Captinins va noūh
Zindrig gi trein achkinnigh
Glei hattarigh i foyme
Ga bi voir i tarñanigh
Nouyhre hair ead ait er sloūh
Chuir clagh ghon nardorrish
Būyn si sali voyh

Va na duile i nūrri
Dar i sqūirrig ead ni gleise
Gi gelig gigh eulli naigh
Go vrrim hoird dai pein
Dūhird Vainn gin chūnnolis
Cha shain aghkles i feimb
Na boūgg go quir ū vññim ea
Gad veynnin ū di leimb

Ach noūhre hig Ri Shemis
Si yevir ea na choire
Cait i bi ni hegorich
Hreig ea da cairtt doine
Si va gi seyvir fedoligh
Geri er i stoire
Nouhre hair ead saist is egin er
Ead fein hovird i loine

Ha tih vo dūyre ead barrondis
Ra carrig miltive slouyh
Ni di viis laine vaillight
Hair lainnan da hire louyh

(Feuch lethtaobhan 253, 275)

7. Ach tha cuibhl' an fhortain amhartach*
Dar thig an strac mu 'n cuairt,
A' bhail a réir 's mar charadh leath,
'Nam barail, mìltibh sluaigh ;
'S na'n dugteadh geur an aire dhith,
Tha trian de carachd cruaidh ;
Cha'n fhoghainn* strìth no àrdan daibh
Gu làmh thoirt air a buaidh.

8. Is léir a bhlàth r'a fhaicsinn air*
Na caipteanan-s' bha nuadh,
Dh' inntrig* gu treun acfhuinneach
Glé thartarach* am fuaim ;
Ge bu mhòr an tàirneanach
Nuair thàir iad àit'* air sluagh,
Chuir clach dhon an àrdoruis
Am buinn 's an sàilean bhuath'.

9. Bhà 'nan dùil an uiridh,
Dar a sguireadh iad na gleus',
Gu'n géilleadh gach uile neach
Gu urram thoirt daibh péin ;
Dubhairt a' bhean gun chunbhalas—
Chaidh 'n sean-fhacal-s' am feum—
" Na bug* gu'n cuir thu unnam e
Ged mhionnainn* thu de leum."

10. Ach nuair a thig Rìgh Seumas
'S a dh' éibhear e 'na chòir,
C' àite 'm bi na h-eucoraich
A thréig e d'an ceart deòin.
'S a bha gu saibhir, feudaileach
Ag éirigh air an stòr,
Nuair thàir iad sàst* is éiginn air
Iad féin a thoirt á leòn ?

11. Tha 'n tì bho 'n d' fhuair iad barantas
Ri caradh mìltibh sluaigh ;
Ni do bhios làn-mhallaichte :
Thàir lannan d' a thìr luaidh.

Ga moir i chlick si chailgarighk
Sea shailgarigk ma coūyrtt
Smairg da cullie hairmide ea
Naimb anmin hovird souhse

Nach more i coih si breaghlims
Haghir si chairt ouyhre
Da^{n} chom̄in chaillgigh vaskiligh
Voyle bas er vair ni hoylsh
Rejn i teennis adda
Gi noi-aghkire go foūhgk
Ga trick i squirse cha va ead ea
Gin spairn mir cha ea souhse

Hugg ead straighk cho maillicht
Sgir ainni ea ri loūyh
Grai hoird di Ri ainnossigh
Si kainnose i churr voūh
Sga bi haist i daillis shin
Go earrose nagh mairr bouyn
Bihi lain deu teih ni hairrichis
Nouhre haillis ead ma couyrtt

Darr i hig i Ri lea statolighk
Go ait mir is coire
is cūndort nagh bi Davi doūyn
Gairri raive fo hoine
Aghki bram̄an feile gha
Sbi vesin da vouh hoise
Doñis boidd yeris err
No ye shid is ea beo

Ach bihis ea na chuise ghaire
Da ni Gai-allū is glan beise
Zindrig gi trein croyddalligh
Lea Noūghtarain si neimb
Sga dugg eisi conie orh
Tor-leimb hoird no gleise
Nouhre yeyuh ead minei nintine
Snoi-chinttigh gaise reit

Ge mòr a chlìc 's a chealgaireachd,
'S e sealgaireachd mu'n cuairt,
'S mairg d' an culaidh-fharmaid* e
'N àm anman thobhairt suas.

12. Nach mòr an ceò 's am breachlam-s'
A thachair 'sa cheart uair
D'an chomunn chealgach, mhasgallach
Bhuail bas air bhàrr na h-uails' ;
A rinn an teine-s' fhadadh
Gu neo-acaire gu fuachd* ;
Ge tric a sgiùrs, cha mhath iad e
Gun spàirn mar chaidh e suas.

13. Thug iad strac cho mallaichte
'S gur annamh e r'a luaidh :
Gràdh thoirt do rìgh annasach,
'S an ceannas a chur bhuath' ;
'S gu'm bi fhathast an dallas* sin
Gu earras nach mair buan ;
Bidh a làn diubh 'n tigh na h-aithreachais*
Nuair sheallas iad mu'n cuairt.

14. Dar a thig an Rìgh le stàidealachd
Gu àite mar is còir,
Is cunnart nach bi Dàbhaidh donn
A' garadh fhreàmh fo thòin ;
Aca braman féileadh dha,
'S bu bheus sin dà bho* thòs ;
An donas bod a dh'éireas air
No dheth siod is e beò.

15. Ach bios* e 'na chùis-ghàire
Do na Gàidh'laibh is glan beus,
A dh' inntrig gu treun, cruadalach,
Le 'n uachdarain, 'san fheum ;
'S gu'n dug esa coinne orr',
Tor-leum* a thoirt 'nan gleus ;
Nuair gheibheadh iad miann an inntinnean ;
'S neo-chinnteach dhà-s' an réit'.

Ach Vaiister Cellin sdū fair
Barroile er i treids
Shin i tijh nagh maillig ead
Chai nahlls gha kein
Hesse ea mūih gi tavighkigh
Dar i livir caigh i geil
Sgad ghaig gigh naigh no inir ea
Va ea gleaghk lea oin toill fein

Ha mi gheūh nagh airrigh shin
Smah i varrondis Maghk Dhe
Naigh shin hug gaillig gha
Gi shaillig ea er eimb
Tijh von glaghk i chūmpaist
Gin deūmboyh as i yeive
Si hessis feimb ni foorrindigh
Nouhre vinichir i treipe

Sgir Dheoile Dūinoile eolligh ea
Gin doivairt dūine is leire
Ffoyhtt ri moir-Riolighk
Nagh dibhir ea go eig
Ga more i dūh ha nairrichis
Di ni harrine ead go reitt
Cha neyhtt i teih ni faimbichis
Saire lainan i noose-heid

Sgir ro-vah lave ni hiskin ea
Lea kinttichis gin vreig
Squirri ea mir yindrig ea
Cha nimbirlich ea ceambs
is boūhigh doyse ni dorine
Hig solas as i deve
Sma ha bri mi harkirrigh
Bihi fairmid ri yeo-cheile

Sminkigh rah er feihidine
No glehig naigh i chore
Ha marriskell ni cūises
Na vdir er na sloire

16. Ach Mhaighstir Cailean, 's tu
Fear-barail air an treud-s' ;
Sin an tì nach mealladh iad :
Chaidh an alladh-s' dha an céin ;
Sheas e muigh gu tàbhachdach
Dar a liubhair càch an géill,
'S ged dh' fhàg gach neach 'na aonar e,
Bha e gleac le aon toil féin.

17. Tha mi guidh nach aithreach sin ;
'S math a bharantas Mac Dhé ;
An neach sin a thug gealladh dha,
Gu'n sealladh e air fheum.
An tì bha'n glac a' chumbaist,
Gun diombuaidh as a dhéibh,
'S a sheasas feum na fìreantachd,
Nuair mhìnichear an t-sreup.*

18. 'S gur dh' fheòil Dhuin-ollaidh èolaich e,
Gun do-bheart duinn is léir ;
Fuaighte ri mor rìoghalachd
Nach dìobair e gu eug ;
Ge mòr an diugh tha'n aithreachas
De na tharruinn iad gu réit ,
Cha'n fhaight' an tigh na feamachais*
Sàr leannan an aois-theud.

19. 'S gur ro-mhath làmh na h-ìnnsgin e
Le cinnteachas gun bhréig ;
Sguiridh e mar dh'inntrig e ;
Cha 'n iomairlich* e 'n ceum-s'.
Is buadhach duais na dòruinne ;
Thig sòlas as a déibh ;
Is ma tha brìgh a' m thàirngearachd,
Bidh farmad ri dheagh-chéill.

20. Is mioncach* rath air foighidinn,
Na 'n gleidheadh neach a' chòir ;
Tha marasgal na cùise-sa
'Na ùghdar air na 's leòr ;

Ga bea oūhre heūttas ea
Tive da cūir ea toire
Ni ea Ri cairtt cūpaistigh
Ma teñtta dū di ghoirn
Sheid ni būylg &

Gillimichells ansr to ye ford lyns

Sheid ni būylg shin oolli ghom
Ri neen-noin fair i toird
Sgi tairgin tedin eiggidigh
Da ners ha goombird oirn
Ga dūhird ea rish ni kairdinin
Gimb grah leo vi ri oile
Cha scandile er lughk caird shd
Leūhid tavern had i foilve

Gir haind ha Ri ni brahrin oid
Draist er tjighk fa ir coire
Gin daise ea fooligh fūrranigh
Sgir furris da vi poit
Foūyre ea Eeñoin oūlli
Er yeoh chum̄ig lea McLeoid
Cha voyllir lesh tri buillin orh
Nach būyñin ea er groat

Sgad va Katrine vrrossigh
Is McCūirrich va na loirg
Mi Vaghks ga yea is oūlli
Er ni chum̄ig lea chūid ord
Von hurig Gillimichell reūm
Qūeim i nooslich mi mi gloir
Donnis groat i veūnin ead
Nacht churrie leo si stoip

Ge b'e uair a thionndas e
An taobh d' an cuir e 'n tòir,
Ni e 'n rìgh ceart cumpaisteach
Mu'n tionndadh tu do dhòrn.
Séid na builg etc.

LIX.

Gille-michael's answer to the foresaid lines.

1. Séid na builg sin, 'ille, dhom ;
Ri 'n innean fair an t-òrd ;
'S gu 'n tàirnginn teudan eagadach*
Do'n fhear-s' tha 'g iomairt òirnn ;
Gu'n dubhairt e ris na ceàrdannan
Gu'm bu ghnàth leo bhi ri òl ;
Cha *scandal* air luchd-ceàird siod
Liuthad tàbhairn tha'd a' folbh.

2. Gur h-ann tha rìgh nam bràithrean ud
An dràsd air tiochd fa 'r còir ;
Gu'n d' fhàs e fialach, furanach,
'S gur furasd da bhi pòit ;
Fuair e innean ullamh air
Dheagh chumadh le Mac Leòid ;
Cha bhuailear leis trì buillean orr'*
Nach buidhninn* e air* gròt.

3. 'S ged bha Catrìona urrasach,
Is Mac Mhuirich bha 'na lorg,
Mo bheachd-s'—gidh e is ullamh
Air ni chumadh lé chuid òrd ;
Bho'n thùbhradh Gille-mhichael rium—
C' uim an ìslich mi mo ghlòir ?—
"An donas gròt a bhuidhninn iad
Nach do chuireadh leo 'san stòp."

Ach kid sho da ni Veestre
Vi ga churr i neere goise
Va rew ri oaile a pisinin
Gin di-cheūin vo oose oig
Bi vijne i Vain chinni oid
Villig leash lea hoile
Ach ni vrist ea noorrish
Veg i ninnid i va foihi

Achs ro-vah chulli hūgre
Fferr i zūisligin si goih
Gad di chuir ea cūlū
Ri vreyh fūist gaig ea breoitt
Nach ahri nish er sqūirsig ea
Na bihig Gūistinin fa choir
is ea shire chlaickig suirsich
Vo[b] ish is oūre keoile

Ach vo nach mah is leir rais
Cainn i beise si doi
Strick i ver ea lein yi
is ea geidigh ri M[c] hoirse
Dar heid i go eistnighk er
Lea eiskollighk i beoile
Noghki ea chrain gleist yi
Sgi faisk ea veire na foi

Ach no faickins Ri Vlliam
Si Chleirs hugg minnin do
Chūirrine i steih rūmbeld
Er i hrūilli beart gi shoilt
Ach vo ha Tis i Lūndine
Lain vulloid i vri skoile
Quirrim yeusi Tirreffe ea
Go vinnichig er moid

A leah sgi dūhird i berihder
Rish i neyre shin hile-faig
Ghaig i clai gin negindis
Da neine va ga ghra

4. Ach ciod so do na mhìstear*
Bhi 'ga chur an ìre dhòmh-s',
Bha riamh ri òl á pìosanan,
Gun dìochuimhn', bho aois òig ;
B'i 'mhiann a' bhean-chinnidh ud
A mhilleadh leis le sheòl,
Ach na bhrist e 'n iris
Bh' aig an ionad a bha fòidh'.

5. Ach 's ro-mhath chulaidh-shùgraidh
Fear a dhùisleagan* 's a dhòigh ;
Ge do chuir e cùlaibh
Ri mhnaoi-phùisde* dh' fhàg e breòit' ;
Nach airidh nis air sgiùrsadh e,
Na 'm biodh giùistinean* fa chòir ?
Is e sìor-chleachdadh siùrsachd,
Bho b' ise 's ùire ceòl.

6. Ach bho nach math is léir dhaibh-s'
Ceann* a beus 's a dòigh,
'S tric a bheir e 'n léine dhith,
Is e 'g eudach ri Mac Sheòrs.
Dar théid i gu éistneachd air,
Le éisgealachd a beòil,
Nochdaidh e chrann gleusda dhith
'S gu'm fàisg e mheur 'na feò.*

7. Ach na'm faicinn-sa Rìgh Uilleam,
'S a chléir-s' thug mionnan dò ;
Chuirinn a steach rumpalt*
Air a thruille-beart* gu seòlt ;
Ach bho tha 'n tis* an Lunnainn
Làn mhulaid a bhrìgh 'n sgeòil,
Cuirim dh' ionnsaigh 'n t-siorraimh e
Gu bhinneachadh air mòd.

8. A leth 's gu'n dubhairt am bearradair
Ris an earra* sin shìol-fàg,*
A dh' fhàg an claidheamh gun éigeantas
D' an aon a bha 'ga ràdh* :

No faickt leish Ri Shemis
Tijght lea yearlainnū er saile
Donnis moone i yerigg er
Zainū feime gha go la i vaise

Narich ea lea aindtlaghk
Ni Cōm̄anderins ha noh
Nach deid da doine di Larisk
Zeussi Ranckighū go leoine
Dar i chuir ea ninnish dai
Trahid chile gin chro
No berrig foove no cighla orh
Nach fite curr na toine

Achs ainn goise naitigin
Brahre caird mas i beo
Eddir shos rū Ghairligh
Leash nach naire vi ri oaile
No tairlig ea si lahir oid
Mir ailigig i ghoirn
Chūirrig ea toine pairt deū i
Gi dasinigh lea oird

Sgad ta vert oid edich
Chūir eashin i keile, do—
Tirreffe noūhs yerich oirn
Ni egoir yeh ni choire
Mar fanid leūmbs i skeillighk
Si vreiggin er mi hoirse
Na ga di vūintt as perish
Lesh i resūr va na phoick

Beart eill ghaig i deislaive mi
Si chuir go eish mi choile
Fferr i ta Dōuine Edin
Vi fo veine di lughk chloighk
Cha neyhtt foonish vreig ers
Chine fedolligh na oire
Ach Davi beg mi-chetigh
is ni yerich leash de phoire

Na'm faicteadh leis Rìgh Seumas
Tiochd le gheur-lannaibh air sàil
An donas maoin a dh' éireadh air
'Dheanamh feum dha gu là bhàis.

9. Nàirich e le anntlachd
Na commandairean-s' tha nòdh',
Nach téid d'an dèoin do'n Fhlànnrasg
Dh' ionnsaigh Fhrangachaibh gu'n leòn ;
Dar a chuir e 'n aonais* daibh
An t-snàthad chaol gun chrò,
Na'm beireadh fiamh no caochladh orr',
Nach faodteadh cur 'nan tòin.

10. Ach 's aithne dhòmh-s' an àiteiginn
Bràthair ceàrd, ma 's a beò,
Eadar so 's rubh' Gheàrrloch
Leis nach nàr a bhi ri òl ;
Na'n tàrladh e 'san làthair ud,
Mur fhàiligeadh a dhòrn,
Chuireadh e 'n tòin pàirt diubh i
Gu dàsanach le òrd.

11. 'S ged tha a' bheart ud éiteach
Chuir esan an céill dò ;
An t-siorramh nuadh-s' a dh' éirich oirnn
Ni eucoir dhe na chòir,
Mur fanaid liom-s' an sgeulachd
'S a bhreugan air mo sheòrs,
Na* gu'n do bhuint as peurais*
Leis an reusar* bha 'na phòc.

12. Beart eile dh' fhàg an déis-laimh mi,
'S a chuir gu éis mo cheòl,
Am fear a ta 'n Dun-éideann
Bhi fo mhéinn do luchd-cleòc ;
Cha'n fhaighteadh fianuis bhréige air-s'
Chionn feudalaich no òir,
Ach Dàbhaidh beag mi-cheutach
Is na dh' éirich leis de phòr.

Gad va pention vo Ri Shemis
Da ni vreigider ra veo
Noūyre hair ea saise is eigin er
Saind yerich ea go leoine
Vaghk saūile shūid di hreigis ea
Ri treins hainig oirn
Sga dugg ea minnin edich gha
Gi reib ea ead da yeoine

is trouh i cheile veg Ri Vlliam
Reine mūnnin and si toirse
Hreig i vi ri dūinoilis
is leish i būrris vi ri boist
No faickig eads cūndoirt ea
Snach burrine ea si toire
Seads loūyh chuirrig mulloid er
No Tih nach^{t} vūn da^{n} void

Saind deū shin Captein Hūistion
Va cūrimigh na sloire
Na Governer gle ūsoile
Ands si tuire shin Chuil-teh-leoid
Si Royhine and i Baidinigh
Ga^{b} hair-aghkligh i gloire
Cha chuirt noūnd ea Laūrisk
Zeūsie Ranckachū da yeoine

Ach na vailli mi boilg shedi
is ni helins ha fo choi
Mir i baitt leūmbs Ri Shemis
Hijght lea reit naule go choire
No mi skeile kintigh sho
Vihig lūighk ni mine fo vroin
Chighlag ead i nintine
Da ijlt mir bi noise

Sgir eūmbig beart vi-chūñōligh
Chūnni mi vo moig
Lea oombird zhoone fūilligh
Zhair i mūiñeil eg Montrose

13. Ged bha *pension* bho Rìgh Seumas
Do na bhreugadair r'a bheò,
Nuair thàir e sàs is éiginn air,
'S ann dh' éirich e gu 'leòn ;
Mhac-samhuil siod do thréigeas e
An righ treun-s' a thàinig òirnn ;
'S gu'n dug e mionnan éiteach dhà,
'S gu'n reub e iad d'a dheòin.

14. Is truagh a' chiall a bh' aig Rìgh Uilleam,
Rinn muinghinn anns* an t-seòrs,
A thréig a bhi ri duinealas,
Is leis am b' fhuras bhi ri bòsd ;
Na'm faiceadh iad-s' an cunnart e,
'S nach b' urrainn e 'san tòir,
'S iad 's luaithe chuireadh mulad air
Na 'n tì nach d' bhuin d'an bhòid.

15. 'S ann diùbh sin Caiptean Hùisdean
Bha cùramach na 's leòr,
'Na *ghoverner** glé ùsail*
Anns an tùr sin Cùl-tigh-Leòid,
'San Ruathain ann am Bàideanach,
Gu'm bu shàrfhaclach an glòir ;
Cha chuirteadh nunn e Fhlànnrasg
Dh' ionnsaigh Fhrangachaibh d'a dheòin.

16. Ach na mhealadh mi bolg-séididh
Is na h-éibhlean-s' tha fo cheò,
Mur a b' aite liom-s' Rìgh Seumas
Thiochd le réite nall gu chòir ;
Na ma* sgeula cinnteach so,
Bhiodh luchd nam mionn fo bhròn ;
Chaochladh iad an inntinnean
Da-fhillte mar bu nòs.

17. 'S gur iomadh beart mhi-chunnalach
A chunna mi bho m'òig,
Le iomairt dhaoine fuileach
Gheàrr am muineal aig Mont-ròs ;

Ga yea sho is cūndortdich
Si Ri Vlliam i cūrr leo
Tuitti gigh oin dūin yeū
Mir yūillag de roitt

Andsin taiñg va voire cheūnni
Rein i Curri ri lughk pairt
Gir ea ceid ni loynnig leo
Si vinnich ead gi haird
Nach bi chlai i dūile ghai
Snach squirrig ead gi braigh
Gin i Ffanckigh churr go dohrin
Slain choir hohird da ni phaipe

Ach kea mir ver sho frestle
Err profession zine bha
Sgin zaile ea gais i sessū
Neihi deskinin i Phaipe
Sgad vihig Shemis feist achk
Cha bi cheddi vert oid da
Ski ro-vah tivir leiskell ea
Go gressids chon baise

Sgir arih mir ha geri geuh
Vi negin is i caise
Si muirtt edich shin Ri Sherlis
Gevighk oirh gi nair
Bi protestanigh dirigh ea
Nacht yibir go la vaise
Cha choūhlis evir diti
Ach i yislighks no phairt

Svo la ghori lise i heyligh
Sgigh oin neyr hug Dhe gha
Ha Breittin fo vi-loyn de—
Agas feymoile hir i gna
Cha shine eūlli nerig sho
Deish-lave voir lea ir bahi
is cairt vrehigh gad yeri gheū
Slijghk Nero hijghk no nait

Gidh e so is cunnartaich,
'S an Rìgh Uilleam a' cur leò;
Tuitidh gach aon duine dhiubh
Mar dhuilleag an déidh reòit'.

18. Anns an teanga bha 'mhòr-chiùine,
Rinn an cùnnradh ri luchd-pàirt,
Gur e 'n ceud ni loinneadh* leo,
'S a mhionnaich iad gu h-àrd:
Nach biodh claidheamh an duille dhaibh,
'S nach sguireadh iad gu bràth
Gun am Frangach chur gu dòruinn
'S làn chòir a thobhairt do 'n Phàp.

19. Ach ceamar bheir so freasdal
Air *profession* dhaoine bàth?
'S gu'n gheall e dhà-s' an seasamh
'N aghaidh deasgainean* a' Phàip.
'S ged bhitheadh Seumas feasda ac',
Cha bu chead a' bheart ud dà;
'S gur* ro-mhath 'n t-aobhar leisgeil e
Gu'n greasad-s' a chun bàis.

20. 'S gur àraidh mar tha 'g éirigh dhuibh
Bhi 'n éiginn is an càs,
'S am murt éiteach sin Rìgh Seurlas
Ag éibheachd orr' gu nàr;
Bu phrotestanach dìreach e,
Nach do dhìobair gu là bhàis;
Cha chualas aobhar dìtidh ach
A dhìlseachd-sa 'na phàirt.

21. 'S bho 'n la dh' fhòireadh leìbh-s' a theaghlach
'S gach aon oighre thug Dia dhà,
Tha Breatunn fo mhi-loinn deth,
Agus feidhmeil shìor 's* a ghnàth.
Chaidh sinn uile, 'n éirig so,
An déis-laimh mhòir le 'r bàth;
'S ceart-bhreitheach ged a' dh' éireadh dhuibh
Sliochd Néro thiochd 'nan àit'.

Mas i heih li creiddi Hemish
Cha nedir livs i grah
Nach dimben sive go egin ea
is ea fein no leannū ba
Err chor sgi berr gin leirshin ea
Mir zelig ea no chaise
Di ghelimb Hesūetigh
Va geir-chūisigh no gnaise

Ach na bi doone keli sive
Mir i beimoile di lughk stait
Cha chūirtt i Maghk oid Hemish
Lea ir bregin as ir pairke
Ach verri sive deo-levin da
A egisk Cleir i Phaipe
Is beaghti leūm gi neve shid orn
Ga zevine livs ea draist

Sga moir chuir ead go egle sive
Ma ir creiddi ghull vo hoile
Verr mi Zhes freistle
Er gigh naigh vi is dlessigh gho
Choūhlis reve foore Espikin
No heihs vih vo hoise
Ha mi ghūile gi sessie ead
Ta-reish da tesse i foilve

Sgigh oin naigh va ri lubin
Si cha i coūirsis oirn
Cūndordigh nach squirsir ead
Lea dursinin i Phoipe
Christ feigh fein di ghūhrighk ghūin
Ma quirir shine mar leo
Ach vo sea di hoils is cūrimmich
Gi roh mir ouhild gho

Si weūnttir ver i neūsi oid
Gir dubild ha[d] i coih
Ga moir i beaghk a nūrninin
A neūttose is a stoire

22. Ma's a toigh leibh creideamh Sheumais,
Cha 'n fhaodar leibh-s' a ràdh
Nach d' iomain sibh gu éiginn e,
'S e féin 'na leanabh bàth ;
Air chor 's gu'm b'fheàrr gun léirsinn e,
Mar ghéilleadh e 'na chàs
Do dh' fhoghlum Hesuétach*
Bha geurchuiseach 'nan gnàths.

23. Ach na'm bu daoine céillidh sibh,
Mar a b'fheumail do luchd-stàid,
Cha chuirt' am mac ud Sheumais,
Le ur breugan, as ur pàirc ;
Ach bheireadh sibh deagh-léibhinn da,
A eugaisg cléir a' Phàip ;
Is beachdaidh* liom gu'n éibh siod oirnn,
Gidh éibhinn leibh-s' e 'n dràsd.

24. 'S ge mòr chuir iad gu eagal sibh
M'ar creideamh dhol bho sheòl,
Bheir mo Dhia-sa freasdal air
Gach neach bhios dleasach dhò ;
Chualas riamh fìor easbuigean—
'Na theich 's a bhi bho thòs ;
Tha mo dhùil gu'n seasadh iad
Tairéis do 'n teas-sa folbh.

25. 'S gach aon neach bha ri lùban,
'S a chaith an cùrsa-s' òirnn,
Is cunnartach nach sgiùrsar iad
Le dùrsanan* a' Phòip ;
A Chrìosd, feuch féin do dhùrachd dhuinn,
Mu'n ciùrrar sinn mar leò ;
Ach bho 's e do thoil-s' is cùramaich,
Gu'n robhmar ùmhailt dhò.*

26. 'S a' mhuinntir bh' air an ionnsaigh ud,
Gur dùbailt tha'd an ceò ;
Ge mòr am beachd an ùrnuighean,
An ionntas is an stòr,

Noūhre i sleh duils
Rish i chuirsis hyghk go leoin
Saind cheurrir ead a cumpaist
Ffar ri courtterrin ni Roi

Ach dinni Christ no ochir
Gigh oin nagh i ghoih gha fein
Lean ryald ni Nostle
Agas oghkles gin vreig
Nach drein vrnih achoine
Di naigh gaise fo ni greine
is chi ead pairt de naittish
Higg i naicher er i hreids

Errū mah na sminichie
Gir biskirrichk mi gloir,
Ha skelis cho kinttichs
Si yisig i vo hoise
Lea oudhir i mah dehi
Va ryildigh ra veo
Scha deid mi hive mi chine gheū
Gin i churr gi fine i flo

Vo is ahri va ea geyrri orn
Sbi cheylie ghūine i tuirne
Toin DHe more i reyrichig
Is eirish churr er chuil
Ach herr leūm gir olk i ryild
Di Zearle no di Prūise
Clesh Vic Cellen eyr hūlich
Vi geyrri chon i Chrūine

Ni qūirrims keile teūlli ghai
Ha ead cūñdordigh na sloir
Gi shoili DHe Ri Vlliam
Si heulli naigh si choir
Ha^{m} fein i gavell mulloid deū
is ha toūng dull vo hoile
Sheid ni boūilg shin oolli ghom
Sgi grinnichin i toird
Sheid ni bouilg etc&

An uair is lugh' an dùil-san
Ris a' chùrsa-s' thiochd gu leòn ;
'S ann chuirear iad á cumpaist
Far ri cùirtearan na Ròimh.

27. Ach dìonaidh Crìosd 'na fhochair
Gach aon neach a ghoidh* dha féin,
Lean riaghailtean nan ostal,
Agus fhocal-san gun bhréig,
